

[DA i]

<eng>POPULAR TALES  
OF  
THE WEST HIGHLANDS  
ORALLY COLLECTED  
With a Translation  
BY THE LATE J. F. CAMPBELL

NEW EDITION  
(Under the auspices of the Islay Association)

VOLUME I.

ALEXANDER GARDNER  
Publisher to Her Majesty the Queen  
PAISLEY; AND PATERNOSTER ROW, LONDON  
1890

[DA ii]

[Blank]

[DA iii]

ADVERTISEMENT.  
[Beurla]

[DA iv]

[Blank]

[DA v-vi]

DEDICATION.  
[Beurla]

[DA vii-xiii]

CONTENTS.  
[Beurla]

[DA xiv]

[Blank]

[DA 1-128]

INTRODUCTION.  
[Beurla]

[DA 129-131]

POSTSCRIPT.  
[Beurla]

[DA 132]

[Blank]

[TD 1-11]

#### POPULAR TALES OF THE WEST HIGHLANDS.

I.

##### THE YOUNG KING OF EASAIDH RUADH.

From James Wilson, blind fiddler, Islay.

[Beurla]

[TD 12]

[Beurla]

##### <gai>RIGH OG EASAIDH RUAGH.

Bha rìgh òg Easaidh Ruagh an dèigh dha'n oighreachd fhaotainn da fèin ri mòran àbhachd, ag amharc a mach dè a chordadh ris, 's dè thigeadh r 'a nadur. Bha gruagach fagus d'a chomhnuidh ris an abradh iad a ghruagach charsalach dhonn. Smaointich e ris fèin gun rachadh e a dh' iomairt cluiche ris. Dh' fhalbh e thun an t-seanaghail, 's thubhairt e ris, "Tha mi air a dheanadh suas gun d'théid mi dh' iomairt cluiche ris a' ghruagach charsalach dhonn." "Aha," arsa 'n seanagheal, "an duine mar so thu? am bheil thu cho uaibhreach 's gu bheil thu a' dol a dh' iomairt cluiche ris a a' ghruagach charsalach dhonn? B'e mo chomhairle dhuit do nadur atharrachadh 's gun dol ann." "Cha dean mi sin." "B'e mo chomhairle dhuit ma bhùidneas thu air a' ghruagach charsalach dhonn, an nighean mhaol charrach a tha cùl an doruis fhaotainn air son brìgh do chluiche, 's cuiridh e ioma car dheth mu'm faigh thu i." Chaidh e laidhe 'n oidhche sin, 's ma 's moch a thainig an latha 's moiche na sin a dh' èirich an rìgh a chumail cluiche ris a'ghruagaich. Ràinig e a ghruagach. Bheannaich e do'n ghruagaich 's bheannaich a ghruagach dà. Thuirt a ghruagach ris, "A righ òg Easaidh Ruagh, dè thug a' m'ionnsuidh an diugh thu? an iomair thu cluiche rium?" Thòisich iad's dh' iomair iad an cluiche. Bhùidhinn an rìgh. "Tog brìgh do chluiche 's gu'm faighinn a bhi 'g imeachd." "'S e brìgh mo chluiche thu thoirt domh na nighin maoil carraich a th' agad air cùl an doruis." "'S iomad boireannach

maiseach a th'agamsa stigh a bharrachd urra." "Cha ghabh mi gin ach i siod." "Beannachd dhuitse 's mollachd do d' oid-ionnsachaид." Chàidh iad gu tigh na gruagaich 's chuir a' ghruagach an òrdugh fichead nighean òg. "Tog a nis do roghainn asda sin." Bha té 'tighinn a mach an dèigh té, 's a h-uile té 'thigeadh a mach, theireadh i, "is mis' i, 's amайдeach thu nach 'eil 'g am thobhairtse leat;" ach dh'iarr an seanaghair air gun gin a ghabhail

[TD 13]

ach an té mu dheireadh a thigeadh a mach. 'Nuair a thainig an te mu dheireadh a mach, thuirt e "So mo thè-sa." Dh' fholbh e leatha 's 'nuair a bha iad stàtuinn o'n tigh dh'atharraich a cruth, agus 's i boireannach a b'àille 'bha air thalamh. Bha'n rìgh 'dol dachaidh làn thoil-inntinn leithid de bhoireannach maiseach fhaotainn. Ràinig e'n tigh. Chaidh e laidhe. Ma 's moch a thainig an latha, is moiche na sin a dh'èirich an rìgh, 'dhol a dh'iomairt cluiche ris a ghruagaich. "Is èigin domh dol a dh'iomairt cluiche ris a ghruagaich an diugh," ars' e r'a bhean. "Oh," ars' ise, "sin m'athair 's ma thèid thu dh'iomairt cluiche ris, na gabh ni sam bith airson brìgh do chluiche ach an loth pheallagach odhar a tha 'n diollaид mhaid' urra. Dh' fholbh an rìgh, 's choinnich a ghruagach e, 's gu cinnteach cha robh 'm beannachadh na bu làire na bha e roimhe aig an dithis ri chéile. "Seadh," ars' a ghruagach "demur a chord do bhean òg riut an dé?" "Chord gu h-iomlan." "An d' thàinig thu dh'iomairt cluiche rium an diugh?" "Thàinig." Thòisich iad air a' chluiche, 's bhuidhinn an rìgh air a' ghruagaich an latha sin. "Tog brìgh do chluiche 's bi ealamh leis." "'S e brìgh mo chluiche gum faigh mi an loth pheallagach odhar air a' bheil an diollaид mhaide." Dh' fholbh iad còmhla. Ràinig iad an loth pheallagach odhar, thug e mach as an stàbull i, 's chuir an rìgh a chas thairte, 's b'e 'n curaiddh i. Chaidh e dhachaidh; bha làmhan sgoailt' aig a' bhean roimhe; 's bha iad gu sunndach comhla an oidhche sin. "B' fhearr leam fèin," ursa 'bhean, "nach rachadh thu 'dh'iomairt cluiche ris a' ghruagach tuillidh, chionn ma bhuidhneas e cuiridh e dragh ann ad cheann." "Cha dean mi sin; thèid mi dh'iomairt cluiche ris an diugh." Chaidh e dh'iomairt cluiche ris a' ghruagaich. 'N uair a ràinig e, thar leis gun do ghabh a ghruagach boch. "An d' thàinig thu?" "Thàinig." Dh'iomair iad an cluiche, 's mar bhuaidh mhollachd do'n rìgh bhuidhinn a' ghruagach an latha sin. "Tog brìgh do chluiche," arsa rìgh òg Eas Ruagh, "'s na bi trom orm, chionn cha-n urrainn mi seasamh ris." "'S e brìgh mo chluiche-sa," urs' esan, "gu bheil mi 'cur mar chroisean, 'us mar gheasan ort, 'us mar sheisean na bliadhna, am beatach maol, carrach is mithreubhaiche 's is mi-threònáiche na thu féin, a thoirt do chinn 's do mhuineil 's do choimhead-beatha dhiot, mar am faigh thu dhomhsa claidheamh soluis rìgh nan uinneagan daraich." Chaidh an rìgh dachaidh gu trom, bochd, duibh-thiamhasach. Thàinig a bhànrighinn òg na chomhdhail's thubhairt i ris, "Mo thruaighe! cha 'n eil ni 'sam bith leat a

[TD 14]

nochd." Thug a h-aoidh agus a h-ailleachd rud-eigin de thoil-inntinn do n rìgh, nur a dh' amhairc e air a gnùis; ach nur a shuidh e air

cathair a tharruinn e d' a ionnsuidh, thug e osann as, is sgoilt a chathair fodha. "Dè th' ort, na bhiodh ort, nach fhaodadh thu innseadh dhomhsa?" ars' a bhanrigh. Dh' innis an rìgh demur a thachair. "Ud," ars' ise, "de amhail a chuireas thu air, 's gur ann agad a tha 'bhean is fheàrr 'an Eirinn, 's an darra each is fheàrr 'an Eirinn. Ma ghabhas thu mo chomhairle-sa thig thu as gach ni dhiubh sin fhathasd." Ma 's moch a thàinig an latha 's moiche na sin a dh' èirich a bhànrighinn, 's a chuir i uidheam air gach ni chum gum bitheadh an rìgh 'dol air a thurus. Chuir i 'n òrdugh an loth pheallagach, odhar, air an robh 'n diollaid mhaide; 's ged a chitheadh esan 'na maid' i, bha i làn dhealrach le òr is airgeid. Chaidh e air a muin. Phòg a' bhanrigh e, 's ghuidh i buaidh làrach leis. Cha ruig mise leas a bhi 'g innseadh ni sam bith dhuit, gabh thusa comhairle do bhana-chompanaich féin, an loth, 's innsidh i duit dé 's còir dhuit a dheanamh. Ghabh e mach air a thurus; 's cha bu chianalach a bhi air muin na steud odhar. Bheireadh i air a' ghaoth luath Mhàirt a bhitheadh roimhpe, 's cha bheireadh á ghaoth luath mhàirt urra. Thàinig iad am beul an athaidh 's an anamoich gu cùirt agus cathair rìgh nan uinneagan daraich. Urs' an loth pheallagach odhar ris, "Tha sinn aig ceann ar turuis, 's cha-n' eil againn ri dol na 's fhaide, gabh thusa mo chomhairle-sa 's bheir mi thu far am bheil claidheamh soluis rìgh nan uinneagan daraich, 's ma thig e leat gun sgread gun sgrioch, 's comharradh maith air ar turus e. Tha 'n rìgh nis aig a dhinneir, 's tha 'n claidheamh soluis 'n a sheòmbar fèin; tha cnap air a cheann, 's nur a bheireas thu air a chlaidheamh tarruinn gu réidh mach a "CASE" na h-uinneig e." Thàinig e gus an uinneig far an robh an claidheamh. Rug e air a claidheamh 's thàinig e leis gu réidh gus an robh e aig a bhàrr, 's thug e seòrsa sgread as an sin. "Bithidh sinn a nis, arsa 'n loth, aig imeachd, cna-n àm stad duinn e, tha fios agam gun do mhothaich an rìgh dhuinn a toirt a chlaidheimh a mach. Ghléidh esan an claidheamh 'n a laimh 's dh' fholbh iad, 's 'n uair a bha iad treis air an aghaidh, thuirt an loth, "Stadaidh sinn a nis 's amhaircidh thu co 'chi thu 'd dheigh." "Chi mi," ars' esan, "sgaoth dh' eachaibh donna 'tighinn air bhàinidh." "'S luaithe sinn féin na iad sin fathasd." Dh' fhalbh iad 's 'n uair a bha iad astar maith air an aghaidh, "amhairc a nis" ars' ise "co 'chi thu

[TD 15]

teachd." "Chi mi sgaoth dh' eacha dubha, agus aon each blàr dubh, 's e a tighinn air a chuthach, 's duin' air a mhuin." "'S e sin an t-each is fheàrr an Eirinn, 's e mo bhràthair a th' ann, 's fhuair e ràidhe banaltrachd a bharrachd ormsa, agus thig e seachad ormsa le sreann, 's feuch am bi thu cho tapaidh 's 'nur a thig e seachad ormsa an d' thoir thu 'n ceann de 'n fhear a th' air a mhuin; chionn an àm dol seachad amhaircidh e orts, 's cha-n 'eil claidheamh 'n a chùirt a bheir an ceann deth, ach a 'cheart chlaidheamh a tha'd laimh." 'N uair a bha 'm fear so 'dol seachad thug e amhadh air a cheann a dh' amharc air; tharruinn esan an claidheamh 'us thug e 'n ceann deth, 's cheap an loth pheallagach 'n a beul e. B' e so rìgh nan uinneagan daraich. "Leum air muin an eich dhuibh," urs' ise, "'s fag a chlosach an siod, 's bi 'dol dachaidh cho luath 's a bheir e dachaidh thu, 's bithidh mise 'tighinn mar is fheàrr a dh' fhaodas

mi 'n 'ur déigh." Leum e air muin an eich dhuibh, 's am Moire b' e 'n curaidh e, 's ràinig iad an tigh fada roimh latha. Bha 'bhan-rìgh gun laidhe gus an d' ràinig e. Thog iad ceòl 's leag iad bròn. An la'r na mhàireach thuirt esan, "'s éigin dòmhsha dol a dh'amharc na gruagaich an diugh, feuch am bi mo gheasan ma sgaoil." "Cuimhnich nach ann mar a b-àbhaist a dh' amaiseas a gruagach ort. Coinnichidh e thu gu feargach fiadhaich 's their e riut, 'an d'fhuair thu 'n claidheamh?' 's abair thusa gun d'fhuair. Their e riut ciod e mar a fhuair thu e? 'us their thusa, 'mar b'e an cnap a bh'air a cheann cha d'fhuair mi e.' Foighnidh e rithisd diot, 'demur a fhuair thu 'n claidheamh,' 's their thusa, 'mar b'e an cnap a bh' air a cheann cha d' fhuair mi e.' Bheir e 'n so togail air a dh' amharc ciod e 'n cnap a th' air a chlaindheamh 's chì thu ball-dorain taobh deas a mhuneil, agus stob bàrr a chlaindheamh anns a bhall-dorain 's mar amais thu air a bhall-dorain, tha thuso 's mise réidh. B' e 'bhràthair rìgh nan uinneagan daraich e, 's tha fhios aige gus an cailleadh am fear eile 'bheatha nach dealaicheadh e ris a chlaindheamh. Tha bàs an dithis 's a chlaindheamh; ach cha-n 'eil claidheamh eile dheargas orr' ach e." Phòg a bhanrigh e, 's ghuidh i buaidh làrach leis, 's dh' fholbh e. Thachair a gruagach air anns cheart àit' an robh e roimhid. "An d' fhuair thu 'n claidheamh?" "Fhuair mi 'n claidheamh." "Dèmur a fhuair thu 'n claidheamh?" "Mur b'e an cnap a bh' air a cheann cha n' fhaighinn e." "Leig fhaicinn domh an claidheamh." "Cha robh e mar fhiachaibh orm a leigeil fhaicinn duit." "Demur a fhuair thu 'n claidh-

[TD 16]

eamh?" "Mur b'e an cnap a bh' air a cheonn cha d' fhuair mi e." Thug a gruagach togail air a cheann a dh' amharc air a chlaindheamh. Chunnaic esan am ball-dorain. Bha e urrant' ealamh; shàth e 'n claidheamh anns a bhall-dorain, 's thuit a ghruagach sìos marbh. Thill e dhachaidh, 's 'n uair a thill e dhachaidh, fhuair e luchd gleidhidh agus coimhead ceangailt' an sin cùl ri cùl; 's gun bhean, no each, no leannan aige, gun a bhi air an toirt air folbh. 'N uair a dh' fhuasgail e iad, thubhairt iad ris, "Thàinig famhair mòr. agus thug e air folbh do bhean agus do dhà each." "Cha d' théid cadal air mo shùil no fois air mo cheum, gus am faigh mi mo bhean agus mo dhà each air an ais. Le so a ràdh dh' fholbh e air a thurus; ghabh e 'n taobh a bha lorg nan each, 's lean e gu dian iad. Bha 'n t-athadh 's an t-anamoch a tighinn air, 's cha d' rinneadh stad leis gus an d' ràinig e taobh na coill' uaine. Chunnaic e far an robh làrach cruthachadh gealbhain, 's smaointich e gun cuireadh e tein' air, 's gun cuireadh e seachad an oidhch' ann. Cha b' fhad 'a bha e 'n so aig a ghealbhan gus an d' thàinig cu seang na coill' uain' air. Bheannaich e do 'n chù, 's bheannaich an cù dà. "Ubh! ùbh!" ars' an cù "b' olc diol do mhnatha 's do dhà each an so an raoir aig an fhamhair mhòr." "'S e sin a chuir mise cho peanasach truagh air an tòir a nochd, ach cha-n' eii arach' air." "A rìgh," ars' an cù, "cha-n' fhaod thu bhi gun bhiadh." Chaidh an cù stigh do 'n choille, thug e mach beathaichean, 's rinn iad am biadh gu tlachdmhor. "Tha dùil agam féin," ars' an rìgh, "gum faod mi tilleadh dhachaidh, nach urrainn mi dol a chòir an fhamhair sin." "Na dean sin," ars' an cù; "cha-n' eagal duit a rìgh, cinn' idh do ghnothuch leat. Cha-n' fhaod

thu bhi so gun chadal." "Cha leig an t-eagal domh cadal 's gun bharantas orm." "Caidil thus'," ars' an cù, "'s barantachaiddh mis' thu." Leig an rìgh e féin na shìneadh taobh an teine 's chaidil e. Nur a bhrisd an fhàire thubhairt an cù ris, "Eirich," a rìgh, "'us gun gabhadh thu greim bìdh a neartaicheas thu, 's gum bitheadh thu dol air do thurus. Nis," ars' an cù, "ma thig cruadhchas no càs ort, iarr mo chuideachadh, 's bithidh mi agad a thiotadh." Dh' fhàg iad beannachd aig a chéile 's dh' fholbh e. An àm an athaidh 's an ammoich, thàinig e gu h-ailbhinn mhòr creige, agus bha cruthachadh làrach gealbhain ann. Smaointich e gun cruinneachadh e connadh, 's gun cuireadh e air teine. Thòisich e air a gharadh, 's cha b' fhada bha e mar so 'n uair a thàinig seobhag liath na creige glais' air. "Ubh!"

[TD 17]

ùbh!" ars' ise, "b' olc diol do mhnatha 's do dhà each an rair aig an fhamhair mhòr." "Cha-n' 'eil arach' air," ars' esan, "fhuair mi féin mòran d' an dragh is beagan d' an àbhachd. "Glac misneach," ars' ise, "gheobh thu rudeigin d' an àbhachd fhathasd. Cha n' fhaod thu bhi gun bhiadh an so," ars' ise. "Cha-n' 'eìl seòl air biadh fhaotainn ars esan." "Cha-n fhaod thu bhi gun chadal," ars' an t-seobhag. "Demur a chaidleas mi gun bharantas 'sam bith orm gu mo dhòn o aon olc a tha 'n so?" "Caidil thusa, rìgh, 's barantachaiddh mis' thu." Leig e e féin 'n a shìneadh, 's chaidil e. Anns a mhaidinn chuir an t-seobhag air a chois e. Cruadhchas no càs a thig ort, cuimhnich aig àm sam bith gum faigh thu mo chuideachadhsa. Dh' fholbh e gu dian, foghainteach, luath, laidir. Bha 'n latha folbh 's an oidhche tighinn, 's eunlaith bheaga na coille craobhaich, dosraiche, dualaich, a' gabhail ma bhun nam preas 's ma bhàrr nan dos; 's mu bha, cha bu tàmh 's cha bu chlos dàsan e, gus an d' thàinig e gu taobh aimhne mhòr a bha sin, agus aig bruach na h-aimhne bha cruthachadh làrach gealbhain. Shéid an rìgh srachdanach trom teine. Cha b'fhana bha e 'n so 'n uair a thàinig ann an companas ris doran donn na h-aimhne. "Och," ars' an doran, "b'olc diol do mhnatha 'n so an rair aig an fhamhair." "Cha-n 'eil arach' air, fhuair mise mòran d' an dragh is beagan d' an àbhachd." "Glac misneach, fo mheadhon latha màireach chì thu do bhean. A rìgh, cha 'n fhaod thu bhi gun bhiadh," ars' an doran. "Demur a gheibhear biadh an so," ars' an rìgh. Dh' fholbh an doran feadh na h-abhann, 's thainig e 's tri bradain leis a bha ciatach. Rinn iad biadh is ghabh iad e. Thuirt an doran ris an rìgh, "feumaidh tu cadal." "Demur a chaidleas mi 's gun bharantachadh sam bith orm?" "Caidil thusa 's barantachaiddh mis' thu an nochd." Chaidil an rìgh. Anns a mhaduinn, thuirt an doran ris, bithidh thu an nochd an làthair do mhnatha. Dh' fhàg e beannachd aig an doran. "Nis," ars' an doran, "ma bhitheas càs ort, iarr mo chuideachadh-sa, 's gheobh thu e." Dh' fholbh an rìgh gus an d' ràinig e creag, 's dh' amhairc e sios ann an glomhas a bha 's a chreig, 's aig a ghrunnd chunnaic e a bhean agus a dhà each, 's cha robh fios aige demur a gheobheadh e far an robh iad. Ghabh e mu 'n cuairt gus an d' thàinig e gu bun na creige, 's bha rathad ciatach a

dhol a stigh.

[TD 18]

Chaidh e stigh, 's ma chaidh, 's ann a thòisich is' air caoineadh. "Ud! ud!" ars' esan, "'s olc so, mi féin a dh' fhaotainn na huibhir de dhragh a tighinn ma d' thuaiream, ma 's ann a caoineadh a tha thu nis." "U," arsa na h-eich, "cuir thus' air' ur beulthaobh-ne e, 's cha-n eagal da gus am fàg sinne so." Rinn i biadh dà, 's chur i air dòigh e, 's 'n nair a bha iad treis comhla chuir i air beulthaobh nan each e. 'N uair a thàinig am famhair thubhaint e, "THA BOLADH AN FHARBHALAICH A STIGH. Ars' ise, "M' ullaidh, is m'aighear, is m' fheudail, cha-n' eil ann ach boladh a bhalaidh bhreuna de na h-eachaibh." An ceann treis chaidh e 'thoirt bìdh do na h-eich, 's thòisich na h-eich air, 's cha mhòr nach do mharbh iad e, 's cha d'rinn e ach snàgan air éigin uatha. "Ghràidh," ars' ise, "tha iad a brath do mharbhadh." "Na'm b' ann agam féin a bhitheadh m' anam g'a ghleidheadh 's fhad' o'n a mharbh iad mi," ars' esan. "C' ait' a ghràidh am bheil d' anam? An leòbhra, gabhaidh mise càram deth." "Tha e," ars' esan, "ann an clach nam bonnach." Nur a dh' fholbh esan an l'ar na mhàireach, chuir ise an òrdugh clach nam bonnach gu fuathasach. An am an athaidh 's an anmoich thàinig am famhair a stigh. Chuir ise a fear air beulthaobh nan each. Chaidh am famhair a thoirt bìdh do na h-eich, 's leadair iad e na bu mhòtha 's na bu mhòtha. "Ciòd e 'thug ort clach nam bonnach a chur an òrdugh mur sin?" ars' esan. "Chionn gu bheil d' anam innte." "Tha mi 'g aithneachadb nam bitheadh fios agad c' aite 'bheil m' anam, gun d' thugadh thu t'aire mhaith dhà." "Bheireadh." "Cha-n ann an ain a tha m'anam 's ann a tha e 'sa starsaich." Chuir ise an ordugh an starsach gu gasd' an la 'r na mhàireach. Nur a thill am famhair chaidh e thoirt bìdh do na h-eich 's leadair na h-eich e na bu mhòtha 's na bu mhòtha. "Dé 'thug ort an starsach a chuir an ordugh mar sud?" "Chionn gu bheil d' anam innte." "Tha mi 'g aithneachadh na 'm bitheadh fios agad far am bheil m' anam gun gabhadh tù càram dheth." "Ghabhadh," ars' ise. "Cha-n' ann an sin a tha m' anam, ars' esan. Tha leac mhòr fo 'n starsaich, tha molt fo 'n leachd, tha lach 'am broinn a mhuilt, agus tha ubh am broinn na lacha, agus 's ann anns an ubh a tha m' anam. 'N uair a dh' fholbh am famhair an la'r na mhàireach thog iad an leac, 's a mach a thug am molt. Na 'm bitheadh agamsa cù seang na coill' uaine, cha b' fhad 'a bhitheadh e 'toirt a' mhuilt a m' ionnsuidh. Thàinig cù seang na coill' uaine ugus am molt 'n a bheul. 'N uair a dh'fhsogail iad am molt, a mach a bha 'n lach air iteag-

[TD 19]

ach leis na lachan eile. Na'm bitheadh agamsa seobhag liath na creige glaise, cha b' fhada' bhitheadh i 'toirt na lach a m' ionnsuidh. Thàinig seobhag liath na creige glaise 's an lach 'n a beul. 'N uair a sgoilt iad an lach a thoirt an uibhe a 'broinn, mach a ghabh an t-ubh ann an doimhneachd a chuain. Na'm bitheadh agamsa doran donn na h-amhann, cha b'fhada bhitheadh i 'toirt a m' ionnsuidh an uibhe. Thàinig an doran donn 's an t-ubh na beul, 's rug a bhanrigh air an ubh 's phronn i eadar a da laimh e. Bha 'm

famhair a tighinn anns an athamanachd, 's 'n uair a phronn ise 'n t-ubh thuit e sìos marbh, 's cha do charaich e as a sin fhathasd. Thug iad mòran leo de dh 'òr 's de dh' airgeid. Chuir iad oidhche shunndach seachad aig doran donn na h-abhann, oidhch' aig seobhag liath na creige glaise, agus oidhch' aig cù seang na coill' uaine. Thàinig iad dachaидh 's chuir iad an òrdugh cuirm chridheil, 's bha iad gu sona, toilichte 'n a dhéigh sin.<eng>

[Beurla]

[TD 20-24]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 25-37]

## II.

### THE BATTLE OF THE BIRDS.

From John Mackenzie, fisherman, near Inverary.

[Beurla]

[TD 38]

[Beurla]

<gai>CATH NAN EUN.

BHA am ann uair, anns an robh na h' uile beathach 's eun a cruinneachadh gu cath. Thubhaint mac rìgh Cathair Shiomain, "Gu'n rachadh e a dh' fhaicinn a chath, agus gun d' thugadh e

[TD 39]

fios cinnteach dhachaidh do dh' athair an rìgh, co a bhiodh 'na rìgh air na beathaichcan air a bhliadhna so." Bha 'n cath seachad mu 'n dràinig e, ach eadar aon-fhitheach mòr dubh agus nathair, agus bha aogas gu'm faigheadh an nathair buaidh air an fhitheach. 'Nuair a chunnaic mac an rìgh so, chuidich e 'm fitheach, agus le aon bhuille thugar an ceann do 'n nathair. 'Nuair a leig am fitheach anail, 'sa chunnaic e gu'n robh an nathair marbh, thubhaint e, "Air son do choimhneis dhòmhsha an diugh, bheir mise sealladh dhuit; thig a nios a nis air bun mo dhà sgéithe." Chaidh mac an rìgh suas air muin an fhithich agus mu 'n do stad e, thug e thairis e air seachd beanntaibh, seachd glinn, agus seachd monaidhean. "A nis," ars' am fitheach, "am bheil thu faicinn an tigh' ud thàll; falbh a nis d'a 'ionnsuidh; 's i piuthar dhòmhsha a tha gabhail còmhnuidh ann agus théid mis 'an urras gu'r è do bheatha, agus ma dh' fhoighneachdas i dhìot, 'an robh thu aig Cath nan eun? abair thusa, 'gu'n robh'." "Agus ma dh' fheòraicheas i dhìot, 'am faca tu mo choltas-sa, abair thusa 'gu 'm faca, ach bi cinnteach gu'n coinnich thu mise moch am

màireach anns an àite so." Fhuair mac an rìgh gabhail aige gu maithe 's gu ro ro mhaith air an oidhche so, biadh dheth gach biadh, 's deoch dheth gach deoch, uisge blàth d'a chasan 's leaba bhog d'a leasan. Air an ath latha, thug am fitheach an sealladh ceudna dhà thairis air seachd beanntaibh, seachd glinn, agus seachd monaidhean. Chunnaic iad bothan fad' uatha ach ge b' fhad uatha, cha b' fhada 'ga 'ruigheachd. Fhuair e gabhail aig' air an oidhche so gu maith mar an ceudna; pailteas biadh 's deoch, 's uisge blàth d'a chasan, 's leaba bhog d'a leasan. Air an treas maduinn an àit an fhithich fhaicinn, mar air na h-uairean roimhe, co thug coinneamh dha, ach an t-òganach a bu dhreachmhoire a chunnaic e riamh, agus pasgan aige na làimh. Dh' fhoighneachd mac an rìgh do 'n òganach so, "Am fac e fitheach mòr dubh?" Thubhairt an t-òganach ris, "Cha 'n 'fhaic thu 'm fitheach tuillidh, oir s mise am fitheach a bha 'sin; bha mi air mo chuir fo gheasaibh agus 'se thusa a choinneachadh a dh' fhuasgail mi, air son sin, tha thu a' faotainn a phasgain so." "Nis," ars' an t-òganach, "pillidh tu air t'ais air a chois-cheum cheudna, agus bithidh tu oidhche anns gach tigh mar a bha thu roimhe; ach am bonn a tha agad ri dhèanamh, 'na fuasgail am pasgan sin a thug mi dhuit, gus am bi thu anns an àite bu mhiannaiche leat a bhith chòmhnuidh." Thug mac an rìgh a chùl air an òganach,

[TD 40]

agus thug e aghaidh air tigh Athar, agus fhuair e aoidheachd aig peathraichean an fhithich ceart mar a fhuair e 'dol air aghaidh. Nuair a bha e dlùthachadh ri tigh athar, bha e 'dol troimhe choille dhùmhail; air leis gu 'n robh am pasgan a' fàs trom, agus smaoinich e gu 'n sealladh e gu dé a bh' ann. 'Nuair a dh' fhuasgail e 'm pasgan, cha b' ann gun iongantas a chur air fhéin. Ann am prioba na sùla, faicear an aon àite bu bhrèagha a chunnaic e riamh caisteal mòr, agus lios, anns an robh na h-uile seòrsa meas is luibhean mun cuairt air a' chaisteal. Sheas e làn iongantais, agus aithreachais air son am pasgan fhuasgladh. Cha robh 'na chomas a chur air ais a rithist, agus bu mhiann leis an t-àite bòidheach so a bhith air an lagan bhòidheach uaine a bha fa chomhair tigh athar. Ach sùil do 'n d' thug e, faicear famhair mòr, 's e gabhail d'a 'ionnsuidh. "'S olc an t-àite anns an do thog thu do thigh, a mhic an rìgh," ars' am famhair. "Seadh, ach cha b' ann an so bu mhiannaiche leam e 'bhith, ge do thachair e 'bhith ann gu tabaisteach," arsa mac an rìgh. "Ciod an duais a bheireadh tu air son a chur air ais sa phasgan mar a bha e roimhe?" "Ciod an duais a dh' iarradh tu?" arsa mac an rìgh. "Ma bheir thu dhòmhhs' a cheud mhac a bhitheas agad, 'nuair a bhitheas e seachd bliadhna dh' aois," ars' am famhair. "Gheibh thu sin ma bhitheas mac agam," thubhairt mac an rìgh. Ann am prioba na sùla chuir am famhair gach lios is gàrradh is caisteal 'sa phasgan mar a bha iad roimhe. "Nis," ars' am famhair, "gabh thusa do rathad féin, 's gabhaidh mise mo rathad féin, ach cuimhnich do ghealladh 's ged nach cuimhnich thusa, cha di-chuimhnich mise." Thug mac an rìgh an rathad air, 's an ceann beagan làithean ràinig e 'n t-àite bu mhiannaiche leis; dh' fhuasgail e 'm pasgan, agus bha 'n t-àite ceudna dìreach mar a bha e roimhe, agus a nuair a dh' fhosgail e dorus a chaisteail, faicear an òigh bu dhreachmhoire air an d' thug e sùil riamh. "Thìg air t-aghaidh, a mhic an rìgh," ars' an nighean

bhòidheach, "tha gach ni an òrdugh air do shon, ma phòsas tu mise, an nochd féin." "'S mis' an duine a bhitheas toileach," thubhairt mac an righ; agus air an oidhche sin féin phòs iad. Ach an ceann latha 's seachd bliadhna co 'm fear mòr a chithear a tighinn a dh' ionnsuidh a chaisteail ach am famhair. Chuimhnich mac an righ a ghealladh do 'n famhair, agus gus a so, cha d' innis e do 'n bhan-righ a ghealladh. "Leig thus' eadar mise 's am famhair," ars' a bhan-righ. "Cuir a mach do mhac," ars' am famhair; "cuimhnich do ghealladh." "Gheibh

[TD 41]

thu sin," ars' an righ, "'nuair a chuireas a mhathair an òrdugh e air son a thurais." Sgeadaich a bhan-righ mac a chòcaire agus thug i do 'n fhamhair air làimh e. Dh' fhalbh am famhair leis, ach cha b' fhada a chaidh e, 'nuair a chuir e slatag ann an làimh a ghille-bhig. Dh' fheòraich am famhair dheth, "Na 'm bitheadh an t-slatag sin aig t-athair, de 'dhèanadh e, leatha?" "Na 'm biodh an t-slat so aig m' athair, ghabhadh e air na coin 's air na cait na 'm biodh iad a dol a chòir biadh an righ," ars' an gille beag. "'S tusa mac a chòcaire," ars' am famhair. Beirear air dha chaol cois' air, agus sgleogar e ris a chloich a bha ri' thaobh. Thill am famhair air ais a dh' ionnsuidh a chaisteail ann am feirg is cuthach, 's thubhairt e, "Mar cuireadh iad a mach dhàsan mac an righ, gu 'm b' e 'chlach a b' àirde a chlach a b' isle bhiodh do 'n chaisteal." Thubhairt a bhan-righ ris an righ, "Feuchaidh sinn fathast e, tha mac a bhuidealaир an aon aois ri ar mac féin." Sgeadaich i mac a bhuidealaир, agus thugar do 'n fhamhair e air làimh. Cha deach am famhair ach goirid, nuair a chuir e 'n t-slatag 'na làimh, "Na 'm bitheadh an t-slat so aig t-athair," ars' am famhair, "dé a dhèanadh e leatha?" "Ghabhadh e air na coin 's air na cait 'nuair a bhiodh iad a tighinn dlùth air botail 's air gloinneachan an righ." "'S tusa mac a bhuidealaир," ars' am famhair, is spad e 'n t-eanchainn as air an dòigh cheudna. Thill am famhair, ann am feirg is corruiich ro mhòr. Chrith an talamh fo 'bhonn, 's chrith an caisteal 's na bh' ann." "MACH AN SO DO MHAC," ars' am famhair, "oir ann nam prioba na sùla 's e chlach is àirde, 'chlach is isle bhitheas do 'n aitreabh." 'S e bh' ann gu 'm b' éiginn mac an righ thabhairt do 'n fhamhair. Thug am famhair e d'a thigh féin, agus thog e mar mhac dha féin e. Latha do na làithibh 's am famhair bho 'n bhaile, chuala am t-òganach an ceòl bu bhinne a chual e riamh, ann an seòmar a bha 'm mullach tigh an fhamhair. Sùil do 'n d'thug e, chunnaic an aghaidh bu bhrèagha a chunnaic e riamh. Smèid i air e thighinn ni bu dlùithe dhi, agus thubhairt i ris, "E' dh' fhalbh air an am so ach e bhith cinnteach e 'bhith anns an àite cheudna mu mharbh mheadhain-na h-oidhche so;" agus mar a gheall, choimhlion. Bha nighean an fhamhair ri' thaobh ann am prioba na sùla agus thubhairt i ris, "Am màireach gheibh thu do roghainn ri phosadh dheth mo dhà phiuthar; ach abair thusa nach gabh thu a h-aon dhiubh ach mise; tha m' athair air son gu 'm pòs mi mac rìgh na Cathair uaine, ach 's coma leam è." Air an latha màireach, thug am famhair a

[TD 42]

mach a thriuir nighean 's thubhairt e, 'Nis, a mhic rìgh na Cathair Shiòmain, cha do chaill thu air a bhith leamsa cho fada: gheibh thu air son bean aon do 'n dithis is sine do m' nigheanaibh, agus bithidh cead agad dol dhachaидh leatha, an déigh na bainnse." "Ma bheir thu dhomh an té bheag bhòidheach so," arsa mac an rìgh, "gabhaidh mi air t-fhacal thu." Las fearg an fhamhair, agus thubhairt e, "Ma'm faigh thu sin, feumaidh tu na tri nitheanana a dh' iarras mis' ort a dhèanamh." "Abair romhad," arsa mac an rìgh. Thug am famhair do 'n bhàthaich e. "Nis," ars' am famhair, "tha innear nan ceud damh an so, agus cha deach a chartadh o cheann seachd bliadhna. "Tha mise 'dol o 'n bhaile 'n diugh agus mar bi 'm bàthach so air a chartadh mu 'n d'thig an oidhche cho glan 's gu'n ruith ubhall òir o cheann gu ceann dith, cha 'n e mhàin nach faigh thu mo nighean, ach 's e deoch dhe d'fhuil a chaisgeas mo phathadh a nochd." Toisichear air cartadh na bathaich, ach bu cheart cho maith teannadh ri taomadh a chuain mhòir. 'N déigh mheadhoin-latha 's am fallus 'ga 'dhalladh thàining nighean òg an fhamhair far an robh e 's thubhairt i ris, "Tha thu 'ga'd' phianadh, a mhic an rìgh." "Tha mi 'n sin," arsa mac an rìgh. "Thig a nall," ars' ise, "agus leig do sgios." "Ni mi sin," ars esan, "cha 'n 'eil ach am bàs a feitheamh orm co dhiu." Shuidh e sìos làimh rithe. Bha e cho sgìth, agus gu 'n do thuit e 'na chadal ri 'taobh. 'Nuair a dhùisg e, cha robh nighean an fhamhair ri fhaicinn; ach bha bhathaich cho glan cairte 's gu 'n ruitheadh ubhall òir bho cheann gu ceann dhith. 'Steach thigear am famhair, 's thubhairt e, "Chairt thu 'm bathaich, a mhic an rìgh." "Chairt mi," ars' esan. "Chairt neach éiginn i," ars' am famhair. "Cha do chairt thus' i co dhiu," thubhairt mac an rìgh. "Seadh! Seadh!" ars' am famhair, "bhon a' bha thu co tapaidh an diugh, gheibh thu gus an am so am maireach gu tubadh a bhathaich so le clòimh eòin gun dà ite air an aon dath." Bha mac an rìgh air a chois roi'n ghrein. Ghlac e a bhogha 's a bhalg-saighead a mharbhadh nan èun. Thug e 'm monadh air, ach ma thug, cha robh na h-eòin cho furasda ri 'm faotainn. Bha e a ruith 'nan déigh, gus an robh am fallus 'ga 'dhalladh. Mu mheadhon-la co 'thigeadh ach nighean an fhamhair. "Tha thu ga'd' phianadh, a mhic an rìgh," ars' ise. "Tha mi," thubhairt esan, "cha do thuit ach an dà lon dubh so, agus iad air aon dath." "Thig a nall, 's leig do sgios air a chnocan bhòidheach so," arsa nighean an fhamhair. "'S mi tha toileach," thubhairt

[TD 43]

esan. Smaoinich e gu n cobhaireadh i air air an àm so cuideachd. Shuidh e sìos làimh rithe, 's cha b'fhad' a bha e 'n sin gus an do thuit e 'na chadal; agus a nuair a dhùisg e, bha nighean an fhamhair air falbh. Smaoinich e tilleadh thun an tighe, 's faicear am bathaich tùigte leis na h-itean. 'Nuair a thàining am famhair dhachaيدh thubhairt e, "Thubh thu 'm bathaich, a mhic an rìgh." "Thubh mi," ars' esan. "Thubh cuid-eiginn i," ars' am famhair. "Cha do thubh thusa i," arsa mac an rìgh. "Seadh! Seadh!" ars' am famhair. "'Nis," ars' am famhair, "tha craobh ghiubhas ri taobh an loch ud shios agus tha nead pioghaid 'na mullach." "Na h-uibhean a gheibh thu anns an nead, feumaidh iad a bhi agamsa gu mo cheud-lon, gaidh; cha 'n fhàod a h-aon a bhith sgàinte no briste, agus 's e

còig a tha 'san nead." Moch 'sa mhachuinn, dh'fhalbh mac an rìgh far an robh a chraobh, 's cha robh sin duilich amas oirre. Cha robh a leith-bhreac 'sa choill' air fad. Bho 'bonn gu ruig a ceud mheanglan, còig ceud troidh. Bha mac an rìgh à dol ceithir thimchioll air a chraoibh. Thàinig ise 'bha daonnaan à dèanamh furtachd dha: "Tha thu air call craiceann nan làmh 's nan cas, a mhic an rìgh." "Ach tha," ars' esan, "cha luaithe shuas na shios mi." "Cha 'n àm fuireachd so," arsa nighean an fhamhair. Shàth i' meur an déigh meur, gus an d' rinn i fàradh do mhac an rìgh gu dol suas do nead na pioghaid. 'Nuair a bha e aig an nead, thubhaint ise, "Dèan cabhag a nuas leis na h-uibheam, oir tha anail m' athar a' losgadh mo dhroma." Leis a chabhaig a bh' air-san, dh' fhàg ise 'lùdag am mullach na craoibhe. "Nis," ars' ise, "théid thu dhachaидh leis na h-uibhean gu luath, agus gheibh thu mise ri phòsadh a nochd ma dh'aithnicheas tu mi; bithidh mis' agus mo dha phiuthar air ar n-éideadh anns an aon trusgan, agus air ar dèanamh coltach ri' chéile. Ach seall thus' ormsa 'nuair a their m' athair 'falbh le d' mhnaoi, a mhic an rìgh; agus chi thu làimh gun lùdag." Thug e na h-uibhean do'n fhamhair. "Seadh! Seadh!" ars' am famhair, "bi' dèanamh deas chum do phòsadh." 'S ann an sin a bha bhanais, 's b'e bhanais i, famhairean 's daoiné uaisle, 's mac rìgh na Cathair uaine 'nam meadhon. Chaidh am pòsadh, 's thòisich an dùmhsa, 's b'e sin an damhsa. Bha tigh an fhamhair air chrith bho 'mhullach gu 'bhonn. Ach thàinig àm dol a luidhe, 's thubhaint am famhair, "Tha 'n t-àm dhuit dol a luidhe, a mhic rìgh na Cathair Shiomain; thoir leat do bhean as am meadhon sin." Chuir ise mach a làimh dheth 'n robh an lùdag

[TD 44]

agus rug e oirre air làimh. "Dh' amais thu gu maith air an am so cuideachd, ach cha 'n'eil fios nach coinnich sinn thu air dòigh eile," thubhaint am famhair. Ach a luidhe chaidh iad. "A nis," thuirt ise; "cadal cha dèan thu, air neo bàsaichidh tu; feumaidh sinn teicheadh gu luath, oir gun teagamh marbhaidh m' athair thu." A mach ghabh iad, agus air an loth dhuinn a bha anns an stabull, chaidh iad. "Dèan socair beagan," ars' ise, "agus cluichidh mise cleas air an t-seann laoch." Leum i stigh, agus gheàrr i ubhall 'na naoi earannan, 's chuir, i dà earrann dhith aig ceann na leapa, agus dà earrann aig casan na leapa; dà earrann aig an dorus-chadha, agus dà earann aig an dorus mhòr, agus a h-aon air taobh a mach an tighe. Dhùsig am famhair, agus ghlaodh e, "'M bheil sibhse 'nur cadal.'" "Cha 'n 'eil fathast," ars' an ubhall a bha aig ceann na leapa. An ceann ghreis ghlaodh e rithist, "Cha 'n 'eil fathast," ars' an ubhall a bha aig casan na leapa. Greis an déigh sin, ghlaodh e rithist, "Cha 'n 'eil fathast," thubhaint an ubhal aig dorus a chadha. Ghlaodh am famhair a rithist, 's fhreagair an ubhal a bha aig an dorus mhòr. "Tha sibh a' dol ni's faide uam," ars' am famhair. "Cha 'n 'eil fathast," ars' an ubhal a bha air taobh a mach an doruis. "Tha sibh a teichadh," ars' am famhair. Leum am famhair air a chasan, agus gu ruig an leabaidh chaidh e; ach bha i gu fuar, fàs. "Tha cuilbheartan mo nighean féin a feuchainn rium," thubhaint am famhair. Air an tòir ghabh e," Am beul an latha, thuirt nighean an fhamhair, "Gu 'n robh anail a h-athair a losgadh a droma." "Cuir do làmh gu luath," ars' ise, "ann an cluais na loth dhuinn, agus ge

be ni gheibh thu innte tilg 'na d' dhéigh e." "Tha bior do sgitheach an so," thubhairt esan. "Tilg as do dheigh e." Cha luaithe rinn e so, na bha fichead mìle do sgitheach cho tiugh ann 's gum bu ghann do neas dol troimhe. Thàinig am famhair 'na dhian 's siud e 'n coinneamh a chinn 's amhach anns an sgitheach!! "Tha cuilbheartan mo nighean féin an so mar an ceudna," thubhairt am famhair; "ach na 'm biodh agamsa mo thuagh mhòr 's mo chorc choille an so, cha b' fhad' a bhithinn a dèanamh rathad troimhe so." Thill e dhachaidh air son na tuaidh mòire 's na corc choille, agus gun teagamh cha robh e fad a' dèanamh rathad troi 'n sgitheach. "Fàgaidh mi 'n tuadh 's a chorc choille 'n so, gus am till mi," ars' esan. "MA DH' FHAGAS, thuirt feannag a bha ann an craobh," goididh sinne iad." "Ni sibh sin fhéin," ars' am famhair, "ach cuiridh mise

[TD 45]

dhachaidh iad." Thill e agus dh' fhàg e iad aig an tigh. Ann an teas an latha mhotaich ise anail a h'athar a losgadh a droma. "Cuir do mheur ann an cluais na lotha, agus tilg na gheibh thu innte as do dhéigh." Fhuair e sgealb do chlach ghais 's thilg e as a dhéigh i. Ann am prioba na sùla, bha fichead mìle do chreag mhòr ghlas air leud 's air àirde as an déigh. Thàinig am famhar 'na dheann, ach seachad air a' chreag cha robh comas dha dol. "Se cuilbheartan mo nighinn féin rud as cruaidh a thachair riamh rium," ars' am famhair. "Ach na 'm biodh agamsa mo gheamhlag 's mo mhatag mhòr. cha b' fhada a bhithinn a dèanamh rathad roimh 'n chreig so cuideachd." B'fheudar tilleadh air an son, agus b'e féin gille sgoltadh nan clach. Cha robh e fada a dèanamh rathad troimh 'n chreag. "Fàgaidh mi an acfhuinn an so, 's cha thill mi tuillidh." "MA DH' FHAGAS," ars' an fheannag, "goididh sinn' iad." "Tha sin 's a roghainn agad; cha 'n'eil tiom tilleadh ann." Ann am bristeadh na fàire thubhairt nighean an fhamhair, "gu'n robh i mothachainn anail a h-athar a losgadh a droma." "Seall ann an cluais na lotha, a mhic an rìgh, air neo tha sinn cailte." Rinn e so, agus, 's e aotroman làn uisge a bha 'na cluais air an am so. "Tilg 'na d' dhéigh e," arsa nighean an fhamhair. Rinn e so, agus bha Loch uisge fichead mìle air fad 's air leud 'nan déigh. Thàinig am famhair air aghaidh, ach leis an astar a bh' aige, bha e ann am meadhoin an loch, agus chaidh e foidhe, 's cha d' éirich e ni's mò. Air an ath latha, bha a chuid eachd òg air tighinn am fradharc tigh athar-san. "Nis." ars' ise, "tha m'athair bàite, 's cha chuir e dragh tuillidh òirn. "Ach mu 'n d' théid sinn ni 's faide," ars' ise, "rach thusa gu tigh t'athar, agus innis gu 'bheil mo leithid-sa agad; ach am bonn a tha agad ri 'dheànamh, na leig le duine na crèutair do phògadh; oir ma ni thu sin, cha bhi cuimhn' agad gu 'faca tu riamh mi." Chuir gach neach mar a bha tachairt air fàilte is furan air, 's thug e àithne d'a athair 's d'a mhàthair, gun esan a phògadh; ach mar a bha 'n tubaist 'an dàn, bha sean mhial-chù do ghalla 'steach 's dh' aithnich i e, 's leum i suas ri bheul, agus na dhéigh sin dhi-chuimhnich e nighean an fhamhair. Bha ise 'na suidhe aig taobh an tobair mar a dh' fhàg e i, ach cha robh mac an rìgh a' tighinn. Ann am beul na h-oidhche, stread i suas ann an craobh do dharach a bha ri taobh an tobair. Luidh i ann an gobhall na craoibhe fad na h-oidhche sin. Bha tigh aig greusaiche dlùth do 'n tobar, agus mu mheadhon là a' màireach, dh' iarr an

greusaich

[TD 46]

air a mhnaoi, i 'dhol airson deoch dha as an tobar. 'Nuair a rainig bean a ghreusaiche an tobar, 's a chunnaic i faileas na té a bha anns a chraoibh, air saoilsinn dh'ise gu 'm b'e faileas féin a bh' ann ('s cha do shaoil leatha gu so gu 'n robh i co brèagha), thug i tilgeil do'n chuman a bha 'na làimh, 's bhrist i ris an talamh e, 's thug i 'n tigh oirre gun chuinneag gun uisge! "Cait' am bheil an tuisge, a bhean," thubhaint an greusaiche. "A bhodaich leibidich, shuaraich, gun mhaise, dh' fhan mi tuilidh 's fada 'n am thràill uisge 's connaidh agad." "Tha mi féin a smaoineachadh, a bhean, gu'n deach thu air bhoile; falbh thusa a nighean, gu luath 's faigh deoch do d' athair. Dh' fhalbh a nighean, agus air an dòigh cheudna thachair dhi. Cha do shaoil leatha gu so gu 'n robh i co tlachdmhor, 's thug i 'n tigh oirre. "Nios an deoch," ars' a h-athair. "A pheallaig bhodiach nam bròg, an saoil thu gu 'bheil mise gu bhi 'm thràill uisge agad." Smaoinich an greusaiche bochd gu 'n d' thug iad car as am beachd, 's dh 'fhalbh e féin do 'n tobar. Chunnaic e faileas na gruagaiche san tobar, 's dh' amhairc e suas do 'n chraoibh 's faicear am boirionnach bu bhrèagha a chunnaic e riamh. "'S corrach do shuidheachan ach 's maiseach do ghnùis," thubhaint an greusaiche. "Thig a nuas, oir tha feum dhuit car ùine gheàrr 'nam thigh-sa." Thug an greusaiche gu 'm b'e so am faileas a chuir a chuideachdsan air bhoile. Thug an greusaich i gu thigh 's thubhaint e rithe, "nach robh aige-san ach bothan bochd, ach bothan bochd, ach gu 'm faigheadh i a cuid dhe na bh' ann." An ceann latha na dhà 'na dhéigh so, tháinig triùir fhleasgach uasal gu tigh a ghreusaiche, airson brògan a dhèanmh dhoibh, 's an rìgh air tighinn dhachaidh, agus e 'dol a phòsad. Ach sùil do 'n d' thug na fleasgaich, chunnaic iad nighean an fhamhair, 's ma chunnaic, cha 'n fhac iad riamh té co bòidheach rithe. "'S ann agad a tha 'n nighean bhòidheach an so," thubhaint na fleasgaich ris a ghreusaiche. "Ach cha 'n e mo nighean-sa th' ann." "Nàile!" arsa fear dhiubh, "bheirinn féin ceùd punnd air son a pòsadh." Thubhaint an dithis eile a leithid cheudna. Thubhaint an greusaiche bochd, "nach robh gnothuch aige-san ri a dhéanamh rithe." "Ach," ars' iadsan, "farraid thusa dhith 'n nochd, agus leig fios thugainne 'màireach." Nuair a dh' fhalbh na h'-uaislean, dh' farraid i do'n ghreusaiche, "gu dé sud a bha iad ag radh mu 'm dheibhinnse?" Dh' innis an greusaiche dhith. "Falbh 'nan déigh," ars' ise, "pòsaidh mi fear aca a nochd féin, 's thugadh e leis a sporan airgid." Dh' fhalbh

[TD 47]

an greusaiche 'nan déigh, 's dh' innis e 'n sin fein. Thill e'n tòganach. Thug e ceud punnd do 'n ghreusaiche, air-son tochar. "Chaidh i a luidhe, agus an uair a bha aodach an òganaich dheth, dh' iarr i air deoch uisge as a chòrn a bha air a bhòrd air taobh thall an t-seòmair; dh' fhalbh e, ach as a' sin cha d' thigeadh e fad na h'-oidhche, is greim aig air an t-soitheach uisge." "Oglaich thu," thubhaint ise, "cairson nach dig thu a luidhe?" ach as a' so cha diongadh e, gus an robh an latha geal am màireach ann. Thainig an

greusaiche gu dorus an t-seòmair, agus dh' iarr i air, "an slaodaire ballaich sin a thabhairt air falbh." Dh' fhalbh an suiriche so, 's thug 'e 'n tigh air, ach cha do dh' innis e mar dh' éirich dha do 'n dithis eile. Air an ath oidhche, thàinig an darna fleasgach, agus air an doigh cheudna nuair a chaidh i a luidhe, "Seall," thuirt ise, "am bheil an crann air an dorus." Air a chrann ghabh a lamhan gréim, agus as a' sin cha d' thigeadh e fad na h-oidhche, as a' so cha d' thigeadh e gu latha geal am maireach. Dh' fhalbh e fo sprochd is näire. Coma co dhiu, cha d'innis e, mar thachair, do 'n fhleasgach eile, agus air an treas oidhche, thàinig am fear eile, agus mar a thachair do'n dithis eile thachair dha; bha cas air an leabaidh 's cas eile air an urlar, cha d'thigeadh 's cha rachadh e, ach, air an dòigh so bha e fad na h-oidhche. Am màireach thug e 'bhuinn as, 's cha 'n fhacas e' sealtainn 'na dhéigh. "Nis," arsa 'n nighean ris a ghreusaiche, "'s leatsa an sporan òir, cha 'n'eil feum agam-sa air, 's feàird thus' e, agus cha mbiosde mis' e, airson do chaoimhneis dhomh." Bha na brògan ullamh aig a ghreusaiche, agus air an latha sin féin, bha an rìgh gu pòsad. Bha 'n greusaiche dol do 'n chaisteal le brògan nan òganach, 's thubhairt an nighean ris a ghreusaiche, "bu mhaith leam sealladh fhaicinn dhe mac an rìgh, mu 'm pòsad e." "Thig leamsa," ars' an greusaiche, "tha mi mion eòlach air seirbheisich a' chaisteail, agus gheibh thu sealladh air mac an rìgh 's na cuideachd uile." Agus a nuair a chunnaic na h-uaislean am boireannach bòidheach a bha 'n so, thug iad i do sheòmar na bainnse, agus liòn iad gloinne fion dhi. Nuair a bha i' dol a dh' òl na bha sa ghloinne, chaidh lasair suas aiste, agus leum calman òir 's calman airgid as a' ghloinne. Bha iad ag itealaich mu 'n cuairt, 'nuair a thuit tri ghràinnean eòrna air an urlar. Leum an calman airgiod, agus ithear sud. Thubhairt an calman òir ris, na'm biodh cuimhn' agad 'nuair a chait mi 'm bàthaich, CHA 'N 'ITHEADH TU SIUD GUN CHUID A THOIRT DHOMHSA. A rithist thuit tri gràinnean eòrn' eile, 's leum an

[TD 48]

calman airgiod agus ithear siud mar an ceudna. "Na'm bitheadh cuimhn' agad 'nuair a thubh mi 'm bàthaich CHA 'N ITHEADH TU SIUD, GUN MO CHUID A THOIRT DHOMHSA," ars' an calman òir. Tuitear tri ghràinnean eile, s leum an calman airgiod, agus ithear siud cuideachd. "Na 'm biodh cuimhn' agad 'nuair a chreach mi nead na pioghaid, CHA 'N ITHEADH TU SIUD GUN MO CHUID A THOIRT DHOMHSA," ars' an calman òir. "Chaill mi 'n lùdag 'gad' thabhairt a nuas, agus tha i dhìth orm fathast." Chuimhnich mac an rìgh, 's dh' aitnich e co a bh' aige. Leum e far an robh i, 's phòg e i bho làimh gu i beul, agus a nuair a thàinig an sagairt phòs iad an darna h-uair!! Agus dh' fhag mis' an sin iad.<eng>

HECTOR URQUHART.

[Beurla]

[TD 49–63]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 64-67]

III.

THE TALE OF THE HOODIE.

From Ann MacGilvray, Islay.—April 1859.

[Beurla]

[TD 68]

[Beurla]

<gai>URSGEUL NA FEANNAIG.

BHA tuathanach ann roimhe so; agus bha triùir nighean aige. Bha eud a' postadh aig obhainn. Thàinig feannag mu'n cuairt 's thuirt e ris an té bu shine, "Am pòs thu mise a nighean an tuathanach." "Cha phòs mis' thu 'bheathaich ghrànnnda: is grannda am beathach an fheannag," ars' ise. Thàinig e thun na dàrna té an la 'r na mhàireach, 's thuirt e rithe, "Am pòs thu mise." "Cha phòs mi féin," ars' ise; "'s grànnnda am beathach an fheannag." An treas la thuirt e ris an te b'òige, "Am pòs thu mise, a nighean an tuathanach." "Pòsaidh," ars' ise; "s bòidheach am beathach an fheannag." An la'r na mhàireach phòs èud. Thuirt an fheannag rithe, "Cò 'ca is fheàrr leat mise a bhith am fheannag 'san latha 'sam dhuine 'san oidhche, na bhith 'san oidhche am fheannag 's am dhuine 'san latha?" "'S fhearr leam thu bhith a'd' dhuine 'san latha 's a'd' fheannag 'san oidhche," ars' ise. As a dhéigh so bha e na òganach ciatach 'san latha, 's'na fheannag 's an oidhche. Am beagan làithean an déigh dhaibh pòsadh thug e leis i 'ga 'thigh féin. Ann an ceann tri ràithean bha mac aca. Anns an oidhche thàinig an aon cheòl tìmchiol an taighe bu bhòidhche 'chualas riamh. Chaidil a h-uile duine, 's thugadh air folbh am páisde. Thainig a h-athair thun an doruisd sa mhadainn. Dh' fheòraich e dé mur a bha h-uile h-aon an siod; 's bha duilichinn mhòr air gun tugadh air folbh am páisde, eagal agus gum biodh coir' air a dhèanadh air féin air a shon. Ann an ceann tri ràithhean a rithisd bha mac eile aca. Chuireadh faire air an tigh. Thàinig ceòl ra bhòidheach mar a thàinig roimhid timchoill an taighe; chaidil a h-uile duine 's thugadh air folbh am páisde. Thàinig a h-athair thun an doruisd sa mhaidainn dh' fheòraich e an robh gach ni ceart; ach bha 'm páisde air a thoirt air folbh, 's cha robh fhiòs aige dé a dhèanadh e leis an duilichiun. Ann an ceann tri ràithean a rithisd bha mac eile aca. Chaidh faire 'chur air an tigh mar a b' àbhaist. Thàinig ceòl tìmchioll an taighe mar a thàinig roimhid; chaidil gach neach, 's thugadh am páisde air folbh. Nur a dh' éiridh iad an la 'r na mhàireach chaidh iad gu hàite tàmh eile a

[TD 69]

bha aca, e fein 's a' bhean, 's a' phiuthar chéile. Thuirt e riu air

an rathad, "Feuch nach do dhichuimhnich sibh ni 'sam bith." Urs' a' bhean, "DHIOCHUIMHNICH MI MO CHIR GHARBH." Thuit an carbad anns an robh eud 'na chual chrionaich, s dh' fhalbh esan 'na fheannag. Thill a dha phiuthair dhachaidh 's dh' fholbh ise 'na dhéighsan. Nur a bhiodh esan air mullach cnoic leanadh ise e feuch am beireadh i air, 's nur a ruigeadh ise mullach a chnoic bhiodh esan san lag an taobh eile. Nur a thàing an oidhche 's i sgìth, cha robh àite tàmh na fuireachd aice. Chunnaic i tigh beag soluisd fada uaithe 's ma b' fhada uaithe cha b' fhada a bha ise 'ga ruigheachd. Nur a ràinig i an tigh sheas i gu diblidh aig an dorusd. Chunnaic i balachan beag feedh an taighe, s theòigh i ris gu h-anabarrach. Thuirt bean an taighe rithe tighinn a nìos, gu robh fios a seud 's a suibhail aice-se. Chaidh i laidhe, 's cha bu luaithe thainig an latha na dh' éiridh i. Chaidh i 'mach, 's nur a bha i 'mach bha i o chnoc gu cnoc feuch am faiceadh i feannag. Chunnaic i feannag air cnoc, 's nur a rachadh ise air a' chnoc bhiodh an fheannag 'san lag, nur a rachadh i do 'n lag bhiodh an fheannag air cnoc eile. Nur a thàinig an oidhche cha robh àite taimh na fuireachd aice. Chunnaic i tigh beag soluisd fada uaithe 's ma b' fhada uaithe cha b' fhada 'bha ise 'g a ruigheachd. Chaidh i gus an dorusd. Chunnaic i balachan air an ursor ris an do theòigh i gu ra mhòr. Chuir bean an taighe a laidhe i. Cha bu mhoich' a thàinig an latha na ghabh i 'mach mar a b'abbhaist. Chuir i seachad an latha so mar no làithean eile. Nur a thàinig an oidhche ràinig i tigh. Thuirt bean an taighe rithe tighinn a nìos; gu 'robh fios a seud 's a siubhail aice-se; nach d' rinn a fear ach an tigh fhàgail bho cheann tiota beag; i 'bhith tapaidh, gum b' i siod an oidhche ma dheireadh dhi fhaicinn, 's gun i 'chadal, ach strì ri gréim a dhèanadh air. Chaidil ise, 's thàinig esan far an robh i, 's lig e tuiteam do dh' fhàinn, air a làimh dheas. Nur a dhuisg ise an so thug i làmh air breith air, 's rug i air ite d'a sgéith. Leig e leatha an ite, 's dh' fhalbh e. Nur a dh' éiridh i 'sa mhadainn cha robh fios aice dé a dheànad i. Thuirt bean an taighe gu'n deach e thairis air cnoc neamh air nach b'urrainn ise dol thairis gun chrùidhean d'a làmhan agus d'a casan. Thug i dhi aodach fir 's thuirt i rithe dol a dh' ionnsachadh na goibhneachd gus am biodh i comasach air crùidhean a dhèanadh dhì féin. Dh' ionnsaich i 'ghoibhneachd cho math 's gun d' rinn i crùidhean d'a làmhan agus d'a casan. Dh 'fholbh i thairis air a

[TD 70]

chnoc neamh. An latha sin féin an déigh dhi dol thairis air a chnoc neamh bha pòsad aig a fear ri nighean duine uasail mhòir a bha 'sa bhaile. Bha rèis anns a bhaile an latha sin, s bha h-uile h-aon ri bhith aig an réis ach an coigreach a thàinig thairis air a' chnoc neamh. Thainig an còcaire a h-ionnsuidh, 's thuirt e rithe an rachadh i 'na àite a dhèanadh biadh na bainnse, 's gu 'faigheadh e dol thun na réise. Thuirt i gu' rachadh. Bha i furachail daonnaid càite am biodh fear na bainnse 'na shuidhe. Lig i tuiteam do 'n fhàinne agus do 'n ite 'sa bhrot a bha air a bheulaobh. Leis a chiad spàin thog e'm fàinne, s leis an ath spàin thog e 'n ite. Nur a thàinig am ministir a làthair a dheanadh a phòsaidh cha phòsad esan gus am faigheadh e fios co a rinn am biadh. Thug iad a' làthair còcaire an duine uasail, 's thuirt esan nach b' e siod an còcaire a

rinn am biadh. Thug iad an làthair an so an t-aon a rinn am biadh. Thuirt esan gum b'e siod a' bhean phòsda-san a nis. Dh' fholbh na geasan dheth. Thill iad air an ais thairis air a' chnoc neamh; ise a tilgeil nan crùidhean as a deigh da 'ionnsuidhsan nur a thigeadh i treis air a h-aghaidh, 's esan 'ga leantainn. Nur a thàinig eud air an ais thar a' chnoic, chaidh iad thun nan tri taighean anns an robh ise. B'e sin tri taighean a pheathraichean-san, thug iad leo an tri mic. Thàinig iad dhachaidh g'an tigh féin, 's bha iad gu toilichte.<eng>

HECTOR MACLEAN.

[Beurla]

[TD 71]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 72–85]

IV.

THE SEA-MAIDEN.

From John Mackenzie, fisherman, near Inverary.

[Beurla]

[TD 86]

[Beurla]

<gai>A MHAIGHDEAN MHARA.

BHA ann roimhe so, sean iasgair bochd, ach air a bhliadhna so, cha robh e faotainn a bheag do dh'iasg. Latha do na laithean 's e 'giasgach, dh' eirich maighdean-mhara ri taobh a bhàta, 's dh' fheòraich i dheth, An robh e faotainn a bheag do dh'iasg? Fhreagair an seann duine, 's thubhairt e nach robh. "De 'n duais a bheireadh tu dhòmhsa airson pailteas éisg a chuir thugad?" "Ach!" ars' an seann duine, "Cha 'n 'eil a bheag agamsa ri sheachnad." "An toir thu dhomh an cèud mhac a bhitheas agad?" ars' ise. "'S mise a bheireadh sin dhuit na 'm biodh mac agam; cha robh 's cha bhi mac agamsa," ars' esan; "tha mi féin 's mo bhean air cinntinn co sean. 'Ainmich na bheil agud.' Cha 'n 'eil agamsa ach seann làir eich, seana ghalla choin, mi féin 's mo bhean; sin agadsa na tha chreutairean an t-saoghail mhòr agamsa." "So agad, mata, trì spilgeanan a bheir thu do d' mhnaoi air an oidhche nochd, agus trì eile do 'n ghalla, agus an trì so do 'n chapull, agus an trì so mar an ceudna, cuiridh tu air cùl do thighe; agus 'nan am fein bithidh triùir mhac aig do bhean, tri searraich aig an làir, tri cuileanan aig a ghalla, agus cinnidh tri chraobhan air cùl do thighe, agus bithidh na craobhan 'nan samhladh; 'nuair a bhasaicheas a h-aon do

na mic seargaidh té do na craobhan. Nis, thoir do thigh ort, agus coinnich mise dur a bhitheas do mhac tri bliadhna 'dh' aois, 's gheibh thu féin pailteas eisg an déigh so. "Thachair na h-uile ni mar a thubhairt a mhaighdean-mhara; agus bha e féin a faotainn pailteas éisg, ach a nuair a bha ceann nan tri bliadhna a dlùthachadh bha an seann duine a fàs cianail, trom-chridheach, 's e 'dol uaithe na h-uile latha mar bha teachd. Air comhainm an latha, chaidh e' dh' iasgachd mar a b' àbhaist, ach cha d'-thug e mhac leis.

Dh' érich a mhaighdean-mhara ri taobh a bhàta, 's dh' fharraid i, "an d'-thug thu leat do mhac thugam?" "Ach! cha d'-thug, dhi-chuimhnich mi gu 'mi b'e so an latha." "Seadh! seadh!

[TD 87]

mata," ars' a mhaighdean-mhara, "gheibh thu ceithir bliadhna' eile dheth; faodaidh gur ann is usa dhuit dealachadh ris; so agad a chomhaoise," 'si togail suas leanabh brèagha sultmhòr, "am bheil do mhac-sa cho brèagha ris?" Dh' fhalbh e dhachaидh làn sodain is sòlais, a chionn gu 'n d' fhuair e ceithir bliadhna' eile d'a mhac; 's bha e'g-iasgach 'sa' faotainn pailteas éisg. 'Ach an ceann na h-ath cheithir bliadhna, bhuail mulad 's bròn e, 's cha ghabhadh e lòn 's cha dèanadh e tùrn, 's cha robh a' bhean a tuigsinn dè a bha cur air. Air an am so, cha robh fios aige de 'dhèanadh e, ach chuir e roimhe, nach d'-thugadh e leis a mhac air an uair so nis mò. Dh'-fhalbh e dh' iasgach mar air na h-uairean roimhe, 's dh'èirich a mhaighdean-mhara ri taobh a bhàta, 's dh' fheòraich i dheth, "An d' thug thu thugam do mhac?" "Ach dhi-chuimhnuich mi e air an uair so cuideachd," ars' an seann duine. "Falbh dhachaïdh, mata," ars' a mhaighdean-mhara, "agus an ceann seachd bliadhna na dheigh so, tha thu cinnteach mis' a choinneachadh; ach cha 'n ann an sin is usa dhuit dealachadh ris; ach gheibh thu iasg mar a b-àbhaist dhuit."

Chaidh an seann duine dhachaïdh làn aoibhneis: fhuar e seachd bliadhna' eile d'a mhac! agus mu'n rachadh seachd bliadhna seachad, bha 'n seann duine a smuaineachadh gu 'm biodh e féin marbh, agus nach faiceadh e 'mhaighdean-mhara tuillidh. Ach coma co dhiu, bha ceann nan seachd bliadhna so a dlùthachadh cuideachd, agus ma 'bha cha robh an seann duine gun chùram a's trioblaid. Cha robh fois aige a latha na dh' oidhche. Dh' fheòraich am mac bu shine d'a athair, aon latha, an robh ni air bith a' cuir dragh air? Thubhairt an seann duine gu'n robh, ach nach buineadh sin dhàsan, na do neach air bith eile. Thubhairt an t-òganach gu 'm feumadh e fios fhaotainn air, 's dh'innis athair dha mu dheireadh mar a bha chuis eadar e féin 'sa mhaighdean-mhara. "Na cuireadh sin càram 'sam bith oirbh," ars' am mac: "Cha téid, mise na 'r n-aghaidh." "Cha teid, cha teid, a mhic, ged nach faighinn iasg a chaoidh." "Mur leig sibh dhomh dol maille ribh, rachaibh do'n cheàrdach, agus deanadh an gobha claidheamh mòr làidir dhòmhsa, 's falbhaidh mi air ceann an fhortain." Chaidh athair do 'n cheardaich, 's rinn an gobha claidheamh. Rug an t-òganach air 's thug e crathadh na dhà air, 's dh' fhalbh e 'na cheud spealg. Dh' iarr e air athair dol do'n cheàrdach, agus claidheamh eile fhaotainn deanta, anns am bitheadh a dhà uiread do chudthrom; agus mar

[TD 88]

so rinn athair, agus air an dòigh cheudna thachair do 'n chlaidheamh; bhrist e na dha leth. Air ais chaith an seann duine do'n cheàrdaich, agus rinn an gobha claidheamh mòr; a leithid, cha d' rinn e riamh roimhe. "So agad do chlaidheamh," ars' an gobha, "'s feumaidh an dorn a bhi maith a chluicheas an lann so." Thug an seann duine an claidheamh d'a mhac; thug e crathadh na dithis air; "Ni so feum," ars' am mac, "'s mithich a nis triall air mo thuras," ars' esan. Air maduinn an ath latha, chuir e diollaид air an each dubh a bha aig an làir, agus thug e 'n saoghal fuidh' cheann 's an cùth dubh ri thaobh. 'N uair a chaidh e greis air aghaidh, thachair carcais caora ris aig taobh an rathaid. Aig a charcais bha madadh mòr, seabhag, agus dòbhran. Theirin e bhàr an eich, agus roinn e a' chlosach eadar an triùir. Tri trianan do'n mhadadh, da thrian do'n dòbhran, agus trian do'n t-seabhag. "Airson so," ars' am madadh, "Ma ni luathas chas na géire fiacail cobhair dhuit, cuimhnich ormsa, agus bithidh mi ri d' thaobh." Thubhaint an dòbhran, "Ma ni snàmh coise air grunnnd linne fuasgladh ort, cuimhnich ormsa agus bithidh mi ri 'd' thaobh." Ars' an t-seabhag, "Ma thig cruaidh chàs ort, far an deàn luathas itean na crom ionga feum, cuimhnich ormsa, 's bithidh mi ri 'd' thaobh." Ghabh e 'n so air aghaidh, gus an d'ràinig e tigh rìgh, 's ghabh e muinntearas gu bhi 'na bhuchaille, agus 's ann a réir 's na bhithheadh do bhainne aig a chrodh a bhiodh a thuarasdal. Chaidh e air falbh leis a chrodh, ach cha robh an t-ionaltradh ach lom. 'Nuair a thàinig an t-anmoch, 's a thug e dhachaidh iad, cha robh 'bheag do bhainn' aca, bha 'n t-àite co lom, 's cha robh 'bhiadh na 'dheoch ach suarrach air an oidhche so. Air an ath latha, ghabh e air adhart ni b' fhaide leo, agus mu dheireadh thàinig e gu àite anabarrach feurach, ann an gleann uaine nach fac e riamh a leithid. Ach mu am dha dol mu chùl a chruidh gu 'n tabhairt dhachaidh, co a chithear a' tighinn ach famhair mòr, 'sa chlaidheamh 'na làimh. "HIU! HAU! HOAGRAICH!" ars' am famhair, "'s fada bho 'n bha meirg air m' fhiaclan ag iarraidh do chuid feola: 's leamsa 'n crodh, tha iad air mo chrìch, agus is duine marbh thusa." "Cha dubhaint mi sin," ars' am buachaille; "cha 'n 'eil fios nach usa sin a ràdh na dhèanamh."

Ann am badaibh a' cheile gabhar e féin 's am famhair. Chunnaic e gu 'n robh e fada bho a charaid 's dlu d'a nàmhaid. Tharruing e 'n claidheamh mòr nach fhagadh fuigheal beum, agus dhlùthraig e ris an fhamhair, agus ann am mireadh a chatha

[TD 89]

leum an cù dubh air cùl an fhamhair, 's tharruing am buachaill' a chlaidheamh 's bha 'n ceann do 'n fhamhair ann am prioba na sùil. Leum e air muin an eich dhuibh, agus chaidh e shealltainn airson tigh an fhamhair. Ràinig e 'n dorus, agus leis a' chabhaig, a bha air an fhamhair, dh' fhàg e gach geata 's gach dorus fosgailte. 'Steach chaidh am buachaille, agus 'sann an sin a bha 'n greadhnachas, òr 's airgiod ann am pailteas, 's trusgain dheth gach seòrsa air am faitteam le òr 's airgiod, 's gach ni bu rìomhaiche na

cheile. Am beul na h-oidche thug e caisteal an rìgh air, ach cha d' thug e dad air bith leis a tigh an fhamhair; agus a nuair a chaidh an crodh a bhleaghan, 's ann an sin a bha 'm bainne. Fhuair e de bheatha mhaith air an oidhche so, biadh 's deoch gun ghainne, agus bha an rìgh anabarrach toilichte, gu 'n d' fhuair e greim air a leithid do buachaille. Chaidh e air aghaidh air son ùine air an dòigh so, ach mu dheireadh, dh' fhàs an gleann lom do dh' fheur, agus cha robh an t-ionaltradh cho maith. Ach smaoinich e gun rachadh e air aghaidh beagan ni b'fhaide a' stigh air còir an fhamhair, agus faicear pàirce mhòr do fheur. Thill e airson a chruidh agus cuirear a stigh do 'n phàirce iad. Cha robh iad ach goirid ag ionaltradh 'sa phàirce, 'nuair a thàinig famhair mòr, fiadhaich, lan fearg agus corruiich "Héu! hò! hoagraich!" ars' am famhair, "'se deoch do d' fhuil a chaisgeas mo phathadh a nochd." "Cha 'n' eil fios," ars' am buachaille, "nach fasa sin a ràdh na dheanamh." Ach na cheile ghabh na fir, 's ann an sin a bha 'n crathadh lann. Mu dheireadh thall bha coltas air gu'm faigheadh am famhair buaidh air a buachaille. 'N sin ghlaodh e air a chù, agus le aon leum, rug an cù dubh air amhaich air an fhamhair, 's ghrad bhail am buachaille an ceann de.

Chaidh e dhachaidh glé sgìth air an oidhche so, ach nu'r thaing, mar a' robh bainne aig crodh an rìgh! 's bha 'n teaglach air fad co toilichte air son gun d' fhuair iad a' leithid so do buachaille. Lean e air a buachailleachd air an dòigh so ré uine; ach oidhche 's e air tighinn dhachaidh, an àite do 'n bhanaraich furan's fàilte 'chur air, 's ann a bha iad air fad ri cumha 's ri bròn. Dh' fhoighneachd e de 'n t-aobhar bròin a bha' so an nochd. Thubhaint a bhanarach, gu 'n robh beist mhòr le tri chinn 'san loch, agus gu 'n robh i ri aon fhaotainn a h-uile bliadhna, agus gu 'n d' thàinig an crannchur am bliadhna air nighean an rìgh, "'s mu mheadhon latha 'màireach, tha i ri coinneachainn na huile-bhéist aig ceann shuas an loch; ach tha

[TD 90]

suiriche mòr an siud a tha 'dol g'a teàrnadh." "De 'n suiriche a tha ann?" thubhaint am buachaille. "O! tha Seanalair mòr airm," thubhaint a' bhanarach, "agus a nuair a mharbas e 'bhéist, pòsaidh e nighean an rìgh; oir thubhaint an rìgh 'ge b'è theàrnadh a nighean, gu 'faigheadh e i ri phòsad." Ach air an latha 'maireach, 'nuair a bha an t-am a dluthachainn, dh' fhalbh nighean an rìgh 's an gaisgeach airm so gu coinneamh a thabhairt do 'n bheist, 's rainig iad an Coire dubh aig ceann shuas an loch. Cha robh iad ach goirid an sin 'nuair a għluais a bhéist ann am meadhan an loch; ach air do'n t-Seanalair an t-uamhas béiste so fhaicinn le tri chinn, għabb e eagħal, 's shéap e air falbh 's dh' fhalaich e e féin, 's bha nighean an rìgh fo chrith 's fo eagħal, gun neach ann a theàrnadh i. Sùil do 'n d' thug i faicear ḥġanach fogħainteach, dreachmhor a marċachd each dubh 's a' tighinn far an robh i. Bha e air a sgeadachdaijn gu h-anabarrach 's fo làn armachd 's an cù dubh a' siubhal 'na dhéigh. "Tha gruaim air do għnūis, a nighean," ars, an t-ḥġanach; "dé tha thu deanadh an so?" "O! 's coma sin, thubhaint nighean an rìgh, cha 'n fhad' a bhitheas mi ann co dhiu." "Cha dubhaint mi sin," ars' esan. "Theiħ laoħ cho coltach riutsa, 's

cha 'n 'eil fada uaidhe," thubhairt ise. "'Se laoch a sheasas cath," ars' an t-òganach. Shuidh e sìos làimh rithe 's thubhairt e rithe, "Na 'n tuiteadh esan 'na chadal, i ga 'dhùsgadh 'n uair a chitheadh i 'bhéist a' deanamh air son tìr." "De 's dùsgadh duit," thubhairt ise? "'S dusgadh dhomh am fàinne th' air do mheur a chur air mo lughdag." Cha b' fhada bha iad an sin, 'n uair a chunnaic i bhéist a deanamh gu tìr. Thug i 'm fàinne bhàr a meur, 's chuir i air lughdag an òganaich e. Dhùisg e, agus an coinneamh na béiste ghabh e, le 'chlaidheamh 's le chù; ach 's ann an sin a bha 'n t-slapartaich 's an t-slapartaich eadar e féin 's a' bhéist; 's bha 'n cù dèanamh na b' urrainn e, 's bha nighean an rìgh air bhall-chrith eagail le fuaim na béiste. Bhiodh iad uair fuidhe 's uair an uachdar, ach ma dheireadh, gheàrr e fear do na cinn di; thug i aon raibheic aiste, 's ghoir mac-talla nan creag d'a sgrèuch, 's chuir i 'n Loch 'na lasair bho cheann gu ceann, agus ann am prioba na sùla, chaidh i as an t-sealladh. "Piseach 's buaidh gu 'n robh ga d' leantainn, òganaich," arsa nighean an rìgh, "tha mise sàbhailt air son aon oidhche; ach thig a bheist a rithist, gu bràth gus an d' thig an dà cheann eile dhi." Rug e air ceann na béiste, agus tharruing e gad roimhe 's thubhairt e rithe, i ga' thabhairt leatha 'm màireach an sud. Dh' fhalbh

[TD 91]

i dhachaidh 's an ceann air a guallainn, 's thug am buachaille na mairt air. Ach cha b' fhada bha i air a' rathad 'n uair a choinnich an Seanalair mòr so i, agus thubhairt e rithe gu marbhadh e i mur canadh i gur esan a thug an ceann do 'n bhéist. "O! ars' ise, 's mi their! co eile 'thug an ceann do 'n bheist ach thu." Ràinig iad tigh an rìgh 's an ceann air guallainn an t-Seanalair; ach 's ann an so a bha 'n t-aoibhneas, i 'thighinn dhachaidh beò slàn, agus ceann na béiste làn fola aig a Chaitpean mhòr so 'na làimh. Air an latha 'màireach, dh'fhalbh iad, agus cha robh teagamh sam bith nach teàrnadh an gaisgeach so nighean an rìgh. Ràinig iad an t-àite ceudna, 's cha robh iad fad' an sin, 'n uair a għluais an uile-bheist oillteil ann am meadhon an loch, 's shèap an gaisgeach air falbh mar a rinn e air an lath' dè. Ach cha b' fhad an déigh so, dur a thàinig fear an eich dhuibh 's deis eile air. Coma co dhiu, dh'aithnich i gur e cheart òganach a bh' ann. "'S mise tha toilichte d' fhaicinn," ars' ise, "tha mi 'n dòchas gu làimhsich thu do chlaidheamh mòr an diugh mar a rinn thu 'n dè; thig a nìos 's leig t-anail." Ach cha b' fhada bha iad an sin, 'n uair a chunnaic iad a bhéist a totail am meadhon an loch. Luidh an t-òganach sìos ri taobh nighean an rìgh, 's thubhairt e rithe, "Ma chaidleas mise mu 'n d'thig a bhéist, dùisg mi." "De as dùsgadh dhuit?" "'S dùsgadh dhomh a chluais-fhail sin a tha 'na d' chluais, a chuir 'na mo thè féin." Cha mhath a chaidil e 'n uair a ghlaodh nighean an rìgh, "Dùisg! dùisg!" Ach dusgadh cha dèanadh e; ach thug i chluas-fhail as a cluas, agus chuir i 'n cluas an òganaich e, 's air ball dhùisg e, 's an car na béiste chaidh e; ach 's ann an sin a bha 'n t-slapartaich 's an t-slapartaich, raoiceil, 's taoiceil air a bhéist. Lean iad mar so rè ùine fada, 's mu bheul na h-oidhche, gheàrr e 'n ceann eile do 'n bhéist. Chuir e air a' ghad e 's leum e air muin an eich dhuibh, 's thug e 'bhuachailleachd air. Dh' fhalbh nighean an

rìgh dhachaidh leis na cinn: thachair an Seanalair rithe 's thug e uaipe na cinn, 's thubhairt e rithe, "Gu 'm feumadh i chantainn gu 'm b' esan a thug an ceann do 'n bhéist air an uair so cuideachd." "Co eile a thug an ceann do 'n bhéist ach thu?" thuirt ise. Ràinig iad tigh an rìgh leis na cinn, ach 's ann an sin a bha 'n t-aoibhneas 's an t-aighear. Mha bha an rìgh subhach an ceud oidhche, bha e nis cinnteach gu 'n teàrnadh an gaisgeach mòr so a nighean, 's cha robh teagamh sam bith nach bitheadh an ceann eile do 'n bhéist air an latha màireach. Mu 'n am cheudna, dh' fhalbh an dithis air an latha 'màireach. Dh' fhalaich

[TD 92]

an t-oifigir e féin mar a b-abhaist: thug nighean an rìgh bruaich an loch oirre, 's thàinig gaisgeach an eich dhuibh, 's luidh e ri' taobh. Dhùisg i 'n t-òlach 's chuir i cluas-fhail 'na chluais eile agus ann am bad na béiste ghabh e. Ach ma bha raoiceil, is 's taoiceil air a bheist air na làithean a chaidh seachad, 's ann an diugh a bha 'n t-uamhas oirre. Ach coma co dhiu, thug e 'n treas ceann do 'n bhéist, 's ma thug cha b' ann gun spàирн. Tharruing e ro 'n ghad e, 's dh' fhalbh i dhachaidh leis na cinn. 'N uair a ràinig iad tigh an rìgh, bha na h-uile làn gàirdeachas, 's bha 'n Seanalair ri nighean an rìgh a' phòsad air an ath latha. Bha bhanais a dol air a h-aghaidh 's gach neach mu 'n Chaisteal 's fadal air gus an d' thigeadh an sagairt. Ach a nuair a thainig an sagairt, cha phòsad i ach an neach a bheireadh na cinn do 'n ghad gun an gad a ghearradh. "Co bheireadh na cinn do 'n ghad ach am fear a chuir na cinn air," thuibhaint an rìgh. Dh' fheuch an Seanalair iad, ach cha b-urrainn e na cinn fhuasgladh; 's mu dheireadh, cha robh a h'aon mu 'n tigh nach d' fheuch ris' na cinn a thoirt do 'n ghad, ach cha b-urrainn iad. Dh' fhoighneachd an rìgh, "An robh neach air bith eile mu 'n tigh a dh' fheuchadh ris na cinn a thoirt bhar a ghaid." Thubhairt iad nach d' fheuch am buachaille fathast iad. Chaidh fios air a' bhuachaillie, 's cha b' fhada bha esan a tilgeadh fear a null 's a nall diubh. "Ach fan beagan òganoich," arsa nighean an rìgh: "am fear a thug na cinn do 'n bhéist, tha 'm fàinne agamsa aige, agus mo dhà chluais-fhail." Chuir am buachaille 'làimh 'na phòca, 's thilig e air a bhòrd iad. "S'-tusa mo dhuine-sa," arsa nighean an rìgh. Cha robh an rìgh cho toilichte, 'n uair a chunnaic e gu 'm b'e 'bhuachaillie a bha ri' nighean a phòsad; ach; dh' òrduich e gu feumt' a chur ann an trusgan ni b'fhearr. Ach labhair a nighean, 's thubhairt i, "Gun robh trusgan aige cho rìomhach 'sa bha riamh 'na chaisteal; agus mor so thachair; chuir am buachaille deis' òir an fhamhair, air, agus phòs iad air an oidhche sin fein.

Bha iad a nis pòsda 's na h-uile ni dol air aghaidh gu maith. Bha iad aon lath' a spaisdearachd mu thaobh an locha, 's thàinig béis a b-uamhasaiche na 'n te eile, 's thugar air falbh e gun athadh gun fhoighneachd. Bha nighean an rìgh an so gu dubhach, dèurach, dalla-bhrònach air son a fear-posda. Bha i daonnan 'sa sùil air an loch. Thachair seana ghobha rithe, 's dh' innis i dha mar thachair da céile-pòsda, Chomhairlich an gobha dhi i 'sgaoileadh gach nì bu bhrèagha na chéile anns a cheart àite 'san

[TD 93]

'd' thug a bhéist air falbh a duine; agus mar so rinn i. Chuir a bhéist suas a sròn, 's thubhairt i, "'S brèagh 'd' ailleas a nighean an rìgh." "'S brèagha na sin an t-àilleagan a thug thu uam," thubhairt ise. "Thoir dhomh aon sealladh do m' dhuine, 's gheibh thu aon ni do na tha thu 'faicinn." Thug a' bhéist suas e. "Aisig dhomh e, 's gheibh thu na tha thu 'faicinn," ars' ise. Rinn a' bhéist mar a thubhairt i; thilig i beo slàn e air bruach an locha. Goirid 'na dheigh sud, 's iad a sràidimeachd ri taobh an loch, thug a bhéist cheudna air falbh nighean an rìgh. Bu bhrònach gach neach a bha 'sa bhaile air an oidhche so. Bha a duine gu dubhach, deurach, a' siubhal sìos agus suas mu bhruachan an locha a latha 's do dh' oidhche. Thachair an seana ghobha ris. Dh' innis an gobha dha, Nach robh dòigh air an uile-bheist a mharbhadh, ach aon dòigh, agus 's e sin—"Anns an eilean 'tha am meadhon an locha tha eilid chaisfhionn as caoile cas 's as luaithe ceum, agus ge do rachadh beirsinn oirre, leumadh feannag aisde, agus ged a rachadh beirsinn air an fheannag, leumadh breac aisde; ach tha ubh am beul a bhric, agus tha anam na béisite 'san ubh 's ma bhristeas an t-ubh, tha a bhéist marbh." Nis cha robh dòigh air faotainn do 'n eilean so, bho 'n chuireadh a bhéist foidh gach bata 's gach ràth, a rachadh air an loch.

Smaoinich e gu 'm feuchadh e 'n Caolas a leum leis an each dhubh, agus mar so fhein rinn e. Leum an t-each dubh an Caolas, 's an Cù dubh le aon leum as an déigh. Chunnaic e' n eilid, 's leig e 'n cù dubh 'na déigh, ach an uair a bhiodh an cù air aon taobh do 'n eilean bhiodh an eilid air an taobh eile. "O! bu mhath a nis madadh mòr na closaiche feòla an so." Cha luaithe 'labhair e 'm facal na bha 'm madadh còir ri thaobh, agus an déigh na h-eilid ghabh e 's cha b' fhada 'bha na laoich ga cuir ri talamh; ach cha bu luaithe a rug e oirre, na leum feannag aisde; "'S ann a nis a bu mhath an t-seobhag għlas as geire suil 's is làidire sgiath." Cha luaithe thubhairt e so, na bha 'n t-seobhag as déigh 'na feonnaig, 's cha b' fhada 'bha i ga cuir ri talamh; agus air tuiteam do 'n fheonnaig air bruach an locha, a mach aisde leumtar am breac. "O! nach robh thus' agamsa a nis a dhobhrain." Cha luai'th' thubhairt na bha 'n dobhran ri thaobh, agus a mach air an loch leum i, 's thugar am breac a meadhon an loch; Ach cha luaithe bha 'n dòran air tir leis a bhreac na thainig an t-ubh a mach as a bheul. Għrad leum esan, 's chuir e 'chas air, 's ann an sin a leig a bhéist raoic aisde, 's thubhairt i, "Na brist an t-ubh, 's gheibh thu na dh' iarras tu."

[TD 94]

"Aisig dhòmhsa mo bhean." Ann am prioba na sùla bha i ri 'thaobh. Nuair a fhuair e greim air a laimh 'na dha' làimh, leig e chas air an ubh, 's bhàsaich a bhéist. Bha 'bheist marbh a nis, agus 'sann a nis a bha 'n sealladh ri fhaicinn. Bha i uamhasach ri sealltainn oirre, bha na tri chinn di gun teagamh, ach ma bha, bha ceann os-ceann cheann oirre, agus suilean, 's cuig ceud cas. Coma co dhiu, dh' fhàig iad ann a 'sud i, 's chaidh iad dhachaidh. Bha sólas is għairdeachas ann an tigh an rìgh air an oidhche so, 's cha d' innis e do 'n rìgh gu so mar a mharbh e na famhairean. Chuir an rìgh urram mòr air, 's bha e 'na dhuine mòr aig an rìgh.

Bha e fein 's a' bhean a' sràidimeachd aon latha, 'n uair a thug e fainear caisteal beag ri taobh an loch, ann an coille. Dh' fharraid e do 'n mhnaoi co bha gabhail còmhnuidh ann? Thubhairt i nach robh neach air bith a' dol a chòir a chaisteal ud, bho nach d'thainig neach air ais fathast a chaidh ann a dh' innseadh sgeùil. "Cha 'n fhaod a chùis a bhi mar sin," ars' esan; "a nochd féin chi mi co' tha gabhail comhnuidh ann." "Cha d' theid, cha d' theid," thubhairt ise, "cha deach duine riamh do 'n chaisteal so a phill air ais." "Biodh sin 's a roghainn aige," ars' esan. Dh' fhalcioneadh e, agus gabhar do 'n chaisteal 's nuair a ràinig e 'n dorus, thachair cailleach bheag, bhrosgulach ris 'na seasamh san dorus. 'Furan 's failte dhuit, a mhic an iasgair 's mi féin a tha toilichte d' fhaicinn; 's mòr an onair do 'n rioghachd so do leithid a thighinn innse; 's urram do 'n bhothan bheag so thu thighinn a stigh; gabh a stigh air thoiseach, onair na h-uaisle, 's leig t' anail;" 's a steach ghabh e; ach a nuair a bha e air ti dol suas, tharruing i an slacan-dhruidheachd air an cùl a chinn, 's air ball thuit e 'n sin. "Air an oidhche so bha bròn ann an caisteal an rìgh agus air an latha màireach bha tuireadh ann an tigh an iasgair. Chunnacas a chraobh a seargadh 's thubhairt mac meadhonach an iasgair, "gu 'n robh a bhràthar marbh," 's thug e bòid is briathar gu falbhadh e s gu 'm biodh fios aige cait' an robh corp a bhràthar na luidhe. Chuir e diollaid air each dubh, 's mharcaich è an déigh a choin duibh (oir bha each dubh 's cù dubh aig triùir mhac an iasgair) agus gun dol a null na nall, lean e air ceum a bhràthair bu sine, gus an dràinig e tigh an rìgh. Bha e so co coltach ri 'bhràthair 's gu 'n d' shaoil le nighean an rìgh gu 'm be duine fein a bh' ann. Dh' fhan e 'n so 'sa chaisteal, 's dh' innis iad dha mar thachair d'a bràthair, agus do chaisteal beag na cailliche dh'fheumadh e 'dol bog na cruaidh mar thachradh, 's do 'n

[TD 95]

chaisteal chaidh e, agus ceart mar a thachair do 'n bhràthair bu sine, anns gach dòigh thachair do 'n mhac mheadhonach, 's le aon bhuille do 'n t-slacan-dhruidheachd, leag a' chailleach e na shìneadh ri' taobh a bhràthar. Air faicinn an darna craobh a' seargadh do mhac òg an iasgair thubhairt e, gu 'n robh a nis a dhithis bhràithrean marbh, agus gu' feumadh fios a bhi aigesan de 'm bàs a thàinig orra. Air muin an eich dhuibh ghabh e, 's lean e 'n cù mar a rinn a bhràthair, agus tigh an rìgh bhualail e mu 'n do stad e. 'Se 'n rìgh bha toilichte fhaicinn, ach do 'n chaisteal dubh (oir 'se so ainm) cha leigadh iad e, ach do 'n chaisteal dh' fheumadh e dol, 's mur sin ràinig e 'n caisteal. "Failte 's furan dhuit féin, a mhic an iasgair, 's mi tha toilichte d' fhaicinn; gabh a steach 's leig t-anail," thuirt ise. "'Stigh romham thu, a chailleach, 's coma leam sodal a muigh." "Rach a steach 's cluinneam do chòmhradh." A' steach, ghabh a chailleach, agus a nuair a bha a cùl ris, tharruing e a chlaidheamh 's spadar a ceann dhi, ach leum an claidheamh as a laimh, 's ghrad rug a chailleach air a ceann le a da làimh, s cuirear air a h-amhaich e mar' bha e roimhe. Leum an cù air a chailllich, 's bhualail i 'm madadh còir leis an t-slacan-dhruidheachd, 's luidh esan an sin, ach cha deach so air mhithapadh do 'n òlach,

's an sàs sa chailllich gabhar e. Fhuair e gréim air an t-shlacan-dhruidheachd, agus le aon bhuille am mullach a cinn bha i ri talamh ann am prioba na sùl. Chaidh e beagan air aghaidh suas, 's faicear a dha bhràthair na 'n luidhe taobh ri taobh. Thug e buille do gach fear dhiubh, leis an t-slacan dhruidheachd 's air an cois bha iad. Ach 's ann so a bha 'n spuill òir 's airgid, 's gach ni bu luachmhoire na chèile ann an caisteal na cailliche. Thàinig iad air an ais do thigh an rìgh, 's ann an sin a bha 'n gàirdeachas. Bha 'n rìgh a fàs seann, agus chaidh mac bhù shine an iasgair a chrùnad 'na rìgh, 's dh' fhan an dithis bhràithrean latha 's bliadhna ann an tigh an rìgh, 's dh' fhalbh an dithis a nis dhachadh le òr 's airgiod na cailliche, 's gach nì rìomhach eile 'thug an rìgh dhoibh; 's mar do shiubhail iad uaидh sin tha iad beo gus an latha 'n diugh.<eng>

HECTOR URQUART.

[Beurla]

[TD 96-104]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 105-117]

V.

CONALL CRA BHUIDHE.

From James Wilson, blind fiddler, Islay.

[Beurla]

[TD 118]

[Beurla]

CONALL CRA-BHUIDHE.

BHA Conall crà-bhuidhe na thuathanach foghainnteach ann an Eirinn. Bha ceathrar mhac aige. Bha anns an am sin rìgh air a-uile còigeamh do dh' Eirinn. Thuit e mach do chlann an rìgh a bha fagus do Chonall gun deach iad féin agus clann Chonaill thar a' chéile. Fhuair clann Chonaill làmh an uachdar, 's mharbh iad mac mòr an rìgh. Chuir an rìgh fios air Conall 's thuirt e ris, "A Chonaill, dé thug do d' mhicsa dol a leum air mo mhicsa gus an do mharbhadh mo mhac mòr le d' chloinnsa? Ach tha mi faicinn ged a leanuinn le dioghaltas thu nach mòr is fheàirde mi e, agus cuiridh mi nis ma d' choinneamh ni, agus ma ni thu e cha lean mi le dioghaltas thu. Ma gheobh thu féin agus do mhic dòmhhsa each donn rìgh Lochlann, gheobh thu anamanna do mhac." "Carson," arsa Conall, "nach déainnsa toil an rìgh ged nach biodh anamanna mo mhac air a sgàth idir. Is cruaidh an gnothach a tha thu 'g iarraidh orm, ach caillidh mi mo bheatha féin agus beatha

mo mhac air neo ni mi toil an rìgh." An déigh nam briathran so dh' fhàg Conall an rìgh 's chaith e dhachaidh. Nur a thàinig e dachaith bha e fo mhòran trioblaid agus duibh-thiamhas. Nur a chaith e laide dh' innis e d'a bhean an ni chuir an rìgh ma choinneamh. Ghabh a' bhean mòran duilichinn gum b' éigin da dealachadh rithe féin, 's gun fhios aice 'm faiceadh i tuillidh e. "A Chonaill," ars' ise, "carson nach do leig thu leis an rìgh a thoil féin a dhèanadh ri

[TD 119]

d' mhic, seach a bhi folbh a nis 's gun fhios'am am faic mi tuillidh thu."

Nur a dh' éiridh iad an la' r na mhàireach chuir e e féin 's a cheithir mic an òrdugh, 's ghabh iad an turas ma thuaiream Lochlann, 's cha d' rinneadh stad leo ach a reubadh cuain gus an d' ràinig iad e. Nur a ràinig iad Lochlann cha robh fios aca de 'dhèanadh iad. Arsa 'n seann duine ra mhic, "Stadadh sibhse agus iarraidh sinn a mach tigh muillear an rìgh." Nur a chaith iad a stigh do thigh muillear an rìgh chuir an duine iad a dh' fhantuinn anns an oidhche. Dh' innis Conall do 'n muillear gun deach a chlann féin 's clann an rìgh thar a cheile 's gun do mharbh a chlannsan mac an rìgh 's nach robh ni sam bith a thoileachadh an rìgh ach e 'dh' fhaotainn each donn rìgh Lochlann. "Ma ni thusa rùn orm 's gun cuir thu air dòigh mi gum faigh mi e, gu diongalta paighidh mi air a shon thu," orsa Conall. "'S amaideach an ni a thàinig thu 'dh' iarraidh," ars' am muillear, "chionn tha 'n rìgh air leagail inntinn air cho mòr 's nach fhaigh thu air dòigh sam bith e mar an goidh thu e; ach ma ni thu féin dòigh a mach ceilidh mise rùn ort." "'S e tha mi smaointeachadh," ars' Conall, "o'n a tha thu 'g obair h-uile latha do 'n rìgh, gun cuireadh thu féin 's do ghillean mi féin 's mo mhic ann an còig saic pruinn." "Cha dona 'n seòl a thàinig a'd' cheann," orsa 'm muillear.

Bhruidhinn am muillear r' a ghillean, 's thuirt e riu so a dheanadh, 's chuir iad ann an còig saic iad. Thàinig gillean an rìgh dh' iarraidh a phruinn, 's thug iad leo na còig saic, 's dhoirt iad air beulthaobh nan each iad. Ghais na seirbheisich an dorusd, 's dh' fholbh iad. Nur a dh' eirich iad a thoirt làmh air an each dhonn, orsa Conall, "Cha dèan sibh sin, tha e doirbh faotainn as a' so; deanamaid dhuinn féin còig tuill fhalaich, air alt 's ma mhòthachas iad duinn gun d' theid sinn am falach." Rinn iad na tuill. Thug iad an sin làmh air an each. Bha 'n t-each gu math uaibhreach, 's chaith e gu stararaich fhuathasach feadh an stàbuill. Mhotaich an rìgh dha; chual e 'n stararaich. "'S éigin gur h-e siod an t-each donn agamsa," urs' e r'a ghillean, "feuchaidh de tha ceàrr air." Chaith na seirbheisich a mach, 's nur a mhotaich Conall 's a mhic daibh tighinn chaith iad 's na tuill fhalaich. Dh' amhairc na seirbheisich feadh nan each, 's cha d' fhuair iad ni sam bith cearr. Thill iad 's dh' innis iad so do 'n rìgh, 's thuirt an rìgh riu, mar an robh stugh cearr iad a dhol d' an aite taimh. Nur a bha ùine aig na gillean a bhith air

[TD 120]

folbh thug Conall 's a mhic an ath lamh air an each. Ma bu mhòr an stararaich a rinn e roimhe, bu sheachd mothà an stararaich a rinn e nis. Chuir an rìgh fios air a ghillean a rìs 's thuirt e gu cinnteach gun robh rudeigin a cur dragh air an each dhonn.

"Folbhaibh agus amhaircibh gu math timchioll air," ors' esan. Chaidh na seirbheisich a mach, 's chaidh iadsan do na tuill fhalaich.

Rùraich na seirbheisich gu math, 's cha d' fhuair iad ni. Thill iad 's dh' innis iad so. "Tha sin iongantach leamsa," ars' an rìgh.

"Theirigeadh sibse 'laidhe rithisd, 's ma mhòthachas mis' a rithisd e, théid mi féin a mach." Nur a mhotaich Conall 's a mhic gun robh na gillean air folbh thug iad lamh a rithisd air an each, 's rug fear ac' air, 's ma bu mhòr an stararaich a rinn an t-each an da shiubhal roimhid, rinn e barrachd air an t-siubhal so. "Bhuan so," urs' an rìgh; "'s éigin gu 'bheil nitheigin a' cur dragh air an each dhonn agamsa." Dh' fhuaim e 'n clag gu deifireach, 's nur a thàinig a theachdaire da 'ionnsuidh thuirt e ris gillean an stàbuill a chur air għluasad, gun robh rudeigin ceàrr air an each. Thainig na gillean, 's dh' fholbh an rìgh leo. Nur a mhotaich Conall 's a mhic an tòir a' tighinn chaidh iad do na tuill fhalaich. Bha 'n rìgh 'na dhuine furachail, 's chunnaic e far an robh na bha toirt air na h-eich a bhi a' deanadh stararaich. "Bithibh tapaidh," urs' an rìgh, "tha daoine a stigh 's an stàbull, 's faigheamaid iad air alteigin." Lean an rìgh faileachd nan daoine, 's fhuair e iad. Bha h-uile duine eòlach air Conall; chionn bha e 'na thuathanach measail aig rìgh Eireann, 's nur a thug an rìgh nìos as na tuill iad thuirt e "U! Chonaill a' bheil thu 'n so?" "Tha, rìgh, mi 'n so gun cheist, 's thug an eigin orm tighinn ann. Tha mi fo d' mhathas agus fo d' onair agus fo d' għras." Dh' innis e mar a thachair da, 's gun robh aige 'n t-each donn r'a fhaotainn do rìgh Eireann no 'mħac a bhi air a chur gu bàs. "Bha fhios 'am nach fhaighinn e le iarraidh, 's bha mi 'dol g' a ghoid." "Seadh, a Chonaill, tha e glé mhath, ach thig a stigh," ars an rìgh. Dh' iarr e air a luchd coimhead faire chur air mic Chonaill, 's biadh a thoirt dhaibh; 's chuireadh faire dhùbailt' an oidhche sin air mic Chonaill. "Nis a Chonaill," ars' an rìgh, "an robh thu 'n àite riabh na bu chruaidhe na 'bhith 'faicinn do chuid mac 'gan crochadh am màireach; ach chuir thusa gum' mhathas agus gum' għras e, 's gur e 'n éigin a thug ort e, 's cha 'n fhaod mi thusa a chrochadh. Innis domh càs 'sam bith 'san robh thu cho cruaidh ris a' so, 's ma dh' innseas thu sin għeobh thu anam do

[TD 121]

mhic is òige leat." "Innsidh mi cas cho cruaidh anns' an robh mi," orsa Conall.

"Bha mi ann am ghill' òg, 's bha mòran fearainn aig m' athair, 's bha pairwisean bhiorach aige, 's bha te dhiu an deigh breith. Thuirt mo mhathair rium a toirt dhachaidh. Dh' fholbh mi agus thug mi leam balachan, agus fhuair sinn a' bhò, 's thug sinn leinn i. Shîl fras shneachda; chaidh sinn a stigh do bħothaq àiridh, 's thug sinn a bhò 's an laogħ a stigh leinn, 's bha sinn a' leigeil dhinn na froise; dè 'thàinig a stigh ach aona chat deug 's cat mor ruagh cam na cheannabhard orra. Nur a thàinig iad a stigh, gu dearbh, cha robh

tlachd sam bith agam féin d' an cuideachd. "Suas sibh," ursa 'n ceannabhard, "carson a bhiodh sibh 'nar tàmh, agus seinnibh crònan do Chonall Crà-bhuidhe." Bha iongantas orm gum' b' aithne do na cait féin m' ainm. Nur a sheinn iad an crònan, urs' an ceannabhard, "Nis, a Chonaill, pàigh duais a' chrònain a sheinn na cait duit." "Mata, ursa mi fein "cha 'n 'eil duais agamsa dhuibh mar an d' théid sibh sios agus an laogh sin a ghabhail." Cha bu luaithe thuirt mi 'm facal na ghabh an da chat deug a sios an dàil an laoigh, 's gu dearbh cha do sheas e fada dhaibh. "Suas sibh, carson a bhiodh sibh 'nar tosd seinnibh crònan do Chonall Crà-bhuidhe," ars an ceannard. Gu diongalta cha robh tlachd 'sam bith agam féin d'an crònan, ach a nios a ghabh an t-aon chat deug, 's mar an do sheinn iad dòmhsa crònan an sin agus an sin.

"Paigh a nis 'nan duais iad," ars an cat mor ruadh. "Tha mi féin sgith dhibh féin 's de 'r duais," arsa mise, "cha 'n 'eil duais agamsa dhuibh mar an gabh sibh am mart sin shios." Thug iad thun a mhairt, 's gu dearbh cha do sheas i fada dhaibh. "Carson a bhios sibh 'nur tosd theirigibh suas agus seinnibh crònan do Chonall Crà-bhuidhe," ars an ceannard. Gu cinnteach a rìgh cha robh amhuil agam dhaibh féin no d' an crònan, chionn bha mi faicinn nach bu chompanaich mhath iad. Nur a sheinn iad dòmhsa 'n crònan thug iad a sìos orra far an robh an ceannard. "Pàidh a nis an duais," urs' an ceannabhard, "'s gu cinnteach a rìgh cha robh duais agamsa dhaibh, 's thuirt mi riu, "cha 'n 'eil duais agamsa dhuibh mar an d' thoir sibh am balach sin leibh, 's feum a dhèanadh dheth." Nur a chual am balach so thug e 'mach air, 's thug na cait as a dheigh; 's gu cinnteach a rìgh bha striongan eatorra. Nur a chaidh iad a mach ghabh mise mach air uinneag sgroth a bha air taobh cùil an tighe. Thug mi as cho

[TD 122]

cruaidh 's a dh' fhaodainn a stigh do 'n choille. Bha mi gle luath, làidir 'san am sin. Agus nur a mhottaich mi toirm nan cat a' m' dhéigh streap mi ann an craoibh cho àrd 's a chunnaic mi 'san àite agus a bha dùmhalla anns a bhàrr, s' dh' fhalaich mi mi féin cho math 's a dh' fhaodainn. Thòisich na cait air m'iarraidh feadh na coille, 's cha robh iad 'gam' fhaotainn, agus nur a bha iad sgith thuirt gach fear r'a chéile gun tilleadh iad, ach thuirt am cat cam, ruadh a bha 'n cheannabhard orra, "Cha 'n fhaca sibhs' e le 'ur da shùil, 's gun agams' ach an aon sùil. Siod an slughtire shuas am bàrr na craoibhe!" Nur a thuirt e sin chaidh fear dhiu suas 'sa chraoibh, 's nur a bha e tigh'n far an robh mi tharruinn mi arm a bh' agam, agus mharbh mi e. "Bhuam so," urs' am fear cam, "cha 'n' fhaod mise 'bhi call mo chuideachd mur so. Cruinnichibh ma bhun na craoibhe, agus cladhachaibh timchioll urra, agus leagaibh an nuas an rògaire gu talamh." Chruinnich iad an so timchioll urra, agus chladhaich iad ma 'bun, agus a chiad fhreumh a gheàrr iad thug i uileann urra gu tuiteam, 's thug mi féin glaodh asam 's cha b-ioghnadh e. Bha ann an iomall na coille sagairt agus deich daoin' aig a ruamhar, 's thuirt e. "Tha n' siod glaodh sòraichte cha n' fhaod mise gun a fhreagairt." Thuirt fear a bu ghlice de na daoine, "Leigeamaid dà gus an cluinn sin a rithisd e." Thòisich na cait 's

thòisich iad gu fiadhaich, 's bhrisd iad an ath fhreumh, 's thug mi féin an ath ghlaodh asam, 's gu dearbh cha robhe e fann. "Gu cinnteach," ors' an sagairt, "'s duine 'na éigin a th'ann; gluaisemaid." Bha iad a' cuir an òrdugh gu gluasad, 's dh' éiridh na cait air a craoibh gus an do bhrisd iad an treas freumhach, 's thuit a craobh air a h-uileann. Thug mi 'n treas glaodh asam. Dheifirich na daoine foghainteach, 's nur a chunnaic iad an diol a bh' aig na cait air a chraoibh; thòisich iad urra leis na spàdan, 's thòisich iad féin 's na cait air a cheile, gus an do mharbhadh gu léir iad, na daoin' agus na cait; agus gu cinnteach a rìgh cha do charaich mise gus am faca mi 'n t-aon ma dheireadh a' tuiteam diu. Thainig mi dachaidh, agus sin agad an cas an cruaidhe 'n robh mise riabh, 's air leam gum bu chruaidhe 'bhith gam' leòbadh aig na cait na bhith 'ga m' chrochadh aig rìgh Lochlann a màireach."

"Od a Chonaill," ars an rìgh, "'s briatharach thu; shaor thu anam do mhic le d' naigheachd, agus ma dh' innseas thu dhomh càs is cruaidhe na do thri mic a bhi 'gan crochadh a màireach gheobh thu do dharna mac is òige leat 's bidh an sin da mhac

[TD 123]

agad." "Mata," orsa Conall, air chùmhnant gun dèan thu sin, bha mi 'n cas a bu chruaidhe na 'bhi' agadsa 'nochd am prìosan.' "Cluinneam e," urs' an rìgh. "Bha mi 'n siod," orsa Connall, "am ghill' òg 's chaidh mi mach a shealgaireachd, 's bha crìoch m' athar taobh na fairge, 's bha i garbh le creagan, uamhachan, agus geothachan. Nur a bha mi folbh aig bràigh a' cladaich chunnaic mi mar gum biodh toit a' tighinn a nìos eadar da chreag, 's thug mi làmh air amharc de bu chiall do'n toit a bhi tighinn a nìos an siod. Nur a bha mi 'g amharc dé rinn mi ach tuiteam sìos, 's bha 'n t-àite cho làn do leasachadh 's nach do bhrisdeadh cnàimh na craicionn. Cha robh fios'am dé mur a gheobhainn a mach as an so. Cha robh mi 'g amharc romham ach bha mi 'g amharc as mo chionn an rathad a thàinig mi, 's cha d' thig an lath' a gheobhainn suas an sin. Bha e uamhasach leam a bhi 'n sin gus am bàsachainn. Chuala mi tuairneileis mhòr a' tighinn, 's de bha 'n sin ach famhair mòr, 's da dhusan gobhar leis, agus poc air an ceann, 's nur a cheangail am famhair na gobhair thainig e nìos 's thuirt e rium, "Haobh a Chonaill 's fhada mo chorc a' meirgeadh ann a' m' phòca a feitheamh air t-fheòil mhaoth." "Oh," arsa mise, "cha mhòr is fheàird thu mise ged a reubas thu mi as a' chéile, cha dean mi ach aon trath dhuit; ach tha mi faicinn gu 'bheil thu air aon sùil, 's léigh math mise 's bheir mi sealladh na shùil eile dhuit." Dh' fholbh am famhair 's tharrainn e 'm brothadair mor air làrach a ghealbhain, 's bha mi féin aig ionnsachadh dha démur a theòigheadh e 'n t-uisge, chum gun d' thugainn a sealladh do 'n t-suil eile. Fhuair mi fraoch, 's rinn mi rubair dheth 's chuir mi 'na sheasamh anns a' brothadair e. Thòisich mi air an t-sùil a bha gu math, a' cur mar fhiachaibh air gun d' thugainn a sealladh do 'n te eile gus an d' fhag mi cho dona r'a chèil' iad; agus gu cinnteach b' phasa 'n te a bha gu math a mhilleadh na sealladh a thoirt do 'n te eile. Nur a chunnaic e nach bu leur dha leus, 's a thuirt mi féin ris gum faighinn a mach gun taing dha, thug e 'n leum sin as an uisge 's sheas e ann am beul na

h-uamha, 's thuirt e gum biodh dioghladh aig airson sealladh a shuil. Cha robh agam ach fantainn ann am pilleag an sin fad na h-oidhche, 'cumail m' anail a stigh air dhòigh 's nach mòthchadh e càit' an robh mi. Nur a mhothaich e na h-eòin a' gairm anns a mhaidinn, 's a dh' aithnich e gun robh an lath' ann, thuirt e, "Bheil thu 'd chadal, dùisg agus leig a mach mo chuid ghobhar." Mharbh mi 'm boc. Ghlaoidh esan, "Cha chreid mi nach 'eil thu marbhadh mo bhuic." "Cha n'

[TD 124]

eil," orsa mise, "ach tha na ròpaichean cho teann 's gun d' thoir mi fad' air am fuasgladh. Leig mi mach te de na gobhair, 's bha e ga crìodachadh, 's thuirt e rithe. "Tha thus' an sin a ghobhar, bhàin, riobagach, roineach, 's chi thusa mise, ach cha 'n fhaic mis' thusa." Bha mi 'gan cuir a mach a lòn té 's té 's a feannadh a bhuic 's ma'n robh 'n te ma dheireadh dhiu 'mach bha feannadh-builing agam air. Dh' fholbh mi 'n so 's chuir mi mo chasan ann an àite 'chasan-deiridh 's mo làmhan an àite 'chasan-toisich, agus mo cheann an àite 'chinn, 's na h-adhaircean air mullach mo chinn, air alt 's gun saoileadh a bhéisd gur e 'm boc a bh' ann. Chaidh mi 'mach. Nur a bha mi 'dol a mach chuir am famhair a làmh orm, 's thuirt e, "Tha thus' an sin a bhuic bhòidhich, chi thusa mise ach cha 'n fhaic mis' thusa." Nur a fhuair mi féin a mach, 's a chunnaic mi 'n saoghal ma 'n cuairt orm, gu cinnteach a righ bha boch orm. Nur a bha mi mach, 's a chrath mi dhiom an craicionn, thuirt mi ris a bhèisd, "Tha mi mach a nis gun taing duit." "Aha," urs' esan, "an d'rinn thu so orm? O 'n a bha thu cho foghainteach 's gun d' fhuair thu mach, bheir mi dhuit fàinn' a th' agam an so, 's gléidh am fàinne 's ni e feum dhuit." "Cha ghabh mi 'm fàinne uait," arsa mise, "ach tilg e, 's bheir mi leam e." Thilg e 'm fàinn' air a bhlàr, chaidh mi fein 's thog mi 'm fàinne, 's chuir mi air mo mheur e. Nur a thuirt e rium an sin, "A' bheil am fàinne freagairt duit?" thuirt mi ris, "Tha." Urs' esan, "Ca' 'bheil thu fhàinne?" 's thuirt am fàinne. "Tha mi 'n so." Dh' fholbh a' bhèisd 's thug e ionnsuidh air far an robh 'm fàinne bruidhinn, agus chunnaic mi 'n so gun robh mi 'n càs na bu chruaidhe na bha mi riabh. Tharruinn mi biodag; ghearr mi dhiom a' mheur; 's thilg mi uam i cho fhada 's a b' urrainn mi' mach air an loch, 's bha dòimhneachd mhòr 's an àite. Ghlaoidh esan, "Càit' a' bheil thu fhàinne? 's thuirt am fàinne, "Tha mi 'n so," ged a bha e 'n grunnad a chuain. Thug e leum as déigh an fhàinne, 's a mach a ghabh e anns an fhairge 's bha mi cho toilichte an so nur a chunnaic mi e 'ga bhathadh, 's ged a leigeadh thusa mo bheatha fein agus beatha mo mhac leam gun mìr dragh a chuir orm. Nur a bhàthadh am famhair chaidh mi stigh 's thug mi leam na bh' aige 'dh' òr 's do dh' airgiad, 's chaidh mi dhachaидh, 's gu cinnteach bha tolinntinn mhòr air mo mhuinntir nur a riàníg mi 's mar chomharra dhuit fhaic thu 'mheur dhiom.

"Seadh a Chonaill 's briathrach seòlt' thu," ars an righ, "tha mi faicinn do mheur dhiot. Shaor thu do dha mhac a nis ach innis

[TD 125]

domh càs is cruaidhe an robh thu riabh na bhi'g amharc air do dha mhac 'gan crochadh a màireach 's gheobh thu anam do dharna mic is sine leat."

"Dh' fholbh an siod m' athair," arsa Conall, "agus fhuair e dhomh bean, 's bha mi air mo phòsad. Dh' fholbh mi shealg. Bha mi folbh taobh na fairge 's chunnaic mi eilean thall am meadhon an loch, agus thainig mi far an robh bàta an sin, 's ropa roimpe 's ropa na deigh, 's mòran do nithean luachmhòr an taobh a stigh dhi. Dh' amhairc mi féin air a bhàta feuch dùmura a gheobhainn pait diu. Chuir mi stigh an darna cas 's bha 'chas eile air a ghrunnd, 's nur a thog mi mo cheann de ach a bha 'm bàta nunn am meadhon an loch, 's cha do stad i gus an d' ràinig i 'n t-eilean. Nur a chaidh mi mach as a bhàta thill am bàta far an robh i roimhid. Cha robh fiosam an so de' dhèanainn. Bha 'n t-àite gun bhiadh, gun aodach, gun choltas tighe air. Thog mi mach àir mullach cnoic. Thàinig mi gu gleann. Chunnaic mi ann an grunn glomhais bean agus leanabh aice, 's an leanabh ruisgt' air a glùinean, agus sgian aice 'na làimh. Bheireadh i làmh air an sgian a chuir air muineal an lèinibh, 's thòiseachadh an leanabh air gaireachdaich na h-aodann, 's thòiseachadh ise air caoineadh, 's thilgeadh i 'n sgian air a h-ais. Smaointich mi féin gun robh mi fagus do m' naimhdean 's fad o m' chairdean, 's ghlaoidh mi ris a bhoireannach. "De' tha thu 'deanadh an so?" 's thuirt i rium, "De thug thus' an so?" Dh' innis mi féin di facal air an fhacal mar a thàinig mi. "Mata," ors' ise, "'s ann mar sin a thainig mise cuideachd." Sheòl i mi gus an àite 'n d' thiginn a stigh far an robh i. Chaidh mi stigh, 's thuirt mi rithe, "De bu choireach thu bhi' cur na sgian air muineal a phàisde?" "Tha gu 'feum mi e 'bhi bruich airson an fhamhair a tha 'n so, air no cha bhi tuillidh do m' shaoghal romham." Chaidh mi suas ceumanna staighreach, 's chunnaic mi seòmar làn do chuirp rùisgte. Thug mi plaibeans as a chorp a bu ghile, agus cheangail mi sreang ri cas a phaisde 's streang ris a phlaibeans, 's chuir mi 'm plaibeans 'na bheul, 's nur a bhiodh e' dol 'na muineal bheireadh e sìneadh air a chois, 's bheireadh e as a muineal e, ach leis an fhad a bha 's an t-snàthainn cha b-urrainn e thoirt as a bheul. Thilg mi 'm páisd' ann am baraille clòimhe, 's dh' iarr mi urra 'n corp a bhruich do 'n fhamhair an àite' phàisde. "Demur is urrainn mi sin a dheanadh," ars' ise, "'s gu bheil cunndas aig air na cuirp?" "Dean thusa mar a tha mise 'g iarraighe ort, 's rùisgidh mise mi féin, 's theid mi 'measg nan corp, 's bidh an cunndas aig an sin," ursa mise. Rinn

[TD 126]

i mar a dh' iarr mi urra. Chuir sin an corp anns a bhrothadair mhòr, ach chu b-urrainn duinn am brod a chur air. Nur a bha esan a tigh'n dachaидh rùisg mise mi fein 's chaidh mi measg nan corp. Thàinig esan dachaيدh, 's chuir ise 'n corp air mias mhòr, 's nur a dh' ith e e bha e a' gearan gun robh e tuillidh is righinn leis do phàisde. "Rinn mise mar a dh' iarr thu," urs' ise, "bha cunndas agad féin air na cuirp, 's theirig suas a nis agus cunnd iad." Chunnd e iad 's bha iad aige. "Tha mi 'faicinn fear corp geal an siod," urs' esan "'s théid mi 'laidhe treis, 's bidh e agam nur a dhùisgeas mi." Nur a dh' éiridh e chaidh e suas 's rug e orm, 's cha robh mi na leithid

do chàs riamh, 's nur a bha e 'gam shlaodhadh sios an staighir 's mo cheann as mo dhéigh. Thilg e anns a' choire mi. Thog e 'm brod, 's chuir e 'm brod anns a choire. Bha mi 'n so cinnteach gum bithinn sàglte ma 'm faighinn as an siod. Mar bhuaidh fhortain dòmhsha chaidil a bhéisd taobh a choire. Bha mi 'n sin 'gam sgaltadh le mäs a' choire. Nur a mhòthaich ise gun robh e 'na chadal chuir i 'beul gu réidh ris an toll a bha 's a' bhrod, 's thuirt i rium an robh mi beò. Thuirt mi gun robh. Chuir mi suas mo cheann, 's bha corrag na beisde cho mòr 's gun deach mo cheann roimhe gu soirbh. Bha h-uile ni tigh'n leam gu soirbh gus an do thòisich mi air toirt a nios mo chruchan. Dh' fhàg mi craicionn nan cruachan ma bheul an tuill, 's thàinig mi as. Nur a fhuair mi 'mach as a choire cha robh fhios'am de' dhèanainn, 's thuirt ise rium nach robh arm sam bith a mharbhadh e ach arm féin. Thòisich mi air tarruinn na sleagh, 's a' h-uile tarruinn a bheireadh e air anail shaoilinn gum bithinn sios 'na muineal, 's nur a chuireadh e 'mach anail bha mi cho fad'a rithisd air m' ais. H-uile h-olc g' an d' fhuaireadh mi fhuair mi n t-sleagh fhuasgladh uaidh. Bha mi 'n sin mar gum bithinn fo ultach cònlaich ann an gaoith mhòr, 's nach b-urrainn mi 'n t-sleagh iomachar, 's b-oillteil a bhi 'g amharc air a bhèisd, 's gun ach aon sùil an clàr aodainn, 's cha b-aobhach do m' leithidsa dol 'na dhàil. Tharruinn mi 'n t-sleagh mar a b'fheàrr a b'urrainn mi, 's chuir mi 'na shùil i. Nur a mhòthaich e so thug e togail air a cheann, 's bhuaile ceann eile na sleagh ri driom na h-uamha, 's chaidh i roimhe gu cùl a chinn, 's thuit e fuar, marbh far an robh e, 's gu cinnteach dhuitse a righ bha boch ormsa. Chaidh mi fein 's am boireannach a mach air fearann glan, 's chuir sin seachad an oidhche an sin. Dh' fholbh agus fhuair mi m bàta leis an d'

[TD 127]

thàinig mi, agus cha robh iodramanachd sam bith urra, 's thug mi 'bhean agus am pàisde nunn air talamh tioram, agus thill mi dhachaидh."

Bha mathair an rìgh a' cur air gealbhan 'san am, 's ag éisdeachd ri Conall aig innseadh an naigheachd ma 'n phàisde. "An tus," urs' ise "bha 'sin." "Mata," urs esan, "'s mi." "Och! och!" ors' ise, "'s mise 'bha 'n sin, agus 's e 'n rìgh am pàisde d'an do shàbhail thu 'bheatha, agus 's ann ort a dh' fhaodar buidheachas a bheatha thobhairt." Ghabh iad an so toilinntinn mhòr. Urs' an rìgh, "A Chonaill thàinig thu ro chàsan mór agus 's leat a nis an t-each donn, agus a shachd do na nitheannan is luachmhoire 'th' ann a'm' ionmhas." Chaidh iad a laidhe 'n oidhche, sin 's ma bu mhoch a dh' éiridh Conall bu mhoiche na sin a bha bhanrigh air a cois a 'dheanadh deas. Fhuair e an t-each donn, 's a shachd do dh' òr, 's do dh' airgirod, 's do chlacha luachmhor, 's dh' fholbh an sin Conall 's a cheathrar mac, 's thill iad dachaïdh do rioghachd aighearach Eirinn. Dh' fhàg e 'n t-òr 's an t-airgirod aig an tigh, 's chaidh e leis an each thun an rìgh. Chord a féin 's an rìgh, 's bha iad 'nan càirdean matha tuillidh. Thill e dhachaïdh thun a mhnatha 's chuir iad an òrdugh cuirm, 's b'i chuirm i a mhic 's a bhràthair.<eng>

[TD 128-138]

VI.

THE TALE OF CONAL CROVI.

From Neill Gillies, fisherman, near Inverary.

[Beurla]

[TD 139]

[Beurla]

<gai>SGEULACHD CHONAIL CHROBHIE.

BHA rìgh air Sasunn aon uair, agus bha triùir mhac aige, 's chaidh iad do 'n Fhraing a dh' fhaotainn ionnsachadh, agus an uair a thill iad dhachaidh, thuirt iad ri 'n athair gun rachadh iad a shealltainn de 'n riaghailt a bha san riòghachd o n' a dh' fhalbh iad, agus b'e a cheud àite do 'n deach iad do thigh fear do thuathanaich an rìgh do 'm b' ainn Conal Cròbhi. Bha gach ni 'b 'fhearr na chéile aig Conal Cròbhi a feitheamh orra, biadh dheth gach biadh, 's deoch dheth gach deoch. 'Nuair a bha iad subhach 'sa thàinig am dhoibh dol a luidhe, thuirt mac mòr an rìgh, "'Se so an riaghailt a th' againne bho thàinig sinn dhachaidh, gu 'm bi mise le bean an tighe nochd, agus mo bhràthair meadhonach leis an t-searbhanta, 's mo bhràthair òg le nighean fir an tighe." Ach cha do thaitinn so idir ri Conal Cròbhi, 's thubhairt e, "Mu 'n nighean 's mu'n t-searbhanta cha 'n abair mi mòran, ach cha 'n-eil mi toilichte dealachadh ri m' bhean, ach théid mise mach agus feòraichidh mi dhiubh fhéin mu thimchioll na cùise so;" agus a mach ghabh e, 's ghlais e 'n dorus na dhéigh 's dh' iarr e air a ghille na tri eich a b' fheàrr a bha anns an stàbull a bhi deas gun dàil. Chaidh e féin 's a' bhean air fear, 's a ghille 's a nighean air fear eile, a mhac 's an searbhanta air an treas each, 's dh' fhalbh iad far an robh an rìgh, a dh' innseadh am masladh a thug a chuid mac dhoibh. Bha gille furachail an rìgh ag amharc a mach co a chitheadh e tighinn. Ghlaodh e gun robh e 'faicinn triùir mharcaille dùbailte a' tighinn. Thuirt an rìgh, "Ha! hath! so Conal Cròbhi a' tighinn, 's mo thriùir mhacsa fo chìs aige, ach ma tha iadsan, cha bhi mise." 'Nuair a thàinig Conal Cròbhi, cha d' thugadh an rìgh éisdeachd dha. Thuirt Conal Cròbhi an sin, 'nuair nach d' fhuair e freagairt, "Ni mise do riòghachd na 's miosa na tha i," 's dh' fhalbh e s' dh' fhàg e e, 's thòisich e air robaireachd 's air togail chreach.

Thuirt an rìgh, gu'n d' thugadh e duais air bith do dhuine a

[TD 140]

gheibhadh a mach an t-àite anns an robh Conal Cròbhi a' gabhail còmhnuidh. Thuirt marcach gemeartach\* an rìgh, na 'm faigheadh esan latha 's bliadhna, gu 'm faigheadh esan a mach far an robh e. Thug e mar so latha 's bliadhna, ga 'iarraidh, ach ma thug, cha 'n fhac e sealladh do Chonal Cròbhi. Air an rathad dhachaidh, shuidh e air

maolan bòidheach buidhe 's chunnaic e caol smuid ann am meadhom na Coille ùbhlaidh. Bha gille furachail aig Conal Cròbhi a' sealltainn co 'chitheadh e 'tighinn. Chaidh e stigh, 's thuirt e gun robh e 'faicinn coslas a mharcaich ghemeartaich a' tighinn. "Tha, tha," thuirt Conal Cròbhi, "tha 'n duine bochd air a chuir air falbh air fògradh mar chaidh mi féin." Bha a làmhan sgaoilte aig Conal Cròbhi a' feitheamh air, 's fhuair e rogha biadh 's deocha, 's burn blath d'a chasan, 's leaba bhog d'a leasan, Cha robh e ach goirid 'na luidhe 'nuair a ghlaodh Conal Cròbhi, "Am bheil thu 'd chadal, a mharcaich' ghemeartaich?" "Cha n'eil," thuirt esan. 'N ceann tacain a rithist, ghlaodh e, "M bheil thu 'n ad' chadal." Thuirt e, nach robh. Ghlaodh e 'rithist an treas uair, ach cha robh freagradh ann. Ghlaodh Conal Cròbhi an so, "Air bhur bonn na tha stigh; cha 'n am crùban a th' ann, bithidh an tòir oirnn an ceartair." Bha 'm fear faire aig Conal Cròbhi a glaodhaich gun robh e 'faicinn triùir mhac an rìgh a' tighinn le cuideachd mhòr maille riu." Cha robh do dh' airm aig' ach claidheamh meirgeach dubh. Thòisich Conal Cròbhi orra, 's cha d' fhag e duine beò, ach triùir mhac an rìgh. Cheangail e triùir mhac an rìgh an sin 's thug e stigh iad. Chuir e ceangal nan tri chaoil orra gu daor 's gu docair, 's thilg e ann an cùil na mòn' iad, 's thuirt e ri 'bhean biadh a dhèanamh gu luath, gu 'n robh e 'dol a dhèanamh obair nach d' rinn e riamh roimhe a leithid. "Gu dé sin a dhuine?" thuirt ise. "Dol a thoirt nan ceann do thriùir mhac an rìgh." Thug e nìos am fear mòr, 's chuir e 'cheann air an ealaig 's thog e 'n tuadh. "Na deàn! na deàn," thuirt esan, "'s gabhaidh mi leat fhéin an còir 's an eucoir gu bràth." Thug e nìos an sin am fear meadhonach; chuir e cheann air an ealaig, 's thog e 'n tuadh. "Na deàn! Na deàn!" thuirt esan, "'s gabhaidh mi leat fhéin an còir 's an eucoir gu bràth." Thug e nìos an sin am

\* Gemearach, <eng>swift (not in dictionaries); probably from<gai> CEUM, <eng>a pace.<gai>

[TD 141]

fear òg, 's rinn e 'leithid eile air. "Na deàn! Na deàn!" thuirt esan, "'s gabhaidh mi leat an coir 's an eucoir gu bràth." Dh' fhalbh e fhéin an sin 's triùir mhac an rìgh far an robh an rìgh. Bha gillean furachail an rìgh a' sealltainn a mach, cuin a chitheadh iad a' tighinn a chudeachd le ceann Chonail Chròbhi. Ghlaodh fear amach, gun robh e 'faicinn coslas triùir mhac an rìgh a' tighinn, 's Conal Cròbhi air an toiseach. "Ha! ha!" thuirt an rìgh, "tha Conal Cròbhi a' tighinn 's mo thriùir mhac aige fo chìs, ach ma tha iadsan, cha bhi mise." Cha d'thugadh e freagradh do Chonail Cròbhi, ach gu 'm bitheadh e air a chrochadh air croich air moch maduinn an latha màireach. Nis chaidh a chroich a chuir suas, 's bha Conal Cròbhi gu bhi air a chrochadh; ach ghlaodh mac mòr an rìgh, "Théid mise na àite." Ghlaodh mac meadhonach an rìgh, "Théid mise na àite." Ghlaodh mac og an rìgh, "Théid mise na àite." Ghabh an rìgh miòthlachd an so ri 'chuid mac. Thuirt Conal Cròbhi an sin, "Ni sinn long mhòr agus théid sinn a ghoid nan tri òigeach bhlàra, dhubha a tha aig rìgh Eirinn, 's ni sinn rioghachd Shasuinn co beartach sa bha i riamh.

'Nuair a bha 'n long deas, chaidh a toiseach ri muir 's a deireadh ri tir, 's thog iad na siùil bhreaca, bhaidealach ri aghaidh nan crann fada, fulannach, 's cha robh crann gun lùbadh na seòl gun reubadh, 's bha faochagan ruadh a chladaich a glagadaich air a h- urlar. Ràinig iad pàileas rìgh Eirinn; chaidh iad a stigh do 'n stàbull, ach a nuair a chuireadh Conal Cròbhi a làmh air na h- òigeich bhlàra, dhubha, leigeadh na h-òigeich sgreuch asda. Ghlaodh rìgh Eirinn, "Bithibh a mach, fhearaibh, tha cuideigin a cur dragh air na h-òigeich." Chaidh iad a mach, 's dh' fheuch iad shìos as shuas ach cha n' fhac iad duine. Bha seann togsaid an ceann shìos an stàbuill, agus bha Conal Cròbhi 's triùir mhac an rìgh 'gam folach fhéin 's an togsaid. 'Nuair a chaidh iadsan a mach, chuir Conal a làmh air an òigeach, ach leig an t-òigeach sgreuch as. Rinn iad so tri uairean, agus air an treas tròmh, thuirt fear do na bha sa chuideachd, nach do sheall iad san togsaid. Sheall iad an sin 's fhuair iad triùir mhac an rìgh agus Conal anns an togsaid. Chaidh an tabhairt a stigh a dh' ionnsaidh an rìgh. "Ha! ha! a bhéist liath," thuirt an rìgh, "'s iomadh cron a rinn thu, mu 'n do smaoinich thu tighinn a ghoid nan òigeach dhubh agamsa." Chaidh ceangal nan tri chaoil gu daor 's gu docair a chur air Conal Cròbhi, 's thilgeadh an cùil na moine e, 's chaidh triùir

[TD 142]

mhac an rìgh a thoirt an àird staiddhir. 'Nuair a lìon na fir a bha gu h-àrd iad féin làn do bhiadh, 's do dheoch, 's ann a smaoinich an rìgh fios a chur a nìos air Conal Cròbhi, a dh' innseadh sgeulachd. Cha bu ruith do mhac mòr an rìgh ach leum sios, g'a iarraidh. Thuirt an rìgh, "Thig a nìos an so, a bhéist liath, 's innis dhuinn sgeulachd." "Innsidh mi sin," thuirt esan, "ma gheibh mi fiach innseadh, 's cha 'n e mo cheann fhéin na ceann aon do 'n chuideachd." "Gheibh thu sin," thuirt an rìgh. "Tosd! thall an sin, 's éisdibh ri sgeulachd Chonail Chrobhi," thuirt an rìgh! "'Nam' ghill' òg, bha mi 'g iasgach latha aig taobh aibhne, 's thàinig long mhòr seachad orm; thuirt iad rium 'an gabhainn a' m' philot gu dhol an Ròimh; thuirt mi gu 'n dèanainn e, agus na h-ul' aite, do 'n ruigeamaid, dh' fheòraicheadh iad, am b'e siud an Ròimh? 's theirinn-sa nach b'i, 's cha robh fios agam, c'ait' air an t-saoghal mhòr an robh an Ròimh. Thàinig sinn mu dheireadh gu h-eilean a bha 'n sin. Chaidh sinn air tir agus chaidh mise a ghabhail sràid feedh an eilean, agus dur a thill mi air m' ais, bha 'n long air falbh. Bha mi 'n sin air m' fhàgail leam fhéin, 's cha robh fios agam de a dhèanainn. Bha mi 'dol seachad air tigh a bha 'n sin, 's chunnaic mi bean ri caoineadh. Dh' fheòraich mi dhi de 'm bròn a bha orra? Thuirt i rium 'gu 'n do bhàsaich ban-oighre an eilean so bho cheann sèa seachduinnean agus gu 'n robh i ri 'tiòdhlacadh an latha so. Bha iad a' cruinneachadh gus an tiòdhlacadh, 's bha mise 'nam measg, 's 'nuair a chuir iad sios anns an uaigh i, chuir iad poc' òir fuidh 'ceann, 's poc' airgid fuidh casan. Thuirt mise rium fhéim, gu 'm b'fheàrr sud agam fhéin, nach robh e gu feum sam bith dh' ise. 'Nuair a thàinig an oidhche thill mi air m' ais gus an uaigh. An uair a chladhaich mi 'n uaigh, 's a bha mi tighinn a nìos leis an òr 's leis an airgiod, rug mi air a chlach a bha air beul na h-uaighe.

Thuit a chlach a nuas, 's bha mise còmhlaigh ris a chailleach mharbh an sin. Air do làimhsa, a rìgh Eirinn, 's air mo làimh-sa, ge saor e, mur robh mi ni bu chruaidh còmhlaigh ris a chailllich na tha mi 'n so fo t'iochd-sa, 's dùil ri dol as agam." "Ha! Ha! a bhéist liath, thàinig thu as an sin, ach cha téid thu as an so." "Thoir dhomh a nis fiach m' ursgeul," arsa Conal. "Gu de sin," thuirt an rìgh. "Tha mac mòr rìgh Shasuinn, agus nighean mhòr rìgh Eirinn a bhi air am pòsadh ri 'chéile, agus fear do na h-òigeich bhlàra, dhubha na thocharadh." "Gheibh thu sin, thuirt an rìgh." Chaidh beireachd air Conal

[TD 143]

Cròbhi, 's ceangal nan tri chaoil a chuir air gu daor 's gu docair, 's a thilgeil an cùil na moine, 's chaidh banais fichead oidhche 's fichead latha a dhèanamh do 'n chàraid òg. 'Nuair a bha iad sgith an sin ag itheadh 's ag òl, thuirt an rìgh, gu 'm b' fheàrr fios a chuir air a bhéist liath, 's gu 'n innseadh é gu de mar fhuair é as an uagh. Cha bu ruith ach leum le mac meadhonach an rìgh gu dol g'a iaraidh. Bha e cinnteach gu 'faigheadh e pòsadh dha fhéin, mar fhuair e d'a bhràthair. Chaidh e sìos 's thug e nìos e. Thuirt an rìgh, "Thig a nìos 's innis dhuinn cionnas a fhuair thu as an uaigh." "Innsidh mi sin," thuirt Conal Crobhi, "ma gheibh mi fiach innseadh, 's cha 'n e mo cheann féin, na ceann h-aon a tha sa chuideachd." "Gheibh thu sin," thuirt an rìgh.

Bha mise an sin gus an latha. Thàinig bràthair na ban-oighre dhachaidh, 's dh' fheumadh e sealadh d'a phiuthar fhaicinn agus dar a bha iad a cladhach na h-uaighe, ghlaodh mise, "O, beir air làimh orm!" 'S am fear nach fanadh ri 'bhogha cha 'n fhanadh ri 'chlaidheamh, 's iad a glaodhaich gu 'n robh am fear bu mhiosa an siud, 's bha mise cho luath ri h-aon aca fhéin. Bha mi 'n sin air feadh an eilean gu 'n fhios dé 'n taobh a rachainn. Thàinig mi 'n sin tarsuinn air triùir ghillean òga, 's iad a cuir chrann.

Dh' fheòraich mi dhiubh, de a bha iad a dèanamh mar siud. Thuirt iad de mo ghnothuchsa de bha iad a dèanamh. "Hud! Hud!" arsa mi fhéin, "innsidh sibh dhomh dé tha sibh a dèanamh." "Mata," thuirt iadsan, "thug famhair mòr air falbh ar piuthar 's tha sin a cuir chrann feuch co againn a théid sìos do 'n toll so g'a h-iarraidh." Chuir mise crann leo 's cha robh ann ach gu'n d' thàinig an crann orm fhéin gu dol sìos g' a h-iarraidh. Leig iad sìos mi ann an cliabh. Bha an sin an aon bhoirionnach bu bhòidhche a chunnaic mi riabh, 's i tochras snàth òir far eachan airgid. "O!" thuirt, ise rium, fhéin, "de mar thàinig thusa an so?" "Thàinig mise a nuas gu d' iarraidh; tha do thriùir bhràithrean a feitheamh ort aig beul an tuill, agus cuiridh sibh a nuas an cliabh am màireach gu m' iarraidh-sa. Ma bhitheas mi beò 's maith, 's mar bi cha 'n 'eil atharrach air." Cha robh mi ach goirid an sin a nuair a chuala mi stairum 's stararaich a tighinn aig an fhamhair. Cha robh fios agam càite an rachainn am falach; ach chunnaic mi dùn òir 's airgid an taobh thall uamh an fhamhair. Smaoinich mi nach robh àite air bith a b' fheàrr dhomh dol am folach na 'measg an òir. Thàinig am famhair a stigh, 's cailleach mharbh slaodadh ris

[TD 144]

gach barrall bròig' aige. Sheall e shìos 's sheall e shuas, 's dar nach fac e is' air thoisearch air, leig e burrall mòr caoinidh as. Thug e dathadh air na cailleachan roimh 'n ghealbhan 's dh' ith e iad. Cha robh fhios aig an fhamhair an so de 'n rud a b' fheàrr a chumadh fhadal deth, ach smaointich e gu 'n rachadh e a chunntas a chuid òir a's airgid. Cha robh e ach goirid an sin 'nuair a chuir e làmh air mo cheann fhéin. "A bhéist!" thuirt am famhair, "'s ioma droch rud a rinn thu riamh mu 'n do smaoinich thu tighinn an so a thoirt air falbh a' bhoirinnach bhòidheach a bh' agam-sa. Cha 'n 'eil feum agamsa ort an nochd, ach 's tu ghlanas m' fhiacalan moch am màireach." Bha a bhéist sgìth 's chaidil e 'n déigh na cailllich itheadh. Chunnaic mi bior mòr feòla ri taobh a ghealbhain. Chuir mi 'n teis-meadhoin an teine am bior iaruinn, gus an robh e dearg. Bha 'm famhair 'na throm chadal, 's a bheul fosgailte, 's e 'rùchdail 's a séideil. Thug mi 'm bior dearg as an teine, 's chuir mi sìos am beul an fhamhair e. Thug e grad leum gu taobh thall na h-uaimh, 's bhuail e ceann a bhior ris a' bhalla 's chaidh e mach roi 'n cheann eile. Rug mi air claidheamh mòr an fhamhair, agus le aon bheum chuir mi 'n ceann dheth. Air an latha màireach, thàinig an cliabh a nuas gum m' iarraigdh fhéin. Ach smaoinich mi gu 'n lìonainn an cliabh do dh' òr 's do dh' airgiod an fhamhair, 's dar a bha e 'm meadhan an tuill, le cudthrom an òir 's an airgid, bhris an iris, thuit mi nuas a measg chlachan, 's phris, 's dhris, 's air do làimhsa, a rìgh Eirinn, 's air mo làimhs ge saor e, bha mi 'n càs bu chruaidhe na tha mi nochd fo t'iochdsa 's dùil agam ri dol as." "Ah! a bhéist liath, thàinig thu as an sin, ach cha téid thu as an so," ars' an rìgh. "Thoir dhomh a nis fiach m' ursgeul," arsa Conal. "De sin?" thuirt an rìgh. "Tha mac meadhonach rìgh Shasuinn 's nighean mheadhonach rìgh Eirinn a bhi air am pòsadh ri 'chéile 's fear do na h-òigeich bhlàra, dhubha mar thochradh." "Tachraidh sin," thuirt an rìgh. Chaidh beireachd air Conal Cròbhi 's a cheangal le tri chinn chaoil, sa thilgeadh an cuil na mòine, 's chaidh banais fichead oïdhche 's fichead latha a dhèanamh do 'n chàraid òig. An sin, 'nuair a bha iad sgìth 'g itheadh 's ag òl, thuirt an rìgh, gu 'm b'fheàrr dhoibh Conal Cròbhi a thoirt a nìos gus an innseadh e cionnas a fhuair e nìos a uamh an fhamhair. Cha bu ruith ach leum le mac òg an rìgh dol sìos g' a iarraigdh. Bha e cinnteach gu 'faigheadh e pòsadh dha fhéin mar fhuair e do chàch. "Thig

[TD 145]

a nìos an so, a bhéist liath," thuirt an rìgh, "'s innis duinn ciamar a fhuair thu a uaigh an fhamhair." "Innsidh mi sin, ma gheibh mi fiach innseadh, 's cha 'n e mo cheann fhein no ceann h-aon do na 'bheil sa chuideachd." "Gheibh thu sin," thuirt an rìgh. "Tosd! thall an sin, 's eisdeamaid ri sgeulachd Chonail Chròbhi," thuirt an rìgh! <eng>(Well),<gai> bha mise gu h-ìosal an sin, 's mi spaisdeireachd air m' ais 's air m' aghaidh. Bha mi 'dol seachad air tigh a bha 'n sin 's chunnaic mi bean an sin, 's leanabh aice san darna laimh, 's sgian aice san làimh eile, 's i 'caoinneadh. Ghlaodh mi fhéin rithe, "Cum air do làmh a bhean; de tha thu dol a dhèanamh

mar sin?" "O!" thuirt ise, "tha mi aig tri famhairean an so, agus dh' iarr iad orm, mo leanabh bòidheach a bhi marbh 's air a bhrúich air an cionn 'nuair a thigeadh iad dhachaideh gu 'n dinneir. Chi mi," arsa mise, "triùir dhaoine crochta air croich thall an siud, bheir sinn a nuas fear dhiubh, agus théid mise suas na àite, 's deasaichidh tu esan an àite do leinibh." Agus a nuair a thàinig na famhairean dhachaideh gu 'n dinneir, theireadh fear dhiubh, "'S e so feòil an leinibh," 's theireadh fear eile, "cha 'n e." Thuirt fear dhiubh, gu 'n rachadh e a thoirt staoig a fear do na bha air a chroich, agus gu 'faiceadh e co dhiu 's e feòil an leinibh a bha iad ag itheadh. 'S mi fhéin a cheud fhear a thachair orra, 's air do làimh, a rìgh Eirinn, 's air mo làimhsa, ge saor e, mur robh mi ann an cruidh-chàs ni bu mhò 'nuair a bha 'n staoig a tighinn asam, na tha mi nochd fo t'iochDSA 's dùil ri dol as agam. "A bhéist liath, thàinig thu as an sin, ach cha d' thig thu as an so," ars' an rìgh. "Thoir dhomh a nis duais m' ursgeul." "Gheibh thu sin," ars' an rìgh. "'S e mo dhuais, mac òg rìgh Shasuinn, 's nighean òg rìgh Eirinn a bhi posda, 's fear do na h-òigeich dhubha mar thochradh." Chaidh beireachd air Conal Cròbhi, 'sa cheangal le cinn nan tri chaoile gu daor 's gu docair, 's a thilgeadh sìos an cùil na mòine, 's chaidh banais fichead latha 's fichead oidhche a dhèanamh do 'n chàraid òig. 'Nuair a bha iad sgìth 'g itheadh 's a g òl, thuirt an rìgh, gu b' fheàrr a bhéist liath ad a thoirt a nìos, a dh' innseadh de mar thàinig e bhàrr na croiche. Thug iad an so a nìos mi fhéin. "Thig a nìos, a bhéist liath an so, 's innis dhuinn de mar fhuair thu bhàrr na croiche." "Innsidh mi sin," arsa mi fhéin, "ma gheibh mi duais mhaith." "Gheibh thu sin," thuirt an rìgh. <eng>(Well)<gai> a nuair a ghabh na famhairean an dinneir bha iad sgìth, 's thuit iad 'nan cadal. 'Nuair a chunnaic mise so, thàinig mi nuas 's

[TD 146]

thug a' bhean dhomh claidheamh mòr, lasrach soluis a bha aig fear do na famhairean, 's cha robh mi fada a tilgeadh nan ceann do na famhairean. Bha mi fhéin 's am boirionnach an so gun fhios againn cionnas a gheibheamaid a nìos a' uamh an fhamhair. Dh' fhalbh sinn gu ceann shìos na h-uaimh 's lean sinn an sin rathad cumhang roi chreag gus an d' thàinig sinn gu solus 's gu bior-linn luingeanach an fhamhair. Smuainich mi fhéin gum pillinn air m' ais agus gu 'n luchdaichinn a bhior-linn le òr 's le airgid an fhamhair, agus mar so fhéin rinn mi. Dh' fhalbh mi leis a bhior-linn fo shèol gus an d' thàinig mi gu h-eilean nach b' aithne dhomh. Chaidh an long, 's am boirionnach, 's an leanabh a thoirt uam, 's fagar mise an sin gu tighinn dhachaideh mar a b'fheàrr a dh' fhaodainn. Fhuair mi dhachaideh aon uair eile do Shasunn, ged tha mi 'n so a nochd.

Ghlaodh boirionnach a bha na luidhe san t-seomar, "O a rìgh, beiribh air an duine so. Bu mhise am boirionnach a bha 'n sin, 's bu tusa an leanabh." 'S ann an so a bha 'm meas air Conal Cròbhi, 's thug an rìgh dha a bhior-linn làn òir 's airgid an fhamhair 's rinn e rioghachd Shasuinn cho beartach 's a bha i riamh.<eng>

[Buerla]

[TD 147–151]

VII.

THE TALE OF CONNAL.

From Kenneth MacLennan, Pool Ewe.

[Beurla]

[TD 152]

[Beurla]

<gai>SGEULACHD CHONAILL.

BHA righ air Eirinn aon uair da 'm b-ainm righ Cruachan, 's bha mac aige, ris an abradh iad Conall, mac rìgh Cruachan. Chaochail màthair Chonaill, agus phòs athair bean eile. Bha i air son cuir as

[TD 153]

do Chonall, chum 's gu'm biodh an rìoghachd aig a sliochd féin. Bha muime chìche aige-san, agus 's ann an tigh a muime bha e 'dèanamh a dhachaidh. Bha e fhéin 's a bhràthair bu shine ro mheasail aig a' chéile, agus bha mhàthair gamhlach air son gu robh Conall cho measail aig a mac mòr. Bha Easbuig anns an àite, agus chaochail e, agus dh' iarr e 'n t-òr 's an t-airgiot aige, a chuir cuide ris anns an uaigh. Bha Conall aig tiodhlacadh an Easbuig, agus chunnaic e pòc mòr òir a dol aig ceann an Easbuig, agus pòc airgid aig a chasan 's an uaigh. Thubhairt Conall ri chuignear chomh-dhaltan, "gu 'rachadh iad air thòir òr an Easbuig," agus nur a ràinig iad an uaigh, dh' fheòraich Conall dhiubh-san. "Co b' fhearr leo dol sìos do 'n uaigh na 'n leac a chumail suas?" Thuirt iadsan gu cumadh iad an leac suas. Chaith Conall sìos, agus ge b' e sgiamhail a chual' iadsan, leig iad as an leac, agus thug iad na buinn asda dhachaidh. Bha e 'n so 's an uaigh air muin an Easbuig. 'Nuair a ràinig na cuignear bhràithrean altrum an tigh, bha 'm màthair ni bu bhrònaiche airson Chonaill na bhithheadh i airson a Chùigear. An ceann seachd tràithean, dh' fhalbh Cuideachd do ghilleann òga a thoirt an òir a uaigh an easbuig' agus nur a ràinig iad an uaigh, thilg iad an leac ri taobh a bhalla thall. Għluais Conall shìos, agus nur a għluais, dh' fhalbh iadsan: dh' fhàg iad gach arm 's aodach 'bha aca; dh' eirich Conall, 's thug e leis gach òr, 's gach arm, 's ràinig e muime chìche leis. Bha iad uile gu subhach, sòlasach, cho fad, 's a mhair an t-òr 's an t-airgiot. Bha famhair mòr dhlùth do'n àite, aig an robh mòran òir 's airgid ann an Cois Creige, agus bha e 'gealltainn poc òir do neach sam bith a rachadh sìos ann an cliabh. Bha mòran air an call mar so. Nur a leigeadh am famhair sìos iad, 's a lionadh iad an Cliabh, cha chuireadh am famhair sìos an cliabh tuillidh, gus am bàsaicheadh iadsan 'san toll. Latha do na làithean, thachair Conall ris an fhamhair, agus gheall e poc òir dha airson a dhol sìos do 'n toll a lionadh cliabh do'n òr. Chaith Conall sìos, agus bha 'm famhair 'ga leigeil sìos le ròp. Lion Conall cliabh an

fhamhair do 'n òr, ach cha do leig am famhair sìos an cliabh air thoir Chonaill, 's bha Conall 'san uaigh measg nan daoine marbha, 's an òir. 'Nuair a dh' fhairslich air an fhamhair duine tuiliidh fhaotainn a rachadh sìos do 'n toll, chuir e 'mhac fhéin sìos do 'n toll 's an claidheamh soluis air uchd, chum 's gu 'faiceadh e roimhe. Nur a ràinig am famhair òg grund na h-uaimh, 'sa chunnaic Conall e, rug e air a chlainn sholuis, agus thug e 'n ceann do 'n fhamhair òg. Chuir

[TD 154]

Conall an so òr ann am mäs a' chleibh, agus chuir e òr os a cheann: rinn e 'n so fhalach am meadhon a' chléibh: thug e tarruing air an ròp; tharruing am famhair an cliabh, agus dur nach fac e 'mhac 'sa chliabh, thilg e 'n cliabh thar mullach a a chinn. Leum Conall as a' chliabh, 's dubh chùl cinn an fhamhair ris: thug e grad làmh air a' chlainn sholuis, agus thug e 'n ceann do 'n fhamhair. Thug e 'n so tigh a muime chìch' air, leis a chliabh òir, 's claidheamh soluis an fhamhair. 'Na dhéigh so, chaidh e latha a shealg do Shliabh na leirge. Bha e gabhail air adhart, gus an deach e stigh, do dh' uaimh mhòr. Chunnaic e 'n uachdar na h-uaimh bean bhàn, bhrèagha 's i putadh bior na feola ri ultach mòr do leanabh, 's na h-uile putadh a bha ise 'toirt do 'n bhior, dhèanadh an leanabh gàire, 's thòisicheadh ise air caoineadh. Labhair Conall, 's thubhairt e, "De fath do bhròin, a bhean, ris an òganach gun chiall." "O!" os ise, "bho 'n is duine tapaiddh thu fhéin, marbh an leanabh, 's cuir air a bhior so e, gus an ròist mi e do 'n fhamhair." Rug e air an leanabh, 's chuir e 'n cleòc a bha air mu 'n leanabh, 's dh' fholuich e 'n leanabh am taobh na h-uaimh. Bha mòran do chuirp mharbh' an taobh na h-uaimh, 's chuir e fear dhiubh air a' bhior, 's bha 'm boirionnach 'ga ròstadh. Chualas fo 'n talamh, crith 's toirm a' tighinn, 's b' fhèarr leis gun robh e 'muigh: leum e 'n so an àite 'chuirp a bha ris an teine, an teis-meadhon nan Corp. Thàinig am famhair 's dh' fheòraich e, "'n robh ròsta bruich." Thòisich e air itheadh, 's thubhairt e, "fiu fou! hoagrich! cha 'n iognadh feòil righinn a bhi ort fhéin, 's righinn air d'isean i." Dur a dh' ith am famhair am fear ud, dh fhalbh e chunntadh nan corp, agus se 'n dòigh chunntais a bh' aig orra, beireachd air dhà chaol cois' orra, agus 'gan tillgeadh seachad thar mullach a chinn, agus chunnt e oir ais 's air adhart iad mar so tri no ceithir do dh' uairean; agus bho m a fhuair e Conall ni bu truime, 'se bog reamhar, thug e 'n stiall ud as bho chùl a chinn gu mhanachan. Ròisd e so ris an teine, 's dh'ith e i. Thuit e 'n sin 'na chadal. Smèid Conall air a boirionnach, bior na feòla chuir 'san teine. Rinn i so, agus dur a dh' fhàs am bior geal an déagh bhi dearg, shàth e 'm bior troi' chridhe an fhamhair, 's bha 'm famhair marbh. Dh' fhalbh Conall an so, 's chuir e 'bhean air a slighe dhachaидh. Chaidh e 'n so dhachaيدh e fhéin. Chuir a muime air falbh e sa' mac fhéin a ghoid a Blàr-agan bho righ na h-Eadailt, agus dh' fhalbh iad a ghoid a blàr-agan le chéile, agus na h-uile uair a chuireadh iad an làimh air a

[TD 155]

bhlar-aghan, leigeadh am blàr-aghan (ialt) as. Thàinig cuideachd a mach 's chaidh an glacadh. Chaidh ceangal nan tri chaoil a chuir orra gu daor 's gu daingean. "Fhir mhòr ruaidh," ars' an rìgh, 'n robh thu 'n càs riamh cho cruaidh an sin?" "Teannachadh beag dhomh fhéin, agus lasachadh do m' chompanach 's innsidh mi sin," arsa Conall. Bha banrigh na h-Eadailte 'ga fhaicinn. Thubhaint Conall an sin.

"Seachd tràth gu bronach dhomh,  
'S mi chomhnuidh air muin an easbuig.  
'Sann leamsa 'b' fhad' a' chéilidh sin,  
Ged 'sann leam fhéin bu treise.  
An ceann na seachdamh tràth,  
Chunnacas uaigh 'ga fosgladh,  
'S ge b'e bo luaithe bhiodh a nuas aca,  
'S mise a bhiodh suas air thoiseach.  
Shaoil leosan gu 'm bu mharbhan mi,  
Bho 'n uir thalmhaidh 's mi 'g éiridh,  
Ann an toiseach a gharbh-bhristidh,  
Dh' fhag iad an airm 's an eudach,  
Thug mise leum an Uisleagan,  
'Smi ruisgte, nochdta,  
Bu bhochd dhomhsa 's mi 'm fhògarrach,  
Bhi maiteadh òr do 'n Easbuig."

"Teannaichibh e gu maith 's gu ro mhaith," ars' an rìgh, "cha b' ann an aon àite maith a bha e riamh, 's mòr an t-olc a rinn e." Chaidh an sin a theannachadh ni bu teinne, 's ni bu teinne, 's thubhaint an rìgh, "Fhir mhòir ruaidh, 'n robh thu 'n càs riamh bu chruaidh na sin." "Teannaich mi fhéin, 's leig lasachadh do 'n 'fhear so laimh rium, 's innsidh mi 'n sin." Rinn iad so. Bha mise os esan.

"Naoi tràtha ann an uaimh an òir,  
'Se bu bhiadh domh a' cholainn chnàmh,  
Feithean chas agus làmh.  
An ceann an naoidheadh tràth,  
Chunnacas cliabh a' tighinn a mhàin;  
Rug mi 'n sin air a' chliabh'  
'S chuir mi òr fotham 's òr tharam,  
'S rinn mi 'm fholach ann sa 'chliabh,  
'S thug mi leam an claidheamh soluis  
Tùrn is sona rinn mi riamh."

[TD 156]

Thug iad an ath theannachadh dha, s' dh' fhoighneachd an rìgh dheth,  
"An robh thu 'n càs na h-eiginn riamh cho chruaidh 'sin?"  
"Teannachadh beag dhomh fhéin, 's lasachadh do m' chompanach, 's innsidh mi 'n sin." Rinn iad so.

"Latha air sliabh na leirge dhomh  
'S mi dol a steach do dh' uamh,  
Chunnaic mi bean mhìn, bhan, mhathair-shuileach  
'Si putadh bior na feòla

Ri òganach, 'se gun chiall.  
Thubhairt mìse an sin,  
De fàth do bhròin, a bhean,  
Ris an òganach 's nach eil ceillidh,  
'Oir a mhin oir a mhaise,' ars' ise  
'Cuir an leanabh so ri teallach'  
Rug mi 'n sin air a mhacan  
'S shuain mi mo mhannal uime  
'S thug mi nios an rod mòr colainn  
A bha shuas an tùs na tuime  
Chuala mi 'n sin, turtar, tartar, agus turaraich  
Fior thalamh dol am measg a cheile  
Ach air bhith dhàsan tuiteam  
Anns an t-suain chadail  
'S an do thuit fuathan na coille  
Thug mi tarruing air bior an ròstaidh  
'S sheòl mi sud ri còrr a ghoile."

Bha a' bhanrigh faicinn 's ag éisdeachd gach ni bha Conall a' fulang 's ag radh, agus dur a chual i so, leum i 's gheàrr i gach ceangal a bha àir Conall 's air a chompanach, agus thubhairt i, "'S mise 'm boirionnach a bha 'n sin, agus ris an righ 's tusa a mac a bha 'n siud." Phòs Conall nighean an rìgh, 's mharcaich iad le chéile am blàradhan dachaidh. 'S dh fhag mise ann a sin iad.<eng>

[Beurla]

[TD 157–160]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 161–164]

VIII.

MURCHAG A'S MIONACHAG.

From Ann Darroch, James Wilson, Hector MacLean, Islay, and many others in other parts of the Highlands.

[Beurla]

[TD 165]

[Beurla]

<gai>MURCHADH A'S MIONACHAG.

DH'FHOLBH Murchadh a's Mionachag a bhuain sugh, 's mar a bhuaineadh Murchadh dh' itheadh Mionachag. Dh 'fholbh Murchadh a dh' iarraidh slat a ghabhail air Monachaig 's i 'g itheadh a chuid sugh—"De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an t-slat. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Slat a ghabhail air

Mionachag 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mise gus am faigh, thu tuagh a bhuaineas mi." Ràinig e 'n tuagh. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" "Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Tuagh a bhuaineas slat-Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh"—"Cha 'n fhaigh thu mise gus am faigh thu clach a lìobhas mi." Ràinig e 'chlach. "Dé do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' a' chlach. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Clach a lìobhadh tuagh—Tuagh a bhuaing slat-Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis'," urs' a' chlach, "gus am faigh thu uisge a fhliuchas mi." Ràinig e 'n t-uisge—"De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an t-uisge. "'S e mo naigheachd féin gu bheil mi 'g iarraidh Uisce ma chloich—Clach a lìobhadh tuagh—Tuagh a bhuaing slat-Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis'," urs' an t-uisge, "gus am faigh thu fiadh a shnàmhuis mi." Ràinig e 'm fiadh. "Dé do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' am fiadh. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Fiadh a shnàmh uisg'. Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh

[TD 166]

tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis'," urs' am fiadh, "gus am faigh thu gadhar a ruitheas mi." Ràinig e 'n gadhar. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an gadhar. "S e mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Gadhar a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis," urs' an gadhar, "gus am faigh thu im a rubar ri m' chasan." Ràinig e 'n t-im. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an t-im. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Im chasa gadhair. Gadair a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis," urs' an t-im, "gus am faigh thu luch a sgriobas mi." Ràinig e 'n luch. "De do naigheachd an diugh a Murchaidh?" urs' an luch. "Se mo naigheachd féin gu bheil mi 'g iarraidh. Luch a sgriobadh im. Im chasa gadhair. Gadair a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis," urs' an luch, "gus am faigh thu cat a shealgas mi." Ràinig e 'n cat. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an cat. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Cat a shealgs luch. Luch a sgriobadh im. Im chasa gadhair. Gadair a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh." "Cha 'n fhaigh thu mis," urs' an cat, "gus am faigh thu bainne dhomh." Ràinig e 'bhò. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' a' bhò. "'Se mo naigheachd féin gu 'bheil mi 'g iarraidh Bainne do 'n chat. Cat a shealgs luch. Luch a sgriobadh im. Im chasa gadhair. Gadair a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'." Uisce ma chloich. Clach a lìobhadh tuagh. Tuagh a bhuaing slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh. "Cha 'n fhaigh thu bainne

uamsa, gus am faigh thu sop o 'n ghille-shabhaill. Ràinig e 'n gille-sabhaill. "Dé do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' an gille-sabhaill. "'Se mo naigheachd fèin gu 'bheil mi 'g iarraidh. Sop a gheobh bò. Bo bhligheadh bainne do 'n chat. Cat a shealg luch. Luch a sgriobadh im. Im chasa gadhar. Gadhar a ruith fiadh. Fiadh

[TD 167]

a shnàmh uisg'. Uisge ma chloich. Clach a liobhadh tuagh. Tuagh a bhuain slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh. "Cha 'n fhaigh thu sop uamsa," urs' an gille-sabhaill, "gus am faigh thu Bonnach dhomh o 'n Bhean-fhuinne." Ràinig e 'bhean-fhuinne. "De do naigheachd an diugh a Mhurchaidh?" urs' a' bhean-fhuinne. "'Se mo naigheachd fèin gu 'bheil mi' g iarraidh Bonnach do 'n ghille-shabhaill. Sop do 'n Bho o 'n Ghille-shabhaill. Bainn' o 'n Bho do 'n chat. Cat a shealgas luch. Luch a sgriobas im. Im chasa gadhair. Gadhar a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisge ma chloich. Clach a liobhadh tuagh. Tuagh a bhuain slat. Slat a ghabhail air Mionachaig 's i 'g itheadh mo chuid sugh. "Cha 'n fhaigh thu bonnach uamsa mar an d' thoir thu stigh uisg' a dh' fhuinneas e." "Dé mar a' bheir mi stigh an t-Uisge? Cha 'n 'eil soitheach ann ach an Criathar Cabhrach sin." Thug Murchadh leis an Criathar Cabhrach, 's ràinig e n t-uisge, 's a h-uile deur a chuireadh e 's a' Chriathar Chabhrach rachadh e roimhe. Thàinig Feannag as a chionn 's ghlaoidh i "Gòrrag, gòrrag." "Tha thu ceart, fheannag," ursa Murchadh. "Crèadh ruagh 's còinneach, crèadh ruagh 's còinneach." Chuir Murchadh crèadh ruagh 's còinneach ris, 's thug e 'stigh an t-Uisge, 's fhuair e Bonnach o 'n Bhean-fhuinne do 'n Ghille-shabhaill. Sop o 'n Ghille-shabhaill do 'n Bhò. Bainn' o 'n Bhò do 'n chat. Cat a shealg luch. Luch a sgriobadh im. Im chasa gadhair. Gadhar a ruith fiadh. Fiadh a shnàmh uisg'. Uisge ma chloich. Clach a liobhadh tuagh. Tuagh a bhuain slat. Slat a ghabhaill air Mionachaig 's i 'g itheadh a chuid sugh. 'S nur a thill Murchadh bha Mionachag an déigh SGAINEADH!!<eng>

[TD 168–173]

IX.

THE BROWN BEAR OF THE GREEN GLEN.

From John MacDonald, Travelling Tinker.

[Beurla]

[TD 174]

[Beurla]

<gai>SGEULACHD AIR MATH-GHAMHAINN DONN A GHЛИNN UAINNE.

BHA rìgh air Eirinn aon uair, aig an robh triùir mhac, 's b' ainm don fhear a b' òige Iain, 's bha e air a radh nach robh e glic na leòir, agus chaill an rìgh saoghalta so sealladh a shùilean, 's lùgh

nan cas. Thubhairt an da bhràthair bu shine gun rachadh iadsan air tòir tri botuil usige do'n eilean uaine a bha 'n iomall torra domhain, agus 'se bh' ann gun d' fhalbh an da bhràthair so. Thubhairt an t-amadan nach creideadh e féin nach falbhadh e cuideachd, agus a cheud bhailemòr do 'n d' thàing e ann an rioghachd athar, faicear a dha bhràthair an sin 'nam blaiseartan! "O a bhalacha!" ars' am fear òg, "an ann mar so a tha sibhse."

[TD 175]

"Air luathas do chas," ars' iadsan, "thoir an tigh ort air neo bithidh do bheatha againn." "Na bitheadh eagal oirbh romham cha 'n fhiach leamsa fanachd maille ribh." Dh'fhalbh Iain an so air a thurus, gus an d' thàinig e gu fàsach mòr do choille. Hu! Huth! ars' Iain ris féin, "Cha 'neil e cneasda dhòmhsa a' choille so a choiseachd leam fhéin." Bha 'n oidhche a' tighinn a nis, 's i fàs gu math dorcha. Ceangailear Iain an t-each bacach, bàn a bha foidhe ri bun craoibhe 's chaidh e féin suas 'na bàrr. Cha robh e ach goirid 'na bàrr gus am fac e math-ghamhainn a' tighinn 's eibhleag theine na bheul. "Thig a nuas, a mhic rìgh Eirinn," ars' esan. "Gu dearbh, cha d' thig, tha mi smaointeachadh gu' bheil mi nis tèaruinte far am bheil mi." "Ach mur d' thig thusa nuas théid mise suas," arsa 'm math-ghamhainn. "'M bheil thusa 'gam ghabhail 'nam amadan cuideachd," thuirt Iain. Creutair robagach, liobarta coltach riutsa a streapadh chraobh. "Ach mur d' thig thusa nuas, théid mise suas," ars' am math-ghamhainn 's e 'toirt a ghrad làimh air streapadh na craoibhe. "'S dia ni thu sin fhéin," thuirt Iain. "Fan air t' ais fo bhun na craoibhe, mata, 's théid mi sìos a bhruidhinn riut." Agus dur a theirinn mac rìgh Eirinn a nuas, thàinig iad gu cracaireachd. Dh' fheòrich a' mhath-ghamhainn dheth, 'an robh an t-acras air? "Uill le 'r cead," ars' Iain, "tha beagan orm dheth 'sa cheart am so fein." Thug am math-ghamhainn an sgriob uallach, aighealach 'ud, 's beirear air boc earba. "A nis, a mhic rìgh Eirinn," arsa am math-ghamhainn, "Co 's feàrr leat do chuid do 'n bhoc bruich na amh." "An seòrsa bìdh a b' àbhairt dhòmhsa fhaotainn, bhitheadh seòrsa plotadh bruich air," ars' Iain. Agus 'sann a so mar thachair. Fhuair Iain a chuid fhéin ròiste. "A nis," arsa 'm math-ghamhainn, "luidh sìos eadar mo spògan-sa, 's cha 'n eagal fuachd no acrais dhuit gu madainn." Moch 'sa mhadainn, dh' fhoighneachd am math-ghamhainn, "Am bheil thu 'd chadal, a mhic rìgh Eirinn?" "Cha 'n 'eil anabarrach trom," thuirt esan. "Tha 'n t-àm dhuit a bhi air do bhuinn mata, tha 'n t-astar fada, da cheud mìle; ach am bheil thu 'nad 'mharcaiche math, Iain?" "Tha na' s miosa na mi air amannan," thuirt esan. "'S feàrr dhuit tighinn air mo mhuinn mata." Rinn e so, agus air a cheud leum, bha Iain ri talamh. "Fòil! Fòil" ars' Iain, "dè 'cha 'n 'eil thu fhein dona air a cheaird! 'S feàrr dhuit tighinn air t-ais gus am feuch sinn a rithist thu;" 's le iongan 's fiaclan ghreimich e ris a mha'ghan, gus an d' ràinig iad ceann an dà cheud mìle, 's tigh

[TD 176]

famhair. "Nis Iain," arsa 'm ma'ghan, "théid thu chuir seachad na h-oidhche ann an tigh an fhamhair so." Gheibh thu e gu maith gnò, ach abair thusa gur e mathgamhainn donn a' ghlinn uaine, a chuir thusa

an so air son cuid oidhche, agus na biodh eagal ort nach fhaigh thu cuid 'us comhnadh. 'S dh' 'fhàg am mathgamhainn e 'dol gu tigh an fhamhair. "A mhic rìgh Eirinn," ars' am famhair, bha 'san targradh thu bhi tighinn, ach mar d' fhuair mi t' athair, fhuair mi 'mhac; cha 'n 'eil fios agam co dhiu chuireas mi 'san talamh thu le m' chasan, no 'san adhar le m'anail." "Cha deàn thu aon chuid do 'n da chuid," thuirt Iain, oir se mathghamhainn donn a' ghlinn uaine a chuir mise 'n so." "Thig a stigh, a mhic rìgh Eirinn," thuirt esan, "'s gheibh thu gabhail agad gu maith a nochd;" agus mar thubhaint b' fhior. Fhuair Iain biadh 's deoch gun ghainne; ach gus an sgeulachd fada a dheanamh goirid, thug am mathgamhainn Iain latha an déigh latha gus an treas famhair. "A nis," ars' am mathgamhainn, "cha 'n 'eil mòran eòlais agamsa air an fhamhair so, ach cha bhi thu fada 'na thigh dar a dh' fheumas tu dol a ghleachd ris, agus ma bhitheas e tullidh 's cruaidh air do shon, abair thusa na 'm biodh agamsa ma'ghan donn a ghlinn uaine, b'e sin do maighstir." Co luath 'sa chaidh Iain a stigh, "Ai! Ai! ars' am famhair mòr, mar d'fhuair mi t' athair, fhuair mi 'mhac, agus 'sa chéile ghabh iad; 's dhèanadh iad a bhogan don chreagan-an t-aite bu chruaidhe rachadh iad foidhe gu 'n glùinean 's an t-aite bu bhuge gu 'n sléisdean, 's bheireadh iad fuaranan fior-uisge a h-aodann gach creagain. Thug am famhair fàsgadh goirt na dithis do dh' Iain. "Fòil! Fòil!" thuirt esan, "na'm biodh agamsa an so mathgamhainn donn a' ghlinn uaine, cha bhiodh do leum co sunndach;" agus cha luath a labhair e 'm facal na bha am ma'ghan còir ri 'thaobh. "Seadh! Seadh!" ars' am famhair, "a mhic rìgh Eirinn, tha fios agam a nis air do ghnothach n' is feàrr na tha agad fhéin." 'Se bh' ann gun d-òrduich am famhair do 'n chìobair aige am molt a b' fheàrr a bha 's a' bheinn a thoirt dhachaидh, agus a' chlosach a thilgeadh ma choinneamh an doruis mhòir. "A nis, Iain, ars' am famhair, thig iolaire, agus luidhidh i air closach a mhuilt so, agus tha foinneamh air cluais na h-iolaire so, a dh' fheumas tusa a ghearradh dhi le aon bheum leis a' claidheamh so, ach deur fola cha 'n 'fheud thu tharruinn." Thàinig an iolaire, 's cha robh i fada 'g itheadh dar a theann Iain rithe, 's le aon bheum gheàrr e 'm foinneamh dhi gun aon deur fola a tharruinn. "Anis arsa 'n

[TD 177]

iolaire, thig air bhun mo dha sgéithe, bho 'n a tha fios agam air do ghnothuch n' is feàrr na th' agad féin." Rinn e so, agus bha iad uair air muir, 's uair air talamh, 's uair air an sgiathan, gus an d' ràinig iad an t-Eilean uaine. "Nis Iain, ars' ise, bi ealamh, 's liòn do bhotuil; cuimhnich gu bheil na coin dhubha air falbh an ceartair." Nuair a liòn a na botuil do 'n uisge as an tobar, faicear tigh beag làimh ris. Thuirt Iain ris féin gu'n rachadh e stigh, s gu 'm faiceadh e dé bh' ann, agus a cheud sòmar a dh' fhosgail e, chunnaic e botull làn do dh-uisge beatha, liòn e gloinne as, 's dh' òl e 'san uair a dh' òl, thug e suìl, 's bha 'm botull cho làn sa bha e roimhe. "Bithidh 'm botull so agam còmhla ris na botuil uisge," ars' esan. Chaidh e 'n sin a stigh do sheomar eile, 's chunnaic e buillionn; thug e sliseag as, ach bha 'm buillionn cho slàn sa bha e roimhe. "Dia cha 'n fhàg mi thus'," ars' Iain. Chaidh e air aghaidh mar so gus an d' ràinig e seòmar eile; chunnaic e mulachag

mhòr chàise, thug e sliseag do 'n mhulachaig, ach bha i cho slàn sa bha i roimhe. "Bithidh so agam còmhla ri càch," ars' esan. Chaidh e 'n so gu seòmar eile, 's faicear 'na luidhe an sin an t-aon àilleagan boirionnaich bu bhoidhche a chunnaic e riamh. "Bu mhòr am beud gun phòg beòil a thoirt dhuit, a ghaoil," ars' Iain. Beagan 'na dheigh so, leum Iain air muin na h-iolaire 's thug i e air a chas cheum cheudna, gus an d-ràinig iad tigh an fhamhair mhòir, 's bha iad a pàidheadh a mhàil do 'n famhair, agus 's ann an sin a bha 'n sealladh air tuathanaich, 's famhairean, 's biadh, 's deoch. "Uil, Iain," ars' am famhair, "am fac thu 'leithid so do dheoch ann an tigh t' athar an Eirinn." "Puth!" ars' Iain, "hu; a laochain, a dhuine eile, tha deoch agamsa nach ionann." Thug e gloinne do 'n fhamhair as a bhotul, ach bha 'm botul cho làn 'sa bha e roimhe. "Mata, ars' am famhair, "bheir mi fhéin da chèud nott dhuit air son a' bhotuil, srian, agus diollaид." "'S bargain e mata," ars' Iain, "ach gu 'feum an ceud leannan a bha agamsa fhaotainn ma thig i 'n rathad." "Gheibh i sin," ars' am famhair, ach gus an sgeulachd fada a dheanamh goirid, dh' fhàg e gach buillionn 's gach mulachag aig an da fhamhair eile, air a' chumhnant cheudna gu' faigheadh an ceud leannan bha aige-san iad na 'n d' thigeadh i 'n rathad. Ràinig Iain an so baile mòr athar ann an Eirinn, 's faicear a dha bhràthair mar dh' fhàg e iad 'nam blaireartan. "'S feàrr dhuibh tighinn dhachaidh leamsa, 'illean," ars' esan, 's gheibh sibh deis' eudaich, 's each, 's diollaид, 's srian am fear; agus mur so rinn iad; ach dar a bha iad dlùth do thigh

[TD 178]

an athair, smaoinich a bhràithrean gum b'fheàrr dhoibh a mharbhadh, agus 's e bh'ann gun do thòisich iad air, 's dar a shaoil leo e bhi marbh, thilg iad e air cùl gàrraidh, 's thug iad uaidh na tri botuil uisge, 's dh' fhalbh iad dhachaidh. Cha robh Iain ro fhada an so, nuair a thàinig an gobha aig athair an rathad le làn cairt do dh' iarunn meirgeach. Ghlaodh Iain a mach co air bith an crìosduidh bha 'n sin, O! e dheanamh cobhair dhàsan. Rug an gobha air, 's thilg e Iain am measg an iaruinn, agus leis cho meirgeach 'sa bha 'n t-iarrunn, chaidh e ann's gach lot 's creuchd a bh' air Iain, agus 's e bh' ann, gun do chinn Iain maol, carrach. Fàgaidh sinn Iain an so, agus tillidh sinn ris an ailleagan bhòidheach a dh'fhàg Iain 'san eilean uaine. Chinn i 'n so trom, torrach, breac, ballach, 'san ceann tri ràithean, bha mac brèagh gille aicé. "O air an t-saoghail mhòr," ars' ise, "cia mar a fhuaire mise so?" "Foil! Foil!" ars' a' chailleach chearc, "na cuireadh sin smaointeach ort; so dhuit eun, agus co luath sa chi e athair do mhic, leumaidh e air mullach a chinn. Chaidh an t-eilean uaine a chruinneachadh bho cheann gu ceann, 's an sluagh a chur a stigh air an dorus chùil 's amach air an dorus bheoil, ach cha do għluais an t-eun, 's cha d' fhuaireadh athair an leinibh. Thubhairt i 'n so gu falbhadh i feadh an t-saoghail gu leir, gus am faigheadh i athair a leinibh. Thainig i 'n so gu tigh an fhamhair mhòir, agus faicear am botul. "Ai! Ai!" deir ise, "co thug dhuit am botul so?" Thuirt am famhair. "'Se Iain òg mac rìgh Eirinn a dh' fhàg e." "Mata 's leamsa am botul," thuirt ise, ach gu an sgeulachd fad' a dheànamh goirid, thàinig i gu tigh gach famhair, 's thug i leatha gach botul 's gach buillionn 's gach

mulachag chàise; gus ma dheireadh thall, thàinig i gu tigh rìgh Eirinn. Chaidh 'n so cuig cuigeamh na h-Eirinn a chruinneachadh 's drochaid cheudan na maith. Chaidh an cur a stigh air an dorus chùil, 's a mach air an dorus bheòil, ach cha do għluais an t-eun. "Dh' fheòraich i 'n so, an robh a h-aon na h-aon idir eile ann an Eirinn nach robh 'n so?" "Tha gille maol, Carrach anns a' cheàrdach agamsa," thuirt an gobha ach; "Car air na dheth, cuir an so e" deir ise; 's cha bo luaithe a chunnaic an t-eun ceann a ghille mhaoil charraich na 'thug e iteag 's luidhear air maol mhullaich a' ghille charrich. Rug i air 's phòg i e." "'S tusa athair mo leinibh." "Ach Iain," arsa rìgh mòr Eirinn, "'s tusa a fhuair na botuil uisge dhòmhσa." "Ach gu dearbh 's mi," ars' Iain. "Uil, mata, dè tha thu toileach a dhèanamh ri 'd' dhithis bhraithrean?" "A cheart

[TD 179]

rud a bha iadsan toileach a dhèanamh ormsa, cur as doibh;" agus 's e sin fein a rinneadh. Phòs Iain 's nighean rìgh an Eilean Uaine, 's rinn iad banais mhòr ghreadhnach a mhair seachd lathan 's seachd bliadhna 's cha chluinneadh tu ach lig, lig, 's big, big, fuaim tail 's tarruing pinne, òr 'ga phronnadh bho bhonn an coise gu barr am meòir fad sheachd bliadhna 's sheachd lathan.<eng>

[Beurla]

[TD 180]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 181–187]

X.

### THE THREE SOLDIERS.

From James MacLachlan, servant, Islay.

[Beurla]

[TD 188]

[Beurla]

<gai>URSGEUL.

BHA roimhe so réiseamaid ann am Bailcliath an Eirinn, 's bha i 'folbh air turas fada. Bha séirdsean, corporal, agus saighdear sìngilte aig an robh leannain anns a' bhaile. Chaidh iad a'm faicinn an latha bha iad ri folbh, 's dh' fhan iad tuillidh is fada, 's dh' fhàg an réiseamaid iad. Lean iad i 's bha iad a' folbh 's a' folbh gus an d' thàinig an oidhche orra. Chunnaic iad solus fada uatha, 's ma b' fhada uatha cha b' fhada bha iadsan 'ga ruigheachd. Chaidh iad a stigh. Bha 'n t-ùrlar reidh, sguabte, 's gealbhan air, 's gun

duine stigh. Shuidh iad aig a' ghealbhan 'gan garadh. Cha b' fhada 'bha iad mur sin nur a dh' éiridh an saighdear singilte, d' am b' ainm Iain, a dh' amharc de 'bha 'san t-seombar, a thaobh gun robh solus ann. Bha 'n sin bord air a chuirneachadh leis a h-uile seòrsa bidh, 's coinneal laist' air. Chaidh e suas; thòisich e air itheadh; 's thòisich càch air a bhacail, o nach

[TD 189]

robh gnothach aige ris. Nur a chunnaic iad nach do stad e, chaidh iad suas, 's thòisich iad féin. Bha tri leapaiscean anns an t-seombar, 's chaidh fear dhiu 'laidhe anns gach leaba.

Cha b' fhada a bha iad 'nan laidhe nur a thàinig tri nigheanan mòra ruagha stigh, 's shìn té aca i féin aig beulthaobh gach té de na leapaiscean, 's nur a chunnaic iad an t-am iomchuidh anns a' mhaidinn dh' éirich iad, agus dh' fholbh iad.

Nur a dh' éirich na saighdearan cha 'n aithnichte gun d' thàinig mìr bhàr a' bhùird riamh. Shuidh iad, 's ghabh iad am biadh. Thuirt an seirdsean gum b' fheàrra dhaibh an réiseamaid a leantainn, 's thuirt Iain nach leanadh. Fhad 'sa gheibheadh e bhiadh 'na thàmh nach folbhadh e. Nur a thàinig an t-am dinnearach, shuidh iad 's ghabh iad an dinneir. Thuirt an séirdsean gum b' fheàrra dhaibh folbh, 's thuirt Iain nach folbhadh. Nur a thàinig am sioparach, shuidh iad 's ghabh iad an siopair. An déigh an sioparach chaidh iad a laidhe, gach fear d'a leaba féin.

Thàinig na nigheanan an oidhche so cuideachd, 's chaidh té laidhe anns a' h-uile leaba dhiu. Ann a' mhaidinn, nur a chunnaic iad an t-am iomchuidh, dh' éirich iad 's dh' fholbh iad.

Nur a dh' éirich na gillean bha 'm bòrd cùirnichte, 's cha 'n aithnichte gun d' thàinig mir riamh dheth. Shuidh iad 's ghabh iad am biadh, 's nur a ghabh iad am biadh thuirt an seirdsean gum folbhadh iad codhiu. Thuirt Iain nach folbhadh. Ghabh iad an dinneir 's an siopair mur a b' àbhaist. Chaidh iad a laidhe.

Thàinig na nigheanan 's laidh iad as an déigh. Ann a' mhaidinn thug an té 'bu shine sporan do 'n t-seirdsean, 's a' h-uile h-uair a dh' fhosgladh e e bhiodh e làn òir is airgid. Urs' i ris an té mheadhonaich, "De 'bheir thusa do t' fhear fein?" "Bheir mise dha tuthailt, 's a' h-uile h-uair a sgaoileas e i bidh i làn de na h-uile seòrsa bidh. "Thug i 'n tuthailt do 'n chorporal, 's thuirt i ris an té b' òige, "Dé 'bheir thusa do t' fhear fein?" "Bheir mi dha fìdeag, 's a' h-uile h-uair a sheinneas e i bidh e 'n teis meadhoin na réiseamaid." Thug i dha an fhìdeag. Dh'fhàg iad beannachd aca 's dh' fholbh iad.

"Cha leig mi leis an so e," urs' Iain, "bidh fhios'am co iad ma 'n d' théid mi na 's faide air m' aghaidh." Lean e iad, 's chunnaic e iad a' dol sìos le gleann, 's nur a bha e thun a bhi shìos thàinig iad 'na choinneamh, 's iad a' caoineadh. "De th' oirbh?" urs' esan. "'S mòr a th' oirnn," urs' iadsan; "tha sinn

[TD 190]

fo gheasan gus am faigh sinn tri gillean a laidheas leinn tri oidchean gun cheisd a chur oirnn, 's nam fanadh thusa gun ar leantainn bha sinn ma sgaoil." "Am bheil dòigh sam bith air am faigh sibh ma sgaoil," urs' esan, "ach sin?" "Tha," urs' iadsan; "tha craobh aig ceann an tighe, 's na'n d' thigeadh sibh, an ceann la is bliadhna, 's a' chraobh sin a spionadh bha sinne ma sgaoil."

Thill Iain air ais far an robh càch; dh' innis e dhaibh mar a thachair dha; 's chuir iad an comhairle r'a cheile gun tilleadh iad air an ais do Bhailecliath a rithisd, chionn nach b' fhiach dhaibh an réisemaid a leantainn. Thiall iad do Bhailecliath air an ais. An oidhche sin urs' Iain, "'S fheàrrr dhomh dol a dh' amharc nighean an rìgh a nochd." "'S fheàrra dhuit fantainn aig an tigh," arsa càch, "na dol ann." "Théid mi am codhiù," urs' esan.

Dh' fholbh e 's ràinig e tigh an rìgh. Bhuaile e aig an dorus. Dh' fheòraich h-aon de na mnathan uaisle de 'bha dhìth air, 's thuirt e gun robh toil aige 'bhi 'bruidhinn ri nighean an rìgh. Thàinig nighean an rìgh far an robh e, 's dh' fheòraich i dé 'n gnothuch a bh' aige rithe. "Bheir mi dhuit fìdeag," urs' esan, "'s nur a sheinneas thu i bidh thu ann am meadhon a leithid so do reiseamaid." Nur a fhuair ise an fhìdeag bhreab i leis an staighir e, 's dhùin i 'n dorus air. "Démur chaidh dhuit?" urs' iadsan. "Mheall i 'n fhìdeag uam," urs' esan. Cha do stad e gus an do mheall e coingheall de 'n sporan o 'n t-séirdsean. "'S fheàrra dhomh," urs' esan, "dol a dh' fhaicinn nighean an rìgh a rithisd."

Dh' fholbh e 's ràinig e 'n tigh. Chunnaic e nighean an rìgh; mheall i 'n sporan uaidhe; bhreab i leis an staighir e mar a rinn i roimhid; 's thill e air ais. Cha do stad e gus an do mheall e coingheall de 'n tuthaitl o 'n chorporal.

Chaidh e 'rithisd far an robh nighean an rìgh. "De 'bheir thu dhomh air an t-siubhal so?" urs' ise. "Tuthaitl, 's nur a dh' fhosglar i bidh i làn de na h-uile seòrsa bidh." "Leig fhaicinn domh i," urs' ise. "Sgaoilidh sin a mach i," urs' esan. Sgaoil e mach i, 's bha oisean di nach laidheadh gu ceart. Thuirt e rithe seasamh air an oisean. Sheas i air. Sheas e féin air oisean eile, 's ghuidh e bhi ann an eilean iomallach na doimhne. 'S bha e féin, is nighean an rìgh, 's an tuthaitl ann ann an còig mionaidean. Bha 'sin an aon eilean a bu bhòidhche a chunnaic duine riamh, 's gun ni ann ach craobhan is measan. Bha iad an

[TD 191]

sin a' folbh feadh an eilean air an ais 's air an aghaidh, 's thàinig an cadal airsan. Thàinig iad gu lagan bòidheach, 's chuir esan a cheann 'na h-uchdse 's rinn e gréim bàis air a h-apran, air alt 's nach fhaigheadh i air folbh gun e mhòthchuinn di. Nur a chaidil esan dh' fhuasgail ise an t-apran; dh' fhàg i 'n sin e; thug i leatha an tuthaitl; sheas i urra; ghuidh i bhi 'n tigh a h-athar;

's bha i ann.

Nur a dhùisg esan cha robh ni ri fhaotainn aige, 's cha robh ni ri fhaicinn aige, ach craobhan is eunlaith. Bha e 'n sin a' tighinn beò air measan an eilean, 's dh' amais ubhlan air, 's nur a dh' itheadh e aon seòrsa dhiu chuireadh iad ceann féidh air, 's nur a dh' itheadh e seòrsa eile dhiu chuireadh iad deth e. Aon latha chruinnich e mòran de na h-ubhlan, 's chuir e 'n darna seòrsa ann an aon cheann do 'n phoca, 's an seòrsa éile anns a' cheann eile. Chunnaic e soitheach a' dol seachad; chrath e rithe; thàinig bàta gu tir; 's thug iad air bòrd e. Thug an caibhtinn sìos e gu biadh, 's dh' fhàg e 'm poca gu h-ard. Dh' fhosgail na seòladairean am poca a dh' amharc de 'bh 'ann. Nur a chunnaic iad gur h-ubhlan a bh' ann thòisich iad air an itheadh. Dh' ith iad an seòrsa 'chuireadh adhaircean féidh orra. Chinn adhaircean féidh orra, 's thòisich iad air leum air a chéile gus an robh iad a' brath an soitheach a bhrisdeadh. Nur a chuala an caibhtin an starum thàinig e nìos, s nur a chunnaic e iad thuirt e, "Dhroch dhuine dé tha thu an déigh a dhèanadh air mo dhaoine nis?" "De," urs' Iain, "a chuir do dhaoine-sa cho miomhail 's gun rachadh iad a dh' fhaicinn de bhiodh ann am poca duine sam bith? De bheir thu dhomh," urs' Iain, "ma dh' fhàgas mi iad mur a bha iad roimhid?" Ghabh an sgiobair eagal, 's thuirt e gun d' thugadh e dha an soitheach agus an luchd aig a' chiad phort a ruigeadh iad. Dh' fhosgail e 'n so am poca, 's thug e dhaibh an seòrs' eile, 's thuit na h-adhaircean diu. 'S e luchd òir a' bh' air an t-soitheach, agus 's ann a Bhailecliath a bha i 'dol. Nur a ràinig iad thuirt an caibhtinn ris, e 'bhi 'gabail càram de 'n t-soitheach 's de 'n luchd, gun robh esan réidh is i. "Dèan faighidinn," urs' Iain, "gus am faic sinn démur a théid duinn ann an ceann beagan làithean."

Dh' fholbh e 'n la 'r na mhàireach a reic nan ubhlan feadh a' bhaile, 's gun air ach aodach srachdte. Chaidh e suas feadh a' bhaile, 's thàinig e ma choinneamh tigh an rìgh, 's chunnaic e nighean an rìgh 's a ceann a mach air uinneag. Dh' iarr i punnd de na h-ubhlan a chur suas a 'h-ionnsuidh. Thuirt esan i dh'

[TD 192]

fheacainn démur a chòrdadh iad rithe an toiseach. Thilg e 'suas ubhal urra de 'n t-seòrsa 'chuireadh ceann féidh urra. Nur a dh' ith i 'n ubhal thàinig ceann féidh urra. Chuir an rìgh fios a mach nam faichte duine sam bith a léighseadh a nighean gum faigheadh e peic òir is peic airgid, 's i féin r'a phòsadh. Bha i mur sin mòran làithean, 's gun duine 'tighinn a bha déanadh math sam bith. Thàinig Iain gus an dorusd leis an aodach shrachdte 'g iarraidh a stigh, 's nur a chunnaic iad a choslas cha leigeadh iad a stigh e, ach bha bràthair beag aicise a chunnaic iad 'ga chumail a mach 's dh'innis e d'a athair e, 's thuirt a h-athair ged a b' e bleidire an lòin a bhiodh ann a leigeil a stigh. Chaidh fios as a dhéigh a 'thilleadh, agus thill e. Thuirt an rìgh ris an léighseadh e 'nighean, 's thuirt e gum feuchadh e ris. Thug iad suas e do 'n t-seombar far an robh i. Shuidh e, 's thug e 'mach leobhar a phòca 's gun ni sam bith ann, a' leigeil air gun robh e 'ga 'leubhadh. "An do mheall thusa," urs'

esan, "fìdeag o shaighdear bochd, nur a sheinneadh e i 'bheireadh e gu meadhan a réiseamaid." "Mheall," urs' ise. "Mar a' bheil sin air faotainn," urs' esan, "cha 'n urrainn mise do leigheas." "Tha," urs' ise. Thug iad a' ionnsuidh an fhìdeag. Nur a fhuair e 'n fhìdeag thug e dhi piosa de dh' ubhal, 's thuit fear de na cabair dhi. "Cha 'n urrainn mi," urs' esan, "tuillidh a dhèanadh an diugh, ach thig mi 'm màireach."

Dh' fholbh e 'n sin a mach, 's thachair a sheana chompanaich air, 's e cheaird a bh' aca 'bhi buacadh aoil, 's a' tarruinn uisge do chlachairean. Dh' aithnich esan iadsan, ach cha d' aithnich iadsan esan. Cha do leig e rud sam bith air, ach thug e dhaibh deich tasdain, 's thuirt e riu, "òlaibh deoch slàinte an fhir a thug dhuibh e."

Dhealaich e 'n sin riu, 's thill e gus an t-soithich. An la 'r na mhàireach chaidh e far an robh nighean an rìgh. Thug e mach an leabhar, 's thuirt e rithe, "An do mheall thusa sporan o shaighdear bochd, a bhiodh làn òir is airgid h-uile h-uair a dh' fhosgaitl' e?" "Mheall," ars' ise. "Mar a' bheil sin air faotainn," urs' esan, "cha 'n urrainn mise do leigheas." "Tha," urs' ise, 's thug ian dha an sporan. Nur a fhuair e e thug e dhi piosa do 'n ubhal, 's thuit cabar eile dhi. "Cha 'n urrainn mi tuillidh a dhèanadh an diugh," urs' esan, "ach thig mi 'n ath oidhche."

Chaidh e far an robh 'sheana chompanaich, 's thug e dhaibh deich tasdain eile, 's thuirt e riu deoch slàinte an fhir a thug

[TD 193]

dhaibh e òl. Thill e 'n sin thun an t-soithich. Thuirt an caibhtin ris an robh e 'dol a ghabhail cùram do 'n t-soitheach a nis. Thuirt esan, "Glac faighidinn gu ceann latha na dha gus am faic sinn démur a thèid duinn." Thill e an ath oidhche a dh' fhaicinn nighean an rìgh. Thug e tarrainn air a leabhar mar a b' àbhaist dha. "An do mheall thusa," urs' esan, "tuthailt o shaighdear bochd, a bhiodh làn de na h-uile seòrsa bìdh a' h-uile h-uair a dh' fhosgaitl i?" "Mheall," urs' ise. "Mar a' bheil an tuthailt sin air faotainn cha 'n urrainn mise do leigheas," urs' esan. "Tha," urs' ise. Thug iad dha i. Cho luath 's a fhuair esan i thug e ubhal shlàn dhi, 's nur a dh' ith i i bha i mar a bha i roimhid. Fhuair e 'n sin peic òir is peic airgid, 's thuirt iad ris gum faigheadh e i féin ri 'pòsadh, "Thig mi 'm màireach," urs' esan.

Ghabh e rathad a sheana chompanach air an t-siubhal so cuideachd; thug e deich tasdain daibh; 's thuirt e riu deoch slàinte an fhir a thug dhaibh e òl. Urs' iadsan, "Bu mhail leinn fios a bhi againn co an caraid caoimhneil a tha 'toirt duinn a' leithid' a' h-uile h-oidhche?" "Am bheil cuimhn' agaibh," urs' esan, "nur a bha sinn 'na leithid so do dh' àite, 's a gheall sin do na tri nigheanan gun rachamaid ann bliadhna o 'n am sin a rithisd?" Dh' aithnich iad an sin e. "Chaidh an ùine sin seachad o chionn fada," urs' iadsan. "Cha deachaidh," urs' esan; "'s i an ath oidhche an oidhche." Thill e far an robh an caibhtinn, 's thuirt e ris gum faodadh e féin 's a luchd

a bhi folbh, nach biodh esan a' cur dragh air, gun robh na leòir aige.

An la 'r na mhàireach chaidh e seachad tigh an rìgh, 's thuirt nighean an righ ris, "Am bheil thu dol am' phòsadhbh an diugh?" "Cha 'n 'eil na 'màireach," urs' esan. Thill e far an robh càch, 's thòisich e air cur an òrdugh air son dol far an do gheall iad. Thug e 'n sporan do 'n séirdsean, an tuthailt do 'n chorporal, 's ghléidh e féin an fhìdeag. Cheannaich e tri eich, 's dh' fholbh iad air mharcachd ann an cabhaig mhòir do 'n aite an do gheall iad dol. Nur a ràinig iad an tigh rug iad air a' chraoibh, is thainig i leis air a' chiad spònadh. Thàinig na tri nigheanan gu geal, gàireachdach far an robh iad, 's bha iad saor o na geasan. Thug a' h-uile fear dhiu leis a thè féin, 's thàinig iad air an ais do Bhailecliath, 's phòs iad.<eng>

[Beurla]

[TD 194–198]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 199–201]

XI.

#### THE STORY OF THE WHITE PET.

From Mrs. MacTavish, widow of the late minister of Kildalton, Islay.

[Beurla]

[TD 202]

[Beurla]

<gai>SGEULACHD A PHEATA BHAIN.

BHA Tuathanach ann roimhe so aig an robh Peata bànn; agus 'n uair a bha an Nollaig a' teannadh air smuaintich e gu 'marbhadh e 'm Peata bànn. Chuala am Peata bànn sin agus smuaintich e gun teichadh e, agus 'se sin a rinn e. Cha deachaidh e fada 'n uair a thachsir Tarbh air. Thubhairt an tarbh ris, "Fàilte dhuitse a' Pheata bhàin; càite am bheil thusa a' dol? "Tha mi," ars' am

[TD 203]

peata ban, "a' falbh a dh' iarridh an fhortain, bha iad a' dol a m' mharbhadh a dh' ionnsuidh na Nollaig agus smuaintich mi gum b' fheàrr domh teicheadh." "S' feàrr domhsa ars' an Tarbh falbh leat: oir bha iad a' dol a dhianadh a leithid eile ormsa." "Tha mi toileach," ars' 'm Peata bànn; mar is mò a' chuideachd 'sann is fheàrr 'n làn-aidhir." Ghabh iad air 'n aghaidh gus an do thachuir

Cù orra. "Fàilte dhuit a Pheata bhàin," ars' an Cu. "Failte dhuit fhé' 'choin." "Càite 'm bheil thu a' dol?" ars' an Cu. "Tha mi aig teicheadh bho 'n a chuala mi gun robh iad a' brath mo mharbhabh air son na Nollaig." Bha iad a' dol a dhianadh a leithid cheùdna ormsa," ars' an Cu, "agus falbhaidh mi leibh." "Thig," mata ars' am Peata bànn. Dh' fhalbh iad an sin gus an do chomhlaich Cat iad? "Failte dhuit a pheata bhàin ars' an cat. Fàilte dhuit fhé' a Chait." "Caite am bheil thu a' dol?" ars' an Cat. "Tha mi a' dol a dh' iarridh an fhortain," ars' am Peata ban, "a chionn gu'n robh iad a' dol am' mharbhadh air an Nollaig." "Bha iad aig iomradh air mise mharbhadh cuideachd," ars an Cat, "agus 's féarr dhomh falbh leibh." "Thugainn mata," ars' 'm Peata bànn. Ghabh iad an sin air an aghaidh gus an do choinnich Coileach iad. "Fàilte dhuit a Pheata bhàin," ars' an Coileach. "Fàilte dhuit fhé'," ars' am Peata bànn. "Caite," ars' an Coileach, "am bheil thu a dol?" "Tha mi," ars' am Peata bànn, "a' falbh o 'n a bha iad a mòidhadh mo mharbhabh aig an Nollaig." "Bha iad a' dol am' mharbhabh-sa aig an am cheudna," ars' an Coileach, "agus theid mi leibh." "Thig mata," ars' am Peata bànn. Ghabh iad air an aghaidh gus an do thachair giadh orra. "Fàilte dhuit a Pheata bhàin," ars' an géadh. "Fàilte dhuit fhé' a gheoidh," ars' am Peata bànn. "Caite am bheil thu a dol?" ars' an gèadh. "Tha mise," ars' am Peata ban, "a' teichadh, a chionn gu 'n robh iad a dol am' mharbhadh aig an Nollaig." "Bha iad a dol a' dhèanadh sin ormsa cuideachd," ars' an Gèadh, "agus falbhaidh mi leibh." Ghabh a' chuideachd air an aghaidh gus an robh an oidhche 'teannadh orra, agus chunnaic iad solus beag fada bhuatha 's ge b' fhada bhuatha cha bh' fhada 'ga ruigheachd. An uair a ràiniig iad an tigh, thubhairt iad ri 'cheile gun amhairceadh iad a stigh air an uinneag a dh' fhaicinn co a bha anns an tigh; agus chunnaic iad meairlich a' cunntas airgid; agus thubhairt am Peata bànn. "Glaoidhidh na uile aon aguinn a ghlaodh féin; glaoidhidh mise mo ghlaodh; agus glaoidhidh an Tarbh a ghlaodh fein; glaoidhidh an Cù a ghlaodh fein; agus an

[TD 204]

Cat a ghlaodh fein; agus an Coileach a ghlaodh fein; agus an Gèadh a ghlaodh féin." Leis sin thug iad aon ghàir asda. An uair a chuala na meairlich a' ghàir a bha muidh shaoil iad gun robh an donas ann, agus theich iad amach, agus dh' falbh iad do choille a bha dlùth daibh. An uair a chunnaic am Peata bànn agus a chuideachd gun robh an tigh falamh 'chaidh iad a stigh, agus fhuair iad an t-airgid a bha aig na meairlich 'ga chunntas, agus roinn iad eatorra fein e. An sin smuaintich iad gun gabhadh iad mu thàmh. Thubhairt am Peata bànn, "Caite an caidil thus' an nochd a Thairbh." "Caidlidh mise," ars' an tarbh, "cùl an doruis far an àbhaist domh." "Caite an caidil thu fein a Pheata bhàin?" "Caidlidh mise," ars' am Peata bànn am meadhan an ùlair far an àbhaist domh." "Caite an caidil thus' a Choin?" ars' am Peata bànn. "Caidlidh mise taobh an teine far an àbhaist domh," ars' an Cù, "Caite an caidil thus' a Chait?" "Caidlidh mis'," ars' an Cat, "ann am preas nan coinnleann far an toil leam a bhith." "Caite an caidil thus' a Choilich?" ars' am Peata bànn. "Caidlidh mise," ars' an Coileach, "air an spàrr far an àbhaist domh." "Caite an caidil thus a Gheòidh?" "Caidlidh mise," ars' an Géadh air an dùnan far an robh mi cleachte ri bhith."

Cha robh iad fada air gabhail mu thamh an uair a thill fear do na meairlich a dh' amharc a stigh feuch am mòicheadh e an robh aon sa' bith 'san tigh. Bha na uile ni sàmhach agus dh' ealuith e air aghaidh gu preas nan coinnlean airson coinneal a lasadh e dheanadh soluis da, ach an uair a chuir e làmh 'sa bhocsa shàbh an cat ìnean na laimh, ach thug e leis a' choinneal agus dh' fheuch e ri 'lasadh. An sin dh' eirich an cù agus chuir e earball ann am poit uisge bha aig taobh an teine; chrath e earball agus chuir e as a choinneal. Shaoil am meairleach an sin gu robh an donus 'san tigh agus theich e; ach an uair a bha e dol seachad air a' Pheata bhàn thug e buille dha; mun d' fhuar e seachad air an tarbh thug e breab dha; agus thòisich an coileach air glaoidhich; agus an uair a chaidh e mach thòisich an gèadh air a ghreadadh le 'sgiathan mu na luircnean. Chaidh e don choillidh far an robh a chompanich, co luath 'sa bha 'na chasan. Dh' fheòraich iad dheth cia mar chaidh dha. "Cha deachaidh," ars' esan, "ach meadhonach; an uair a chaidh mi gu preas nan coinnlean bha fear ann a shàth deich sgeanan ann am laimh, agus an uair a chaidh mi gu taobh an teine a lasadh na coinneal bha fear mor, dubh 'na luidhe ann a bha spreadadh uisge urra 'ga cuir as, agus

[TD 205]

an uair a thug mi làmh air dol amach bha fear mor am meadhan an urlair a thug utag domh, agus fear eil' aig cùl an doruis a phut amach mi, agus bha ablach beag air an fharadh aig glaoidhich amach, "cuir an nios an so e 's foghnaidh mi fhein dha," agus bha Griasaich amach air an dùnan 'gam ghreadadh mu na casan le apran. A nuair a chual na meairlich sin cha do phill iad a dh' iarridh an cuid airgid, agus fhuair am Peata bànn agus a chompanaich dhaibh fein e, agus chum e socair iad am feadh 'sa bha iad beo.<eng>

[Beurla]

[TD 206–207]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 208–213]

XII.

THE DAUGHTER OF THE SKIES.

From James MacLauchlan, servant, Islay.

[Beurla]

[TD 214]

<gai>NIGHEAN RIGH NAN SPEUR.

BHA siod ann roimhe so tuathanach, 's bha triùir nigheanan aige, 's mòran cruidh is chaorach. Dh' fholbh e la' a'm faicinn 's cha robh gin r'a fhaotainn dhiu, 's thug e fad an latha 'gan iarraidh. Chunnaic e, anns an anamoch a' tighinn dachaidh, cuilean beag a' ruith feadh pàirce. Thàinig an cuilean far an robh e, "De bheir thu dhòmhhs," urs' esan, "ma gheobh mi do chuid cruidh is caorach dhuit?" "Cha 'n 'eil fhios'am féin a ruid ghrannda. De bhios thu 'g iarraidh? 's bheir mise dhuit e de ni sam bith a th' agam." "An d' thoir thu dhomh," urs' an cuilean, "do nighean mhòr r'a pòsadh." "Bheir mise dhuit i," urs' esan, "ma ghabhas i féin thu." Chaidh iad dhachaidh, e féin 's an cuilean. Dh' fhoighneachd a h-athair d'a nighean bu shine an gabhadh i e, 's thuirt i nach gabhadh. Thuirt e ris an darna té am pòsadh ise e, 's thuirt i nach gabhadh. Thuirt e ris an darna té am pòsadh ise e, 's thuirt i nach pòsadh, ged nach faichte an crodh gu bràth. Thuirt e ris an té b' òige am pòsadh ise e, 's thuirt i gum pòsadh. Phòs iad, 's bha 'peathraichean a' magadh urra airson gu do phòs i e. Thug e leis dhachaidh i d'a àite féin. Nur a thàinig e g' a àite còmhnuidh féin dh' fhàs e 'na dhuine ciatach. Bha iad còmhla ùine mhòr, 's thuirt ise gum b' fheàrra dhi dol a dh' amharc a h-athar. Thuirt esan rithe i thoirt an aire nach fhanadh i gus am biodh clan aice. Bha i torrach 'san am. Thuirt i nach fanadh. Thug e dhi steud, 's thuirt e rithe, cho luath 's a ruigeadh i 'n tigh an t-srian a thoirt as a ceann, 's a leigeil air folbh, 's nur a bhiodh toil aice tighinn dachaidh nach robh aic' ach an t-srian a chrathadh, 's gun d' thigeadh an steud 's gun cuireadh i 'ceann innte. Rinn i mar a dh' iarr e urra. Cha robh i fad' an tigh a h-athar nur a dh' fhàs i gu bochd 'sa chaidh a h-asaid. An oidhche sin bha daoine cruinn aig a' ghealbhan 'ga 'faire. Thàinig an aona cheòl a bu bhinne chualas riamh feadh a' bhaile, 's chaidil a' h-uile duine stigh ach ise. Thàinig esan a stigh 's thug e uaithe am pàisde. Ghabh e 'mach 's dh' fholbh e. Stad an ceòl, 's dhuisg gach duine, 's cha robh fios de 'n taobh a chaidh am pàisde. Cha d' innis i ni sam bith, ach cho luath 's a dh' 'eiridh i thug i leatha an t-srian, 's chrath i i, 's thàinig an steud, 's chuir i 'ceann innte. Ghabh i air mharcachd urra, 's ghabh an steud air folbh dhachaidh; bheir-

[TD 215]

eadh ise air a ghaoith luath Mhàrt a bh' air thoiseach orra, 's cha bheiseadh a ghaoth luath Mhàrt a bha na déigh orra. Ràinig i.

"Thàinig thu," urs' esan. "Thàinig," urs' ise. Cha do leig e rud sam bith air rithe, 's cha mhòtha leig ise rud sam bith orra risan. Dlùth air ceann tri ràithean a rithisd thuirt ise, "'S fheàrra dhomh dol a dh' amharc m' athar." Thuirt e rithe air an t-siubhal so mar a thuirt e roimhid. Thug i leatha an steud 's dh' fholbh i. Nur a ràinig i thug i 'n t-srian a ceann na steud, 's leig i dhachaidh i, 's an oidhche sin féin chaidh a h-asaid. Thàinig esan mar a rinn e roimhid le ceòl. Chaidil a' h-uile duine, 's thug e leis am pàisde. Nur a stad an ceòl dhùisg iad air fad. Bha 'h-athair air a h-aodann ag ràdh rithe gum feumadh i innseadh de bu chiall de 'n ghnothach. Cha 'n innseadh ise ni sam bith. Nur a dh' fhàs i gu math, 's a dh' eirich i, thug i leatha, an t-srian, chrath i i, 's thainig an

steud, 's chuir i ceann innte. Ghabh i air folbh dhachaidh. Nur a ràinig i thuirt esan. "Thàinig thu." "Thàinig," urs' ise. Cha do leig e rud sam bith aire rithe, 's cha mhòtha 'leig ise urra risan. An ceann tri ràithean a rithisd thuirt i, "'S fheàrra dhomh dol a dh' amharc m' athar." "Dèan," urs' esan, "ach thoir an aire nach dèan thu mar a rinn thu an da shiubhal roimhid." "Cha dèan," urs' ise. Thug e dhi an steud, 's dh' fholbh i. Ràinig i tigh a h-athar, 's dh' asaideadh i 'n oidhche sin féin. Thàinig an ceòl mar a b' àbhaist, 's thugadh am pàisd' air folbh. Bha 'h-athair air a h-aodann an sin, 's e 'dol a 'marbhadh mar an innseadh i dé 'bha tachairt do na pàisdean, no dé 'n seòrsa duine a bh' aice. Leis an eagal a chuir e urra dh' innis i dha e. Nur a dh' fhàs i gu math, thug i leatha an t-srian gu cnoc a bha ma 'coinneamh, 's thòisich i air crathadh na sréine feuch an d'thigeadh an steud, na'n cuireadh i 'ceann innte, 's ged a bhiodh i 'crathadh fhathasd cha d' thigeadh an steud. Nur a chunnaic i nach robh i 'tighinn ghabh i mach 'na cois. Nur a ràinig i cha robh duine stigh ach a' chailleach a bu mhàthair dha. "Tha thusa gun fhear tighe an diugh," urs' a' chailleach, "'s ma bhios thu tapaidh beiridh thu air fhathasd."

Ghabh i air folbh, 's bha i 'folbh gus an d' thàinig an oidhche orra. Chunnaic i 'n sin solus fada uaithe, 's ma b' fhada uaithe cha b' fhada bha ise 'ga 'ruigheachd. Nur a chaidh i stigh bha urlar réidh sguabte roimhpe, 's bean an tighe 'sniomh shuas an

[TD 216]

ceann an tighe. "Thig a nìos," ursa bean an tighe, "tha fios do sheud 's do shiubhail agamsa. Tha thu folbh feuch am beir thu air t-fhear. Tha e 'folbh a phòsadh nighean rìgh nan speur." "Tha!" urs' ise. Dh' éirich bean an tighe; rinn i biadh dhi; chuir i air uisge 'ghlanadh a cas; 's chuir i 'laidhe i. Ma bu luath a thàinig an latha bu luaithe na sin a dh' éirich bean an tighe 'sa rinn i biadh dhi. Chuir i air a cois i 'n sin airson folbh, 's thug i dhi siosar a ghearradh leis féin, 's thuirt i rithe. "Bidh thu ann an tigh mo phiuthar mheadhonachsa nochd." Bha i 'folbh 's a' folbh, gus an d' thàinig an oidhche urra. Chunnaic i solus fada uaithe, 's ma b' fhada uaithe cha b' fhada bha ise 'ga ruigheachd. Nur a chaidh i stigh bha 'n tigh réidh, sguabte; gealbhan air meadhan an urlair, 's bean an tighe 'sniomh an ceann a' ghealbhain. "Thig a nìos," ursa bean an tighe, "tha fios do sheud 's do shiubhail agamsa." Rinn i biadh dhi; chuir i air uisge; ghlan i 'casan 's chuir i laidhe i. Cha bu luaithe a thàinig an latha na 'chuir bean an tighe air a cois i, 's a rinn i biadh dhi. Thuirt i rithe gum b' fheàrra dhi folbh, 's thug i dhi snàthad a dh' fhuagheadh leatha féin. Bidh thu ann an tigh mo pheathar is òige a nochd," urs' ise.

Bha i folbh 's a' folbh gu deireadh latha 's beul anamoich. Chunnaic i solus fada uaithe, 's ma b' fhada uaithe cha b' fhada bha ise 'ga ruigheachd. Chaidh i stigh. Bha 'n tigh sguabte, 's bean an tighe 'sniomh os ceann a' ghealbhain. "Thig a nìos," urs' ise, "tha fios do sheud 's do shiubhail agamsa." Rinn i biadh dhi, chuir i air uisge, ghlan i 'casan, 's chuir i laidhe i. Ma bu luath a thàinig an latha, bu luaithe na sin a dh' éirich bean an tighe; chuir i air a

cois i, 's rinn i biadh dhi. Thug i dhi ceairsle shnàth 's rachadh an snàthainn anns an t-snàthad leis féin, 's mur a ghearradh an siosar, 's mur a dh' fhuaigheadh an t-snàthad, chumadh a cheairsle snàth ruitha. "Bidh thu anns a' bhaile nochd."

Ràinig i 'm baile ma fheasgar 's chaidh i stigh do thigh chailleach chearc an rìgh. Shuidh i 'leigeil a sgòs; bha i ga garadh aig a' ghealbhan; thuirt i ris a' chailllich obair a' thoirt dhi, gum b' fheàrr leatha 'bhi 'g obair na bhi 'na tàmh. "Cha 'n 'eil duine dèanadh turn 's a' bhaile so n diugh," ursa a' chailleach; "tha pòsadh aig nighean an rìgh." "Ud!" urs' ise ris a' chailllich, "thoir dhomh aodach r'a fhuagh, na léine 'chumas mo làmh air folbh." Thug i dhi léinteán r'a dhèanadh. Thug i mach

[TD 217]

siosar a a pòca; chuir i dh' obair e; chuir i 'n t-snàthad a dh' obair as a dhéigh. Mar a ghearradh an siosar dh' fhuaigheadh an t-snàthad, 's rachadh an snàth anns an t-snàthaid leis féin. Thàinig té do shearbhantan an rìgh stigh; bha i 'g amharc urra; 's bha e cur ioghnadas mòr urra démur a bha i 'toirt air an t-siosar 's air an t-snàthad oibreachadh leotha féin. Chaidh i dhachaidh, 's dh' innis i do nighean an rìgh gun robh té ann an tigh chailleach nan cearc, 's gun robh siosar agus snàthad aice a dh' oibreachadh leotha féin. "Matha," ursa nighean an rìgh, "theirig thusa nunn anns a' mhaidinn, 's abair rithe de 'ghabhas i air an t-siosar." Ann a' mhaidinn chaidh i 'nunn, 's thuirt i rithe gun robh nighean an rìgh a' foighneachd dé ghabhadh i air an t-siosar. "Cha 'n iarr mi," urs' ise, "ach cead laidhe far an do laidh i féin an rair." "Theirig thusa nunn," ursa nighean an rìgh, "'s abair rithe gum faigh i sin." Thug i 'n siosar do nighean an rìgh.

Nur a bha iad a' dol a laidhe thug nighean an rìgh deoch chadail dàsan, air alt 's nach dùisgeadh e. Cha do dhùisg e fad na h-oidhche, 's cha bu luaithe a thàinig an latha na thàinig nighean an rìgh far an robh ise, 'sa chuir i air a cois i. An la 'r na mhàireach bha i 'g obair leis an t-snàthaid, 's a' gearradh le siosar eile. Chuir nighean an rìgh an searbhanta nunn a dh' fhoighneachd dé ghabhadh i air an t-snàthaid. Thuirt i nach gabhadh ni sam bith ach cead laidhe far an do laidh i rair. Dh' innis an searbhanta so do nighean an rìgh. "Gheobh i sin," ursa nighean an rìgh. Dh' innis an searbhanta gum faigheadh i siod, 's fhuair i 'n t-snàthad. Nur a bha iad a' dol a laidhe thug nighean an rìgh deoch chadail da, 's cha do dhùisg e 'n oidhche sin. Bha 'm mac a bu shine bh' aige ann an leaba làmh riutha, 's bha e 'ga 'cluinnntinn a' bruidhinn ris feadh na h-oidhche, 's ag ràdh ris gum b'i màthair a thriùir chloinn' i. Bha athair 's e féin a' gabhail sràid a mach, 's dh' innis e d'a athair dé 'bha e 'cluinnntinn. An latha so chuir nighean an rìgh an searbhanta a dh' fheòraich de' ghabhadh i air a' cheairsle, 's thuirt i rithe nach iarradh i ach cead laidhe far an do laidh i 'n rair, "Gheobh i sin," ursa nighean an rìgh. An oidhche so nur a fhuair e 'n deoch chadail thaom e i, 's cha d' òl e idir i. Feadh na h-oidhche thuirt ise ris gum b' e athair a triùir mac, 's thuirt esan gum b' e.

Anns a mhaidinn, nur a thàinig nighean an rìgh nuas, thuirt e rithe i 'dhol suas, gum bi 'bhean a bha leis. Nur a dh' eiridh iad

[TD 218]

dh' fholbh iad airson dol dachaiddh. Thàinig iad dachaiddh; dh' fholbh na geasan deth. Chuir iad còmhla 's dhealaich mise riutha, 's dhealaich iadsan riumsa.<eng>

[Beurla]

[TD 219]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 220–221]

XIII.

THE GIRL AND THE DEAD MAN.

From Ann Darroch, Islay.

[Beurla]

[TD 222]

[Beurla]

<gai>AN NIGHINN AGUS AN DUINE MARBH.

BHA bean bhochd ann roimhe so, 's bha triùir nighean aice. Thuirt an té bu shine dhiu r'a màthair, "'S fheàrra dhomh fhéin dol a dh' iarraidh an fhortain." "'S fheàrra dhòmhs," ursa a

[TD 223]

màthair, "bonnach a dheasachadh dhuit." Nur a bha 'm bonnach réidh thuirt a mathair rithe, cò'ca 's fheàrr leat a' bhlaidd bheag 's mo bheannachd na 'bhlaidd mhor 's mo mhollachd." "'S fheàrr leam," urs' ise, "a' bhlaidd mhòr 's do mhollachd." Dh' fholbh i. Nur a bha 'n oidhche 'casadh urra shuidh i 'chois gàrraidh a dh' itheadh a' bhonnaich. Nur a shuidh i 'dh' itheadh a' bhonnaich chruinnich an t-sreach chuileanach, 's a da chuilean deug, 's eòin bheag an athar timchioll urra airson pàirt de 'n bhonnach. "An d' thoir thu dhuinne pàirt de 'n bhonnach," urs' iadsan. "Cha d' thobhair a bheathaichean grànnida; cha mhòr a th' agam dhomh féin. "Biodh mo mhollachds' agadsa, 's mollachd mo dha eun deug, 's e mollachd do mhàthar is measa dhuit air fad."

Dh' éirich i 's dh' fholbh i, 's cha robh leith a leoir 's a' bhlaidd bhonnaich. Chunnaic i tigh beag fada uaithe, 's ma b' fhada

uaiithe cha b' fhada bha ise 'ga ruigheachd. Bhuail i 'san dorusd. "Co tha siod?" "Searbhantha math aig iarraidh maighstir." "Tha sin a dhìth oirnne," urs' iadsan, 's fhuair i 'stigh. Bha peic òir is peic airgid aice r'a fhaotainn, 's i ri aithreachach a' h-uile h-oidhch' a' faire duine marbh, bràthair do bhean an tighe 'bha fo gheasan. Bha aice cuideachd de chnuthan mar a bhrisdeadh i; de shnàthadan mar a chailleadh i; 's do mheurain mar a tholladh i; de shnàth mar a chosdadadh i; de choinnlean mar a loisgeadh i; leaba do n t-siod' uaine thairte; leaba de 'n t-sioda uaine fòiche; codal 'san latha, 's aithreachadh 'san oidhche.

A' chiad oidhche, nur a bha i 'faire, thuit i 'na cadal. Thàinig a banamhaighstir a stigh; bhuail i 'n slachdan draoidheachd urra; thuit i sìos marbh; 's thilg i mach cùl an dùnain i.

Thuirt an té mheadhonach r'a màthair, "'S fhearra domh dol a dh' iarraidh an fhortain, 's mo phuithar a leantainn." Dheasaich a màthair bonnach, 's roighnich ise an leith mhòr is mollachd a màthar, mar a rinn a piuthar a bu shine. Thachair dhi mar a thachair d'a piuthar.

Thuirt an té b' òige r'a màthair, "S fheàrra dhomh féin dol a dh' iarraidh an fhortain cuideachd, 's mo pheathraighean a leantainn." "'S fheàrr dhòmhsa bonnach a dheasachadh," urs' a màthair. "Cò'ca 's fheàrr leat a' bhlaidd bheag 's mo bheannachd, na 'bhlaidd mhòr 's mo mhollachd." "'S fheàrr leam a bhlaidd bheag 's bhur beannachd." Dh' fholbh i. Bha 'n oidhche 'casadh urra, 's shuidh i 'chois gàrraidh a dh' itheadh a bhonn-

[TD 224]

aich. Chruinnich an t-sreath chuileanach, 's an da chuilean deug, 's eòin bheag an athar timchioll urra. "An d' thobhair thu dhuinne rud dheth sin?" "Bheithir a bheathaichean bòidheach, ma ni sibh comaith rium féin." Thug i dhaibh rud de 'n bhonnach; dh' ith iad e; 's bha na leoир acasan 's na leòir aice féin. Chlap iad an sgiathan timchioll urra, 's bha i 'na falas leis a' bhlàthas.

Dh' fholbh i. Chunnaic i tigh beag fada uaiithe, 's ma b' fhada uaiithe cha b' fhada 'bha ise 'ga 'ruigheachd. Bhuail i 'san dorusd. "Co siod?" "Searbhanta math aig iarraidh maighstir." "Tha sin a dhìth òirnne." Se 'n tuarasdal a bh' aice peic òir is peic airgid; de chnuthan mar a bhrisdeadh i; de shnàthadan mar a chailleadh i; de mheurain mar a tholladh i; de shnàth mar a chosdadadh i; de choinnlean mar a loisgeadh i; leaba de n t-siod' uaine thairte, 's leaba de 'n t-siod uaine fòiche.

Shuidh i 'faire an duine mhairbh, 's bha i fuaghais. Air a' mheadhon oidhche dh' éirich esan, 's chas e braoisiг air. "Mar an laidh thu sìos mar a th' agad bheir mise aon straoileadh dhuit de bhata." Laidh e sìos. Ann ceann tacan beag a rithisd dh' éirich e air a leith-uilinn, 's chas e braoisiг air, 's an treas uair dh' éirich e 's chas e braoisiг air!!" Nur a dh' éirich e 'n treas uair bhuail i straoileadh de 'n bhat' air. Lean am bata ris an duine mharbh; lean

an lamh ris a' bhata! 's a mach a bha iad. Ghabh iad air an aghaidh gus an robh iad a' dol romh choille. Mar a b' ìseal dise b' àrd dhàsan e, 's mar a b' àrd dhàsan e b' ìseal dise e. Bha na cnuthan a' toirt nan sùl asda, 's na h-àirnean a' toirt nan cluas dhiutha, gus an d' fhuair iad romh 'n choille. An déigh dol romh 'n choille thill iad dachaidh. Fhuair i peic òir is peic airgid, 'sam ballan ìocshlaint. Rub i 'm ballan ìocshlaint r'a da phiuthar, 's thug i beò iad. Thill iad dhachaidh. Dh' fhàg iad mise a'm 'shuidhe so, 's ma bha iad gu math 's math, 's mar an robh leigear dhaibh.<eng>

[Beurla]

[TD 225]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 226–228]

#### XIV.

#### THE KING WHO WISHED TO MARRY HIS DAUGHTER.

From Ann Darroch, Islay.

[Beurla]

[TD 229]

[Beurla]

<gai>URSGEUL.

BHA 'siod rìgh ann roimhe so, 's phòs e, 's cha robh aige ach an aon nighean. Nur a shiubhail a' bhean cha phòsad e gin ach te 'fhreagradh a h-aodach dhi. Dh' fheuch a nighean latha aodach a màthar urra, 's thàinig i 's leig i fhaicinn d'a h-athair mar a fhreagradh e dhi. Bha e 'freagairt dhi gu math. Nur a chunnaic a h-athair i, cha phòsad e bean ach i. Chaidh i 'caoineadh far an robh a muime, 's thuirt a muime rithe dè bh' urra. Thuirt i gun robh a h-athair a' cur roimhe gum pòsadh e i. Thuirt a muime rithe 'ràdh ris nach pòsadh e i gus am faigheadh e dhi guthann de chlòimhe na h-eala.

Dh' fholbh e 's an ceann la is bliadhna thàinig e, 's an guthann leis. Chaidh i 'rithisd a ghabhail comhairl' a muime. "Abair ris," urs' a muime, "nach pòs thu e gus am faigh e dhuit guthann de chanach an t-sléibhe." Thuirt i so ris. Dh' fholbh e, 's an ceann la is bliadhna thill e 's guthann de chanach an t-sléibhe leis. "Abair ris a nis," urs' a muime, "nach pòs thu e gus an d' thoir e 't' ionnsuidh guthann siod a sheasas air an làr le h-òr 's le airgiod." An ceann la is bliadhna thill e leis a ghuthann.

[TD 230]

"Abair ris a nis," urs' a muime, "nach pòs thu e gus an d' thoir e 't ionnsuidh bròg òir is bròg airgid." Fhuair e dhi bròg òir is bròg airgid. "Abair ris a nis," ursa a muime, "nach pòs thu e mar an d' thoir e 't' ionnsuidh cisde a ghlaiseas a mach 's a stigh, 's is coingeis leatha bhi air muir na air tìr."

Nur a fhuair e chisde phaisg i chuid a b' fheàrr de dh' aodach a màthar 's d'a h-aodach féin innse. Chaidh i féin an sin a stigh 's a' chisde, 's dh' iarr i air a h-athair a cur a mach air an fhairge feuch démur a shnàmhadh i. Chuir a h-athair a mach i. Nur a chaidh a chisde' a mach, bha i folbh 's a' folbh gus an deach i as an t-sealladh. Chaidh i air tìr air an taobh eile, 's thàinig buachaille far an robh i airson a brisdeadh, an dùil gun robh feudail anns a' chisde. Nur a bhu e 'dol a 'brisdeadh ghlaoidh ise, "Na déan; ach abair ri t' athair tighinn an so, 's gheobh e na 's fheàird e r'a bheò." Thàinig 'athair 's thug e leis g'a thigh féin i. 'S ann aig righ bha 'm buachaille, 's bha tigh an righ dlùth air. "Nam faighinn," urs' ise, "dol air fasdadadh do 'n tigh mhòr so thall." "Cha 'n 'eil gin a dhìth orr'," urs' am buachaille, "mar am bheil té dhìth orra fo làimh a' chòcaire." Chaidh am buachaille 's bhruidhin e air a son, 's chaidh i 'na searbhanta fo làimh a' chòcaire.

Nur a bha càch a' dol do 'n t-searmoin, 's a dh' fheòraidh iad dhise an robh i dol ann, thuirt i nach robh gun robh beagan arain aice r'a dheasachadh, 's nach b' urrainn i dol ann. Nur a dh' fholbh iadsan thug i urra tigh a' bhuachaille, 's chuir i urra guthann de chlòimhe na h-eala. Chaidh i do 'n t-searmoin, 's shuidh i ma choinneamh mac an righ. Ghabh mac an righ gaol urra. Dh' fholbh ise tacan ma'n do sgaoil an t-searmoin; rèinig i tigh a' bhuachaille; dh' atharraich i h-aodach; 's bha i stigh rompa. Nur a thàinig càch dhachaidh 's ann aig iomradh air a' bhean uasal mhòr a bha 's an t-searmoin, a bha iad. An ath Dòmhnaich thuirt iad rithe, an robh i dol do 'n t-searmoin, 's thuirt i nach robh, gun robh beagan arain aice r'a dheasachadh. Nur a dh' fholbh iadsan rèinig i tigh a' bhuachaille, 's chuir i urra guthann de chanach an t-sléibhe, 's chaidh i do 'n t-searmoin. Bha mac an righ 'na shuidhe far an robh ise an Dòmhnaich roimhid, 's shuidh ise ma choinneamh. Thàinig i mach air thoiseach orra; dh' atharraich i, 's bha i aig an tigh rompa; 's nur a thàinig càch dhachaidh 's ann aig iomradh air a' bhean uasal mhòr a bha 'san t-searmoin a bha iad. An treas Dòmhnaich

[TD 231]

thuirte iad rithe an robh i dol do 'n t-searmoin, 's thuirt i nach robh 'gun robh beagan arain aice r'a dheasachadh. Nur a dh' fholbh iadsan rèinig i tigh a bhuachaille; chuir i urra an guthann a sheasadh air an lèr le h-òr 's le h' airgiad; 's a' bhròg airgid; 's chaidh i 'n t-searmoin. Bha mac an righ 'na shuidhe far an robh ise an Dòmhnaich roimhid 's shuidh ise far an robh esan. Chaidh faire 'chur air na dorsan an Dòmhnaich so. Dh' éirich ise. Chunnaic i fruchag, s' leum i mach air an fhruchaig, ach ghléidh iad gréim air té de na brògan. Thuirt mac an righ té sam bith d'am freagradh a' bhròg gur h' i 'phòsadh esan. Bha mòran a' feuchainn na bròig orra,

's a' toirt dhiu nan ladharan agus nan sàiltean feuch am freagradh i dhaibh, ach cha robh gin d'an robh a' bhrog a' freagairt. Bha eun beag am bàr craobhe, 's e daonnan ag ràdh, h-uile té bha feuchainn na bròig urra—"Big, big, cha 'n ann duit a thig, ach do 'n te bhig a tha fo làimh a' chòcaire." Nur nach robh iad a' faotainn gin d'am freagradh a' bhròg laidh mac an rìgh, 's chaidh a' mhàthair do 'n chidsin a dh' iomradh air a' ghnothach. "Nach leig sibh fhaicinn dòmhs' a' bhròg," urs' ise; "cha dèan mi coire urra co dhiu." "Thusa a ruid ghrannda, shalaich! gum freagradh i dhuitse!" Chaidh i sìos 's dh' innis i so d'a mac. "Nach 'eil fhios," urs' esan, "nach freagair i dhi co dhiu, 's nach fhaod sibh a toirt dhi a 'toileachadh." Cho luath 's a chaidh a' bhròg air an urlar, leum a' bhròg air a cois! "De 'bheir sibh dhòmhs'," urs' ise, "'s an te eile 'leigeil fhaicinn duibh?" Rainig i tigh a bhachaille, 's chuir urra na brògan, 's an trusgan a sheasadh air an lèòr le òr 's le airgiad. Nur a thill i cha robh ach fios a chur air ministir, 's phòs i féin is mac an rìgh.<eng>

[Beurla]

[TD 232-236]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 237-239]

XV.

#### THE POOR BROTHER AND THE RICH.

From Flora MacIntyre, Islay.

[Beurla]

[TD 240]

[Beurla]

<gai>URSGEUL.

BHA bràthair bochd agus bràthair beairteach ann roimhe so. 'Se 'n obair a bh' aig an fhear bhochd a bhi déanadh dhraintan. Dh' fhasdaidh e gille, 's cha robh mìr aca le am biadh ach 'ga 'ghabail tur. "Nach fheàrra dhuinn," urs' an gille; "bò de chuid do bhràthar a ghoid." Dh' fholbh iad agus rinn iad so. Bha 'm bràthair beairteach a' gabail amharuis gur h-iad a ghoid a' bhò, 's cha robh fhios aige dè 'n dòigh a dhèanadh e air faotainn a mach an iad a ghoid i.

Dh' fholbh e 's chuir e 'mhàthair-chéile ann an cisde, 's thàinig e dh' iarraidh rum de 'n chisde ann an tigh a bhràthar. Chuir e aran is càise leis a' chailllich anns a' chisde, 's bha toll urra, air alt gu' mòchadh ise do na h-uile gnothuch. Mhothaich an gille gun robh

a' chailleach anns a' chisde. Fhliuch e saic, is thilg e air muinn na cisd' iad. Bha 'n t-uisge 'sruthadh as na saic air a' chailllich, 's cha robh i 'cluinntinn smid. Chaidh e anns an oidhche far an robh a' chailleach, 's thuirt e rithe an robh i cluinntinn. "Cha 'n 'eil," urs' ise. "Am bheil thu 'g itheadh a' bheag?" "Cha 'n 'eil." "Thoir dhòmhsha piosa de 'n chàise 's gearraidh mi dhuit e." Gheàrr e 'n càise, 's dhinn e 'na muineal e gus an do thachd e i. Chaidh a' chisde 'thoirt dachaiddh, 's a' chailleach marbh innte. Thiolaic iad a' chailleach, 's cha d' rinn iad ach cosdas beag urra. Ann an oidhche thuirt gille an fhir bochd r'a mhaighstir, "Nach désneach a leithid siod de dh' anart a dhol leis a' chailllich do 'n chill, 's cho feumail 's a tha na paisdean air léintean."

Dh' fholbh e 's thug e leis spàd; ràinig e 'n clagh; chladhaich e 'n uaigh; thug e 'chailleach as a chiste-luidh; thug e dhi an t-ais-aodach; thilg e air a mhuinn i; 's thàinig e gu tigh a' bhràthair bheairteach. Chaidh e stigh leatha, 's chuir e i 'na suidhe aig a' ghealbhan, 's an clotha eadar a da chois. Nur a dh' éiridh an searbhanta anns a' mhaidinn thuit i ann am paiseanadh, nur a chunnaic i 'chailleach roimpe. Ghabh am bràthair bearteach air a' bhean airson a màthar ag ràdh gun robh i brath a

[TD 241]

sgrios. Chaidh e gu tigh a' bhràthair bhochd, 's dh' innis e gun d' thàinig a' chailleach dhachaiddh. "A ha!" urs' an gille, "O nach do chosd thu r'a beò e cosdaidh thu r'a marbh e! Chunnaic mise leithid so roimhid. Feumaidh tu cosdas math a dheanadh urra."

Cheannaich iad cuid mhath de ghnothuichean airson an tòrraidh, 's dh' fhàg iad an darna leith dheth ann an tigh a' bhrathair bhochd. Thiolaic iad a' chailleach a rithisd. "Nach désneach," ursa gille 'bhrathair bhochd r'a mhaighstir, "a leithid siod do dh' anart a dhol air a' chailllich, 's cho feumail 's a tha thu féin air léine."

Chaidh e do 'n chill an oidhche sin a rithisd. Thog e 'chailleach, 's thug e dhith an t-ais-aodach, 's thug e leis air a' mhuinn i. Chaidh e stigh do thigh a' bhràthair bheairtich mar a b' àbhaist, 's chuir e 'chailleach 'na seasamh aig ceann an dresseir, 's a cròg làn do chàith as an t-soitheach chabhrach, mar gum biodh i 'ga itheadh. Nur a chunnaic fear an tighe air a h-ais i anns a mhaidinn, ghabh e air a' bhean gu h-iomlan airson a màthar. Chaidh e 'n sin do thigh a' bhrathar bhochd, 's dh' innis e gun d' thàinig a' chailleach dhachaiddh a rithisd. "A ha!" urs' an gille, "O nach do chosd thu r'a beò e, cosdaidh thu r'a marbh e. Chunnaic mise 'leithid so roimhid." "Folbh thusa mata 's dean cosdas math urra chionn tha mise sgìth dhi."

Cheannaich e cuid mhath thun tòrradh na caillich, 's thug e 'n darna leith thun tigh a' mhaighstir. Thiolaic iad a' chailleach. Ann an oidhche urs' an gille r'a mhaighstir, "Nach désneach a' leithid siod do dh' anart a dol leis a' chailllich do 'n chill, 's mi féin cho feumail air léine." Thug e 'chill air; thog e chailleach; thug e dhi an t-ais-aodach; chuir e air a mhuinn i; 's ràinig e tigh a'

bhràthar bheairteach. Cha d' fhuair e stigh air an t-siubhal so. Chaidh e leatha do 'n stàbull, 's cheangail e i air muinn bliadhnaich eich. Nur a dh' éiridh iad 's a' mhaidinn bha iad gu toilichte, nur nach fhac iad a' chailleach romhpa. Bha esan a' dol o'n tigh. Chaidh e mach do 'n stàbull, 's thug e leis an capull, ach cha do mhothaich e gun robh 'chailleach air muinn a bhliadnaich; nur a dh' fholbh esan air muinn a chapuill, as a dheigh a bha 'm bliadhnaich, 's a' chailleach a' glaigeileis air a mhuinn. Thill e air ais nur a chunnaic e chailleach, 's theab e bhean a mharbhadh air an uair so. Chaidh e do thigh a' bhràthar, 's dh' innis e gun d' thainig a' chailleach dhachaидh a rithisd. "O nach do chosd thu r'a beò e, ars' an gille, "feum-

[TD 242]

aidh tu 'chosd r'a marbh." "Theirig agus dean do rogha cosdus rithe," ars' esan ris a' ghille, "ach cum air folbh i." Chaidh e air an t-siubhail so agus cheannaich e cuid mhath airson tòrradh na caillich 's chuir e gach duine bha 'san àite. Thiolaic iàd a' chailleach a rithisd, 's bha 'm bràthair bochd cho beairteach ris an fhear eile air tàilleabh nan tòrradh.<eng>

[Beurla]

[TD 243]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 244–251]

XVI.

#### THE KING OF LOCHLIN'S THREE DAUGHTERS.

From Neill Gillies, fisherman, near Inverary.

[Beurla]

[TD 252]

<gai>SGEULACHD AIR NIGHEANAN RIGH LOCHLAINN.

BHA rìgh air Lochlainn aon uair aig an robh triuir nigheanan. Chaidh iad a mach latha ghabhail sràid, agus thàinig trì famhairean, 's thug iad lèo nigheanan an rìgh, 's cha robh fios c'àite an deach iad. Chuir an rìgh fios an sin air an t-seanachaïdh aige, 's dh' fheòraich e dheth, "An robh fios aige c'àite an deach a chuid nigheanan?" Thuirt an seanachaïdh ris an rìgh gu 'n d-thug trì famhairean leo iad, agus gun robh iad anns an talamh gu h-iosal aca, 's nach robh dòigh air am faotuinn, ach le long a dhèanamh a sheòladh air muir 's air tìr." Agus 'se bh'ann gun do chuir an rìgh ordugh a mach, "Co air bith a thogadh long a sheòladh air muir 's

air tìr, gu' faigheadh e nighean mhòr an rìgh ri phòsadh." Bha bantrach an sin aig an robh triùir mhac, agus thubhairt am fear 'bu shine ri 'mhàthair latha bha 'n sin, "Bruich dhòmhsa bonnach 's ròist coileach; tha mi falbh a ghearradh coille 's a thogail long, a théid a dh' iarraidh nigheanan an rìgh." Thuirt a mhàthair ris, "Cò'ca 's feàrr leat am bonnach mòr le m' mhallachd na 'm bonnach beag le m' bheannachd." "Thoir dhòmhsa 'm bonnach mòr; bithidh e beag na leòir mu 'n tog mi long." Fhuair e 'm bonnach 's dh' fhalbh e. Ràinig e far an robh coille mhòr agus abhuinn. Shuidh e an sin ri taobh na h-abhunn a ghabhail a' bhonnaich. Thàinig ùruisg mhòr a mach as an abhuinn, agus dh'iarr i pàirt do 'n bhonnach. Thubhairt esan nach d' thugadh e mìr dhi, gun robh e beag na leòir dha féin. Thòisich e air gearradh na coille, 's na h-uile craobh a ghearradh e, bhiodh i air a bonn a rithist; 's bha e mur sin gus an d' thàinig an oidhche. Nuair a thàinig an oidhche chaidh e dhachaidh, dubhach, deurach, dalla-bhrònach. Dh' fhoighnichd a mhàthair dheth, "De mar a chaidh dhuit an diugh, a mhic." Thubhairt esan, nach deach ach gu dubh dona "Na h-uile craobh a ghearrainn, bhiodh i air a bonn a rithist." Latha na dhà an déigh so, thubhairt am bràthair meadhonach, "gu' falbhadh e fhéin, 's dh' iarr e air a mhàthair, bonnach a bhruch 's coileach a rostadh; agus air a' cheart dòigh mar thachair d'a bhràthair a bu shine, thachair dhàsan. Thubhairt a mhàthair a' cheart ni ris an fhear òg, agus ghabh e 'm bonnach beag. Thàinig an ùruisg, 's dh'iarr i pàirt do 'n bhonnach 's do 'n choileach. Thubhairt e rithe, "Gu 'm faigheadh i sin." Nuair a dh'ith an ùruisg a cuid fhéin do 'n bhonnach 's do 'n

[TD 253]

choileach, thubhairt i ris, "Gun robh fios aice-se dé thug an sud e co maith ris fhéin, ach esan a dhol dachaидh, ach a bhi cinnteach ise a choinneachainn an sud an ceann latha 's bliadhna, agus gu 'm bitheadh an long deas air a cheann." 'Sann mar so a thachair. An ceann latha 's bliadhna dh' fhalbh mac òg na bantraich, agus fhuair e 'n long air snàmh air an abhuinn fuidh làn uidheam aig an ùruisg. Dh' fhalbh e an sin leis an luing, agus triùir dhaoine uaisle cho mòr 'sa bha 'san riòghachd, a bha gu nigheanan an rìgh a phòsadh. Cha robh iad ach goirid a seòladh an uair a chunnaic iad fear ag òl suas abhuinn a bha 'sin Dh' fheòraich iad dheth, "De 'tha thu deànamh an sin?" "Tha ag òl suas na h-aibhne so." "'S feàrr dhuit falbh leam fhéin, 's bheir mi dhuit biadh, 's tuarasdal, 's obair a's feàrr na sin." "Ni mi sin," ars' esan. Cha deachaidh iad fad air an aghaidh gus am fac iad fear eile ag itheadh dhamh ann am pàirc. "De 'tha thu deànamh an sin?" Thubhairt esan, "Tha mi 'n so a' dol a dh' itheadh na tha dhaimh anns a' phàirc so." "'S feàrr dhuit falbh leam fhéin, 's gheibh thu obair 's tuarasdal a's feàrr na feòil amh." "Ni mi sin," thubhairt esan. Cha deach iad ach goirid dar\* a chunnaic iad fear eile 's a' chluas ris an talamh. "De tha thu deànamh an sin?" Thubhairt esan, "Tha mi an so a' cluintinn an fheòir a' tighinn troi 'n talamh." "Falbh leam fhéin 's gheibh thu biadh 's tuarasdal a's feàrr na bhi 'n sin, 's do chluas ris an talamh." Bha iad mur so a' seòladh air an ais 's air an aghaidh nuair a thubhairt am fear a bha' g eisteachd, "Gu 'm be sud an t-àite anns an robh nigheanan an rìgh agus na famhairean." Chaidh mac

na bantraich agus an triùir a thachair orra a leigeil sìos ann an cliabh, ann an toll mòr a bha 'n sin. Ràinig iad tigh an fhamhair mhòir. "Ha! ha!" thuirt esan, "tha fios agam gu maith de 'tha thu 'g iarraidh an so; tha thu 'g iarraidh nighean an rìgh, ach cha 'n 'fhaigh thu sin mar 'eil fear agad a dh' òlas uiread uisge riumsa." Chuir esan am fear a bha ag òl na h-aibhne a chumail òl ris an fhamhair, 's mun robh esan leith bhuidheach, sgàin am famhair. Chaidh iad an sin far an robh an darna famhair. "Ho! Hoth! Ha! Hath!" thubhaint am famhair, "tha fios agamsa gu maith, do chuir an so thu; tha thu 'g iarraidh nighean an rìgh, ach cha 'n fhaigh thu i mar 'eil fear agad a dh' itheas uiread feòla riumsa." Chuir esan am fear

\* DAR, <eng>from<gai> an tràth, <eng>the time.<gai>

[TD 254]

a bha 'g' itheadh nan damh a chumail itheadh feòla ris an fhamhair so: ach mun robh esan leith bhuidheach, sgàin am famhair. Chaidh iad an sin far an robh an treas famhair. "Haio!" ars' am famhair, "tha fios agamsa de chuir an so thu, ach cha 'n fhaigh thu nighean an rìgh, idir mur fan thu agamsa latha, 's bliadhna ann ad sgalaig." "Ni mi sin," thubhaint esan. Chuir e suas ann an cliabh an toiseach na tri daoine, agus an sin nigheanan an rìgh. Bha 'n triùir dhaoine mòra aig beul an tuill a' feitheamh gus an d' thigeadh iad a nios, agus dh' fhàlbh iad leo far an robh an rìgh, 's dh' innis iad do 'n rìgh gu 'm b' iad féin a rinn gach uile thapachd a bha ann.

"Nuair a thàinig ceann latha 's bliadhna," thubhaint esan ris an fhamhair, "gun robh e 'falbh." Thubhaint am famhair, "Gun robh fiolaire aige-san a chuireadh suas e gu mullach an tuill." Chuir am famhair an iolaire air falbh leis, agus cùig daimh dheug air son lòn dhi; ach cha deach an iolaire leith suas troi 'n toll, nuair a dh'ith i na daimh, agus thill i air a h-ais a rithist. Thubhaint am famhair ris an sin, "Feumaidh tu fantainn agamsa latha 's bliadhna eile, agus cuiridh mi 'n sin air falbh thu." Nuair a thàinig ceann na bliadhna so, chuir e air falbh an iolaire leis, agus deich daimh fhichead. Chaidh iad air an am so gu maith ni b' fhaide air an aghaidh, na chaidh iad roimh, ach dh'ith i na daimh, 's thill i air a h-ais. "Feuma tu," ars' am famhair, "fantainn agamsa bliadhna eile, agus an sin cuiridh mi air falbh thu." Thàinig ceann na bliadhna so, agus chuir am famhair air folbh iad, agus tri-fichead damh air son biadh do 'n iolaire. An uair a bha iad aig beul àrd an tuill, theirig na daimh, 's bha i 'dol a thilleadh; ach thug esan staoig as a leis fhéin, 's thug e so do 'n iolaire, agus le aon leum bha i air uachdar talamh. An am dealachaidh thug an iolaire dha feedag agus thubhaint i ris, "cruaidh-chàs sam bith a thig ort, leig feed agus bithidh mise ri d' thaobh."

Cha do leig esan stad d'a chois na lodan as a bhròig gus an d' ràinig e bailie mòr an rìgh. Chaidh e far an robh gobhainn a bha 's a' bhaile, 's dh' fheòraich e do 'n ghobha, "An robh gille a dhìth air, airson seideadh a' bhuilg?" Thubhaint an gobha "Gu'n robh." Cha

robh e ach goirid aig a' ghobha, nuair a chuir nighean mhòr an rìgh fios air a' ghobha. "Tha mi 'cluaintinn," ars' ise, "gur tua gobhainn a's feàrr 's a' bhaile; ach mur dèan thu dhòmhsa crùn òir coltach ris a' chrùn òir a bh' agam nuair a bha mi aig an fhamhair, théid an ceann a thoirt dhìot." Thàinig

[TD 255]

an gobha dhachaidh gu dubhach, brònach, 's dh' fhoighneachd a bhean deth, dé a naigheachd a tigh an rìgh? "Cha 'n eil ach naigheachd bhochd," thuirt an gobha "Tha 'nighean ag iarraidh crùn òir a dheànamh dhi coltach ris a chrùn a bha aice an uair a bha i fo 'n talamh aig an fhamhair; ach gu de 'fios a tha agamsa de 'n coslas a bha air a' chrùn a bha aig an fhamhair." Thubhaint gille séididh a' bhuilg, "Na cuireadh sin smaoingtinn ort. Faigh thusa dhòmhsa nis gu leòir do dh' òr, 's cha bhi mise fada a' deànamh a chrùin." Fhuair an gobha na dh' iarr e dh' òr le òrdugh an rìgh. Chaidh an gille stigh do 'n cheàrdaich, 's dhùin e 'n 'dorus, agus thòisich e air spealgadh an òir as a' chéile, 's a thilgeadh a mach air an uinneig. Bha gach neach a thigeadh an rathad a' tional an òir a bha gille a' bhuilg a' smùideadh a mach. Shéid e 'n so an fheadag, agus ann am prioba na sùil, thàinig an iolaire. "Falbh," thubhaint esan ris an iolaire, "agus thoir an so an crùn òir a tha fos ceann an doruis aig an fhamhair mhòr." Dh' fhalbh an iolaire, 's cha b' fhada bha i air a turus, 'san crùn aice. Thug e 'n crùn do 'n ghobhainn. Dh' fhalbh an gobhainn gu subhach, sunndach leis a' chrùn far an robh nighean an rìgh. "Mata," thubhaint ise, "mur b'e gum bheil fios agam nach gabhadh e deànamh, cha chreidinn nach e so an crùn a bha agam an uair a bha mi leis an fhamhair mhòr." Thubhaint nighean mheadhonach an rìgh ris a' ghobhainn, "Caillidh tu 'n ceann mar dèan thu crùn airgid dhòmhsa coltach ris an fhear a bh' agam an uair a bha mi aig an fhamhair." Thug an gobha an tigh air fo sprochd, ach chaidh a bhean 'na choinneamh an dùl ri naigheachd mòr 's brosguil; ach 'se bh' ann gun d' thubhaint an gille, "gun deànadhs esan crùn airgid, na 'm faighadh e na leòir do dh' airgiad." Fhuair an gobha ni's leòir do dh' airgiad le òrdugh an rìgh. Chaidh an gille 's rinn e mar a rinn e roimhe. Leig e feed; thainig an iolaire. "Falbh," thubhaint esan, "agus thoir thugam-sa an so an crùn airgid a bha aig nighean mheadhonach an rìgh an uair a bha i aig an fhamhair." D' fhalbh an iolaire, 's cha b' fhada bha i air a turus leis a' chrùn airgid. Dh' fhalbh an gobhainn gu subhach, sunndach leis a' chrùn airgid gu nighean an rìgh. "Mata," thubhaint ise, "tha e anabarrach coltach ris a' chrùn a bh' agam dar a bha mi aig an fhamhair." Thubhaint nighean òg an rìgh ris a ghobha, "E a dheànamh crùn copair dh ise, coltach ris a chrùn chopair a bha aice, nuair a bha i aig an fhamhair. Bha 'n gobha an so a' gabhail misnich, 's chaidh e dhachaidh mòran ni bu toilichte air an trà so. Thòisich an gille

[TD 256]

air spealgadh a' chopair, 's air a thilgeadh a mach air gach dorus 's uinneag. Bha iad an so as gach ceann do 'n bhaile a' tional a' chopair mar a bha iad a' tional an òir 's an airgid. Shéid e 'n fheadag, 's bha 'n iolaire ri 'thaobh. "Rach air t' ais," thubhaint

esan, "agus thoir an so thugamsa an crùn copair a bha aig nighean òg an rìgh an uair a bha i aig an fhamhair." Dh' fhalbh an iolaire, 's cha robh i fada 'dol 'sa' tighinn. Thug e 'n crùn do 'n ghobhainn; dh' fhalbh an gobhainn gu subhach, sunndach, 's thug e do nighean òg an rìgh e. "Mata," thubhairt ise, "cha chreidinn nach b'e so an dearbh chrùn a bha agam an uair a bha mi aig an fhamhair fo 'n talamh, na'm biodh dòigh air fhaotainn." Thubhairt an rìgh an so ris a' ghobhainn, Gu' feumadh e innseadh dhásan, cáite an d' ionnsaich e deanamh nan crùn, "oir cha robh fios agam gun robh do leithid 'san rioghachd." "Mata," thubhairt an gobha, "le 'r cead, a rìgh, cha mhise a rinn na crùin, ach an gille 'tha agam a' séideadh a' bhuilg." "Feumaidh mi do ghill' fhaicinn," thubhairt an rìgh, "gus an dèan e crùn dhomh fhéin." Dh' òrdaich an rìgh ceithir eich ann an chòidse, 's iad a dhol a dh' iarraighe gille a' ghobha. An uair a thàinig an chòidse a dh' ionnsaidh na ceàrdach, bha gille a' ghobha gu dubh, salach a' séideadh a' bhuilg. Thàinig na gillean each, 's dh' fheòraich iad air son an duine a bha 'dol a shealltainn an rìgh. Thubhairt an gobha gu'm b'e sud e thall a' séideadh a' bhuilg. "Ubh! Ubh!" thuirt iadsan, 's iad a beireachd air, 's ga thilgeadh an comhair a chinn a stigh don chòidse, mar gum bitheadh cù aca. Cha deach' iad fada air an turus dar a shéid esan an fheadag. Bha 'n iolaire ri 'thaobh. "Ma rinn thu feum riamh dhomh, thoir mise a mach as so, agus lión e làn chlach," thubhairt esan. Rinn an iolaire so. Bha 'n rìgh a mach a feitheadh a chòidse, agus an uair a dh' fhosgail an rìgh dorus a' chòidse, theab e bhi marbh leis na clachan a' dòrtadh air a mhnin. Chaidh beireachd air na gillean each, 'san crochadh airson a leithid do thàmailt a thabhairt do 'n rìgh. Chuir an rìgh an so air falbh gillean le còidse, agus an uair a ràinig iad a' cheàrdach, "Ubh! Ubh!" thuirt iadsan, "n'e so an rud dubh a chuir an rìgh sinn a dh' iarraighe." Rug iad air, 's thilg iad a stigh do 'n chòids' e, mar gum bitheadh fòid móine aca. Ach cha deach iad fada air an slighe, nuair a shéid esan an fheadag, 's bha 'n iolaire ri 'thaobh, 's thubhairt e rithe, "Thoir mise as a' so, agus lión e do gach salachar a gheibh thu." Nuair a ràinig an còidse pàileis an rìgh, chaidh an rìgh a dh'

[TD 257]

fhosgladh an doruis. Thuit gach salachar 's gach baggaist mu cheann an rìgh. Bha fearg ro mhòr air an rìgh, 's dh' òrdaich e na gillean each a bhi air an crochadh air ball. Chuir an rìgh a' ghille cinnteach fhéin air falbh, agus an uair a ràinig e a' cheàrdach, rug e air làimh air gille dubh séididh a' bhuilg. "Chuir an rìgh," thuirt esan, "mise gu d' iarraighe 's feàrr dhuit beagan do 'n ghual a ghlanadh dheth t' aodann." Rinn an gille so, ghlan e e féin gu maith 's gu ro mhaith, 's rug gille an rìgh air làimh air, 's chuir e stigh do 'n chòids' e. Cha robh iad ach goirid air falbh, dar a shéid e 'n fheadag. Thàinig an iolaire, 's dh' iarr esan oirre an deise òir 's airgid a bha aig an fhamhair mhòr a thoirt an sud gun dàil; 's cha robh an iolaire fada 'dol 's a' tighinn leis an deise. Sgeadaich esan e féin le deise an fhamhair, 's an uair a thàinig iad gu pàileas an rìgh, thàinig an rìgh, 's dh' fhosgail e dorus a chòidse 's bha 'n sin an aon duine bu bhrèagh a chunnaic an rìgh rìamh. Thug an rìgh stigh e, 's dh' innis e do 'n rìgh mar a dh'

éirich dha fo thùs gu deireadh. Chaidh an triùir dhaoine mòra bha 'dol a phòsad; 's rinn iad banais dhoibh fad fichead oidhche 's fichead latha, 's dh' fhàg mise a' dannsa iad, 's cha 'n'eil fios agamsa nach 'eil iad a' cur nan car air an urlar gus an latha 'n diugh.<eng>

[Beurla]

[TD 258]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 259–263]

XVII.

MAOL A CHLIOBAIN.

From Ann MacGilvray, Islay.

[Beurla]

[TD 264]

[Beurla]

<gai>MAOL A CHLIOBAIN.

BHA bainntreach ann roimhe, so 's bha tri nigheanan aice, 's thuirt iad rithe gun rachadh iad a dh' iarraidh an fhortain. Dheasaich i tri bonnaich. Thuirt is ris an té mhòir, "Cò'ca 's fheàrr leat, an leith bheag 's mo bheannachd, na'n leith mhòr 's mo mhollachd?" "'S fheàrr leam," urs' ise, "an leith mhòr 's do mhollachd." Thuirt i ris an te mheadhonaich, "Cò'ca is fheàrr leat an leith mhòr 's mo mhollachd na'n leith bheag 's mo bheannachd?" "'S fheàrr leam," urs' ise, "an leith mhòr 's do mhollachd." Thuirt i ris an tè bhig, "Cò'ca is fheàrr leat an leith mhòr 's mo mhollachd n'an leith bheag 's mo bheannachd?" "'S fheàrr leam an leith bheag 's do bheannachd. Chòrd so r'a màthair, 's thug i dhi an da leith eile cuideachd.

Dh' fholbh iad, ach cha robh toil aig an dithisd a bu shine an

[TD 265]

té b' òige 'bhi leò, 's cheangail iad i ri carra cloiche. Ghabh iad air an aghaidh, 's nur a dh' amhairc iad as an déigh, co a chunnaic iad ach ise, 's a' chreag air a muin. Leig iad leatha car treis gus an d' ràinig iad cruach mhònadh, 's cheangail iad i ris a' chruaich mhònadh. Ghabh iad air an aghaidh treis, 's dh' amhairc iad 'nan déigh, 's co a chunnaic iad ach ise a' tighinn, 's a' chruch mhònadh air a muin. Leig iad leatha car tacan gus an d' ràinig iad craobh, 's cheangail iad ris a' chraobh i. Ghabh iad air an aghaidh

treis, 's nur a dh' amhairc iad 'nan déigh, co a chunnaic iad ach ise a' tighinn, 's a' chraobh air a muin. Chunnaic iad nach robh math a bhith rithe. Dh' fhuasgail iad i, 's leig iad leo i. Bha iad a' folbh gus an d' thàinig an oidhche orra. Chunnaic iad solus fada uatha, 's ma b'fhada uatha cha b'fhada a bha iadsan 'ga 'ruigheachd. Chaidh iad a stigh. Dé a bha 'so ach tigh famhair. Dh' iarr iad fuireachd 'san oidhche. Fhuair iad sin, 's chuireadh a laidhe iad le tri nigheanan an fhamhair.

Bha caran de chneapan òmbair ma mhuinealan nigheanan an fhamhair. agus sreanganan gaoisid ma'm muineilsan. Chaidil iad air fad, ach cha do chaidil Maol a' chliobain. Feadh na h-oidhche thàinig paghadh air an fhamhair. Ghlaoidh e r'a ghille maol carrach uisge thoirt a 'ionnsuidh. Thuirt an gille maol, carrach, nach robh deur a stigh. "Marbh," urs' esan, "te de na nigheanan coimheach, 's thoir a m' ionnsuidh a fuil." "Demur a dh' aithneachas mi eatorra?" urs' an gille maol, carrach. "Tha caran de chneapan ma mhuinealan mo nigheanansa, 's caran gaoisid ma mhuineil chàich." Chuala Maol a' chliobain am famhair, 's cho clis 's a b'urrainn i, chuir i na sreanganan gaoisid a bha ma 'muineal féin 's ma mhuineail a peathraighean ma mhuineil nigheanan an fhamhair, agus na cneapan a bha ma mhuineil nigheanan an fhamhair ma 'muineal féin, 's ma mhuineil a peathraighean, 's laidh i sìos gu sàmhach. Thàinig an gille maol carrach, 's mharbh e té de nigheanan an fhamhair, 's thug e 'n fhuil a 'ionnsuidh. Dh' iarr e tuillidh a thoirt a 'ionnsuidh. Mharbh e an ath té. Dh' iarr e tuillidh, 's mharbh e 'n treas te. Dhùisg Maol a' chliobain a peathraighean, 's thug i leath' air a muin iad, 's ghabh i air folbh. Mhothaich am famhair di, 's lean e i.

Na spreadan teine a bha ise cur as na clachan le a sàiltean, bha iad a' bualadh an fhamhair 'san smigead; 's na spreadan teine a bha 'm famhair a' toirt as na clachan le barraibh a chas, bha iad a'

[TD 266]

bualadh Mhaol a' chliobain an cùl a' chinn. "'Se so a bu dual daibh gus an d'ràinig iad obhainn. Leum Maol a chliobain an obhainn, s cha b'urrainn am famhair an obhainn a leum.'" "Tha thu thall a Mhaol a chliobain." "Tha ma 's oil leat e." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruagha." "Mharbh ma 's oil leat e." "'S cuin a thig thu 'rithisd?" "Thig nur\* bheir mo ghnothach mi."

Ghabh iad air an aghaidh gus an d' ràinig iad tigh tuathanaich. Bha aig an tuathanach tri mic. Dh' innis iad mar a thachair dhaibh. Urs' an tuathanach ri Maol a chliobain, "Bheir mi mo mhac is sine do 'd phiuthar is sine, 's faigh dhomh cìr mhìn òir 's cìr gharbh airgid a tha aig an fhamhair." "Cha chosd e tuillidh dhuit," ursa Maol a chliobain. Dh' fholbh i, 's ràinig i tigh an fhamhair. Fhuair i stigh gun fhiös. Thug i leatha na cìrean, 's ghabh i 'mach. Mhothaich am famhair di; is as a déigh a bha e gus an d' ràinig e 'n obhainn. Leum ise an obhainn, 's cha b'urrainn am famhair an obhainn a leum. "Tha thu thall a Mhaol a chliobain." "Tha ma's oil leat e." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruagha." "Mharbh ma's oil leat

e. Ghoid thu mo chìr mhìn òir 's mo chir gharbh airgid." "Ghoid ma's oil leat e." "Cuin a thig thu 'rithisd?" "Thig nur bheir mo ghnothach mi."

Thug i na cìrean thun an tuathanaich, 's phòs a piuthar mhòr 's mac mòr an tuathanaich.

"Bheir mi mo mhac meadhonach do 'd phiuthar mheadhonach, 's faigh dhomh claidheamh soluis an fhamhair." "Cha chosd e tuillidh dhuit," ursa Maol a chliobain. Ghabh i air folbh, 's ràinig i tigh an fhamhair. Chaidh i 'suas ann am bàrr craoibh' a bha as cionn tobar an fhamhair. Anns an oidhche thàinig an gille maol, carrach, 's an claidheamh soluis leis, a dh' iarraigd uisge. Nur a chrom e 'thogail an uisge thàinig Maol a chliobain a nuas, 's phut i sìos 'san tobar e, 's bhàth i e, 's thug i leatha an claidheamh soluis. Lean am famhair i gus an d' ràinig i an obhainn. Leum i an obhaim, 's cha b'urrainn am famhair a leantainn. "Tha thu thall a Mhoal a chliobain." "Tha ma's oil leat e." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruagha." "Mharbh ma's oil leat e." "Ghoid tha mo chìr mhìn òir 's mo chir gharbh airgid." "Ghoid ma's oil leat e." "Mharbh tha

\* NUR, <eng>from<gai> an trath, <eng>or<gai> an uair, <eng>the time.<gai>

[TD 267]

mo ghille maol, carrach." "Mharbh ma's oil leat e." "Ghoid tha tha mo chlaidheamh soluis." "Ghoid ma's oil leat e." "Cuin a thig thu 'rithisd." "Thig nur bheir mo ghnothach mi." Ràinig i tigh an tuathanaich leis a' claidheamh sholuis, 's phòs a piuthar mheadhonach, 's mac meadhonach an tuathanaich.

"Bheir mi dhuit féin mo mhac is òige," urs' an tuathanach, 's thoir am' ionnsuidh, boc a tha aig an fhamhair." "Cha chosd e tuillidh dhuit," ursa Maol a' chliobain. Dh' fholbh i 's ràinig i tigh an fhamhair, ach nur a bha gréim aic' air a' bhoc rug am famhair urra. "De," urs' am famhair, "a dheànadh tus' ormsa na'n deànainn uibhir coir' ort 's a rinn thus' ormsa." "Bheirinn ort gu 'sgàineadh thu thu féin le brochan bainne; chuirinn an sin ann am poc' thu; chrochainn thu ri driom an tighe; chuirinn teine fodhad; 's ghabhainn duit le cabair gus an tuiteadh thu 'd chual chrionaich air an urlar. Rinn am famhair brochan bainne, 's thuge uire òl. Chuir ise am brochan bainne m'a beul 's ma h-aodann, 's luidh i seachad mar gum biodh i marbh. Chuir am famhair am boc' i, 's chroch e i ri driom an tighe, 's dh' fholbh e féin 's a dhaoine a dh' iarraigd fiadh do 'n choille. Bha màthair an fhamhair a stigh. Theireidh Maol a' chliobain nur a dh' fholbh am famhair, "'S mise a tha ann 'san t-sòlas 's mise a tha ann 's a' chathair òir." "An leig thu mis' ann?" urs' a' chailleach. "Cha leig gu dearbh." Ma dheireadh leig i 'nuas am poca; chuir i stigh a' chailleach, is cat, is laogh, is soitheach uachdair; thug i leatha am boc; 's dh' fholbh i. Nur a thàinig am famhair thòisich e féin 's a dhaoine air a' phoca leis na cabair. Bha 'chailleach a' glaodhach, "'S mi féin a th' ann." "Tha fios agam

gur tu féin a th' ann," theireadh am famhair, 's e 'g éiridh air a' phoca. Thàinig am poca 'nuas 'na chual chrìonaich, 's dé 'bha ann ach a mhàthair. Nur a chunnaic am famhair mur a bha, thug e as déigh Mhaol a' chliobain. Lean e i gus an d' ràinig i 'n obhainn. Leum Maol a' chliobain an obhainn, 's cha b'urrainn am famhair a leum. "Tha thu thall a Mhaol a chliobain." "Tha ma 's oil leat e." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruagha." "Mharbh ma 's oil leat e." "Ghoid thu mo chìr mhin òir 's mo chìr gharbh airgid." "Ghoid ma 's oil leat e." "Mharbh thu mo ghille maol, carrach." "Mharbh ma 's oil leat e." "Ghoid thu mo chlaidheamh soluis." "Ghoid ma 's oil leat e." "Mharbh thu mo mhàthair." "Mharbh ma 's oil leat e." "Ghoid thu mo bhoc." "Ghoid ma 's oil leat e."

[TD 268]

"Cuin a thig thu rithisd?" "Thig nur bheir mo ghnothach mi." "Na'm biodh thusa bhos 's mise thall," ursa am famhair, "de 'dheànadhu thu airson mo leantainn?" "Stopainn mi féin, 's dh' òlainn gus an traoighinn an obhainn." Stop am famhair e féin, 's dh' òl e gus an do sgàin e. Phòs Maol a chliobain mac òg an tuathanaich.<eng>

[Beurla]

[TD 269–274]

[Notes and References]

[Beurla]

[TD 275]

XVIIa.

FABLES.

[Beurla]

[TD 276]

[Beurla]

3. <gai>"Tha biadh a's ceol an seo,"<eng> as the fox said when he ate the pipe bag.

[Beurla]

[TD 277]

[Beurla]

[TD 278]

[Beurla]

[TD 279]

[Beurla]

[TD 280]

[Beurla]

[TD 281]

[Beurla]

[TD 282]

[Beurla]

<gai>MA BHRISTEAS BUN FIONN BITHIDH FIOS AGAD.<eng>

“If the root of Fionn (or if the hairy root) breaks, thou wilt know,” said the man outside.

[Beurla]

[TD 283]

[Beurla]

11. <gai>BI GLIC, BI GLIC,<eng> Bee-Gleechk, be wise, say the Oyster-catchers, when a stranger comes near their haunts.

12. <gai>GÒRACH, GÒRACH,<eng> Gawrach, “silly,” says the Hoodie, as he sits on a hillock by the way side and bows at the passengers.

13. Here is another bit of crow language,—a conversation with a frog. When it is repeated in Gaelic it can be made absurdly like the notes of the creatures.

<gai>“Ghille Criosda mhic Dhughail cuir a nois do mhàg,<eng> Christ’s servant, son of Dugald, put up thy paw.

<gai>“Tha eagal orm, tha eagal orm, tha eagal orm.”<eng> I fear.

<gai>“Gheibh thu còta gorm a’s léine. Gheibh thu còta gorm a’s leine.”<eng>  
Thou shalt have a blue coat and a shirt.

Then the frog put up his hand and the hoodie took him to a hillock and began to eat him, saying,

<gai>"Biadh dona lom! 's bu dona riabh thu."  
Bad bare meat and bad wert thou ever.

<gai>"Caite bheil do ghealladh math a nis?"  
Where is thy good promise now?

[TD 284]

<gai>"Sann ag ol a bha sinn an latha sin. Sann ag ol a bha sinn an lath sin."  
It is drinking we were on that day.

<gai>"Toll ort a ruid ghrannda gur beag feola tha air do chramhan."  
"Toll ort!"  
said the hoodie.

A hole in thee, ugly thing! how little flesh is on thy bones.

[Beurla]

[TD 285]

[Beurla]

This is what the hen says,—

<gai>"FAIC THUSA 'N LA UD 'S AN LA UD EILE."  
And the cock, with his deeper voice, replies,—  
<gai>"FAIC THUSA 'N CNOC UD 'S AN CNOC UD EILE."  
See thou yonder day, and yon other day.  
See thou yonder hill, and yon other hill.

[Beurla]

When the Eagle was tired he stopped and

<gai>"C' AITE BHEIL THU DHREOLAIN?" URS' AN IOLAIR.  
"THA MISE AN SO OS DO CHEANN," URS' AN DREOLAN.  
"Where art thou, Wren?" said the Eagle.  
"I am here above thee," said the Wren.

[Beurla]

16. <gai>THA FIOS FITHICH AGUD.  
Thou hast ravens' knowledge, is commonly said to children who are unusually knowing about things which they have no ostensible means of gaining knowledge.

[TD 286]

[Beurla]

17. <gai>NEAD AIR BRIDE; UBH AIR INID; EUN AIR CAISG. MUR AM BI SIN AIG AN FHITHEACH BITHIDH AM BAS.<eng>  
Nest at Candlemas, egg at Inid, bird at Pash.  
If that hath not the Raven, death he hath.

[Beurla]

18. <gai>'S BIGEAD THU SIOD, ARS AN DREOLAN 'N UR THUM E GHOB ANNS AN FHAIRIGE.<eng>  
Thou'rt lessened by that, said the Wren, when he dipped his beak in the sea.

[Beurla]

[TD 287]

[Beurla]

<gai>“‘Ghill’ ghill’ ars an siunnach beag cha sgolair mi ‘s cha ‘n aill leam a bhi.”<eng>  
“‘Lad, Lad,’ said the little fox, ‘no scholar me, nor wish I to be;’”

[Beurla]

20. A boy, Alexander Mackenzie, who walked with me from Carbost, in Skye, told that a bee <gai>(seillean)<eng> met a mouse and said,

<gai>“Teann a nall ‘us gun deanamaid tigh.”<eng>  
“Come over till we make a house.”  
“I will not,” said <gai>Luchag,<eng> the mousie.

<gai>Fear dha ‘n dug thusa do mhil shamraiddh,  
Deanadh e tigh gheamhraiddh dhuit.  
Tha tigh agamsa fo thalamh,  
Nach ruig air gallian na gaoith.  
Bith tusa an ad iseann pheallach  
A ruidh air barradh nan craobh.<eng>

He to whom thou gavest thy summer honey,  
Let him make a winter house for thee;  
I have a little house under the ground,  
That can reach neither cold nor breeze,  
Thou wilt be a ragged creature,  
Running on the tops of the trees.

[Beurla]

[TD 288]

Said the farm mouse, <gai>“‘S fhearr an t-sith.”<eng> Better is peace.

[Beurla]

[TD 289–296]

XVIIb.

BAILIE LUNNAIN.

Told by John Mackenzie, at Inverary, to J. F. C. August 1859 and 1860.

[Beurla]

[TD 297–307]

XVIIc.

THE SLIM SWARTHY CHAMPION.

From James Wilson, blind fiddler, Islay, 1859.

[Beurla]

[TD 308]

[Beurla]

<gai>AN CEATHAIRNEACH CAOL, RIABHACH.

BHA duine bochd a bha ann an Aird na h-Uamha a chòmhnuidh, agus rugadh mac dha, 's thug e sgoil a's ionnsachadh dha gus an robh e ceithir bliadhna deug a dh' aois thuirt e r'a athair, "Athair, 's mithich domhsa 'bhith deànad air mo shon fhèin; na'n d' thugadh thu domh slat-iasgaidh as basgaid." Fhuair an duine bochd a' h-uile cothrom gus an d' fhuair e slat-iasgaidh as basgaid da.

Nur a fhuair e'n t slat-iasgaidh 's bhasgaid chaidh e ma'n cuairt Loch Aird na h-Uamha, 's ghabh e 'nuas Loch Thòrabais, 's an

[TD 309]

deigh dha Loch Thòrabais a chliabairt thàinig e gu Loch Phort an Eilean, 's an deigh dha Loch Phort an Eilean iasgach roimhe ghabh e 'mach Loch Allalaidh. Dh' fhan e 'san oidhche 'n Aird Eileastraidh, 's a h-uile breac a bh' aige dh' fhàg e aig boireannach bochd a bha 'n sin eud.

An la'r na mhàireach smaointich e gu'n togadh e 'mach agus gun d' thugadh e Eirinn air. Thàinig e gu gàradh Aird Inneasdail agus spion e leis sè ubhla deug, 's thàinig e'n sin gu Maol na h-Otha. Thilg e ubhal a mach 's an fhairge 's thug e ceum urra. Thilg e 'n ath tè agus thug e ceum eil' urra. Thilg e, mur seo, té an deigh té, gus an d' thàinig e gus an t-sèathamh té deug, 's thug an t-seatho té deug

air tir an Eirinn e.

Nur a bha e air tir chrath e chluasan, a's smaointich e nach b' ann an àite suarrach a dh' fhanadh e.

Ghluais e mar mhuir-mhill o mhuir-mhill,  
'S mar mhire-bhuill o mhire-bhuill;  
Mar ghaoith ghaileach gheamhraidh,  
Gu sitheach, sothach, sanntach,  
Sàr-mheamnach,  
Trìd ghleanntann as ard-mhullach;  
'S cha d' rinneadh stad leis  
Gus an d' thàinig e  
Gu cuirt agus cathair O Domhnuill.  
Thug e leum sunndach, soilleir  
Thar bàrr agus baideil  
Cùirt agus cathair  
O Domhnuill.

Ghabh O Dòmhnuill mòran feirg agus corrúich a leithid de shrutha dhona, ao-dhealbach a tighinn a stigh d' a chùirt, agus dorsair a bhith aige fèin r'a bhaile.

"Cha chreid mi féin," ars' an ceathairneach, "nach 'eil thu 'gabail feirg augs corrúich O Domhnuill?"

"Mata tha," ors' O Domhnuill, "na'm biodh fios agam co ris a liginn a mach e?"

"A dhuine mhath," ors' an Ceathairneach, "cha b' fhasa dhomhsa tighinn a stigh na dol e mach a rìs."

"Cha d' theid thu 'mach," ors' O Domhnuill, "gus an innis thu dhomhsa co as a thàinig thu."

[TD 310]

Thàinig mi o ghriobhaill o ghrabhaill,  
O bhun an tobair dhìlinn,  
O ghleann àluinn ealaich;  
Oidhch' an Ile 's oidhch' am Manainn;  
Oidhch' air charna fuara faire;  
An aodann monaидh  
Am baile righ Alba  
Rugadh mi;  
Ceàrnach suarrach, salach mi,  
Gad thàrladh air a' bhaile seo mi.

"Dé," urs' O Domhnuill, "a cheathairnich a dhèanadh thusa? 's cinnteach, 's na 'shiubhail thu 'dh' astar gu'n deanadh thu rudeigin."

"Bha mi uair," urs' esan, "agus sheinninn cruit."

“Mata,” urs’ O Domhnuill, “’s ann agam féin a tha na cruitearan a’s fheàrr ann an còig chòigeamh na h-Eireann, na’n Drochaid-cheudan na Mìth; mar a tha Ruairidh O Cridheagan, Tormaid O Giollogan, agus Taog O Chuthag.”

“Cluinneam a’ seinn eud,” urs’ an Ceathairneach. Thòisich na clàrsairean.

Sheinneadh eud puirt, agus uirt, agus orgain,  
Nitheanna tearmad, teudan tairteil;  
Curaidhean, laoich, as aoig air an casan;  
Aoig, as àinn, as galair, as fiabhras;  
Chuireadh eud ’nan sòn sioram suain  
An saoghal mòr gu léir,  
Le binnead nam port shiogaidh  
A sheinneadh na clàrsairean.

Cha do chòrd an ceòl ris a’ Cheathairneach. Rug e air na clàrsaichean, ’s phronn e fo a chasan eud, ’s chuir e air teinidh eud, ’s rinn e gharadh, ’s a chruaidh-gharadh riu.

Ghabh O Domhnuill mòran àrdain gun d’ thànaig duine ‘stigh do ’n chuit aige ’dhèanadh a leithid seo air na clàrsaichean.

“Cha chreid mi fhéin a dhuine mhath nach ‘eil thu’ gabhail corruich,” ars’ an Ceathairneach.

“Mata tha, nam biodh fhios’am co ris a liginn a mach e.”

“Air ’ur n-ais a dhuine mhath! Cha b’ phasa dhomhsa do chlàrsaichean a brisdeadh na’n slànachadh a rìs!” ars’ an Ceathairneach.

[TD 311]

“Bheir mi ni sam bith seachad airson an slànachadh a rìs,” ars’ O Domhnuill.

“Air chòig mhairg da uair, ni mise do chlàrsaichean cho math sa bha eud roimhid,” urs’ an Ceathairneach.

“Gheibh thu sin,” ars’ O Domhnuill.

Thug O Domhnuill na maig da agus rug e air làn a dha bhoise do ’n luaith, ’s rinn e clàrsach do Ruairidh O Cridheagan, ’s té do Thormaid O Giollagan, ’s té do Thaog O Chuthag agus clàrsach mhòr, choirealach da fhé.

“Cluinneam do cheòl,” ars’ O Domhnuill.

“Cluinnidh tu sin a dhuine mhath,” urs’ an Ceathairneach.

Thòisich an Ceathairneach air seinn, as, och! b’ e ’m balach air chùl na clàrsach e!

Sheinneadh e puirt, agus uirt, agus orgain,  
Nitheanna tearmad; teudan tairteil;  
Curaidhean, laoich, as aoig air an casan;  
Aoig, as àinn, as galair, as fiabhras.  
'S gun cuirte 'nan sion sioram suain,  
An saoghal mòr gu léir,  
Le binnead a' phuirt shìogaiddh,  
A sheinneadh an Ceathairneach.

“’S binn thus’ a Cheathairnich,” ars’ O Domhnuill.

Nur a chuala na clàrsairean an Ceathairneach a’ seinn thùg eud  
seombar ‘eil’ orra, ’s gad a leanadh e fhathasd cha d’ thigeadh eud  
an làthair.

Dh’ fhalbh O Domhnuill ’s chuir e còmhainn bhìdh thun a  
Ceathairnich.

“Abraibh ris an duine mhath nach bi ’n uibhir sin aige r’ a  
mhùigheadh ormsa nur a dh’ fholbas mi air a’ mheadhon lath’ am  
máireach,” urs’ an Ceathairneach.

Ghabh O Domhnuill moran àrdain a leithid de dhuine ’tighinn a staigh  
d’ a chùirt, ’s nach gabhadh e biadh uaidh. Chuir e nìos léin air  
ialtan ’s madal donnain. “Cà’ bheil seo a’ dol?” urs’ an  
Ceathairneach. “A t’ ionnsuidh-sa, ‘Cheathairneach,” urs’ eudsan.  
“Abraibh-se ris an duine mhath nach bi ’n uibhir sin aige r’ a  
mhùigheadh ormsa nur a dh’ fholbas mi air a’ meadhan lath’ an la’r  
na màireach,” urs’ an Ceathairneach. Ghabh O Domhnuill mòran feirg  
agus corruich, a leithid de duine ’tighinn a staigh d’ a chùirt, ’s  
nach ghabhadh e aona-chuid, biadh na

[TD 312]

aodach uaidh. Chuir e ’nìos còig ciad galloglach a dh’ fhaire  
‘Cheathairnich, air alt ’s nach biodh masladh air a thoirt do dh’ O  
Domhnuill le e ’dhol a mach, rathad sam bith ach air an dorus.”

“Cà’ bheil sibhse ’dol?” ars’ an Ceathairneach.

“A t’ fhaire-sa ‘Cheathairnich, air alt ’s nach fhalbh thu, ’thoirt  
masladh do dh’ O Domhnuill, gun do ligeil a mach ach mar is còir  
duit,” urs’ eudsan.

“Laidhibh sios ann an sin,” ars’ an Ceathairneach, “’s nur a bhios  
mise ’gimeachd bheir mi fios duibh.”

Ghabh eud a chomhairle, ’s laidh eud sìos làmh ris, ’s nur a bhrisd  
am faire chaidh an Ceathairnich ’na éideadh.

“Càite bheil mo luchd faire-sa, tha mi ’gimeachd,” ars’ na  
Ceathairneach.

“Na ’n carachadh thu,” urs’ an gall-oglach mòr, “dhèanainn crupan

geur, goirt dhiot leis a' bhòrd-urchair so a'm' làimh."

Leum an Ceathairneach air barraibh a phuthag 's chaith e thar barr agus baideil cùirt agus cathair O Domhnuill. Thilg an galloglach am bòrd-urchair a bha 'na laimh, 's mharbh e ceithir pearsanna fichead de dh' fhìor-mhuinntir O Domhnuill.

Co 'choinnich an Ceathairneach ach gille-leantainn O Domhnuill, 's thuirt e ris, "Seo dhuit luigh bheag, bhiorach, għlas, 's theirig a staigh, 's rub ri bilean na fheadhnach a mħarbhadh i, 's thoir beò eud, 's coisinn duit fhéin fichead mart laoigh, 's amhairc as do dhéigh, nur a dhealachas tu riumsa, co 'chi thu teachd."

Nur a rinn an gille-leantainn seo cha 'n fhac e neach a' teachd; ach chunnaic e 'n Ceathairneach tri mīle deug an taobh thall de Luimineach.

Għluais e mar mhuiр-mhill o mhuiр-mhill,  
'S mar mhire-bhuill o mhire-bhuill;  
Mar ghaoith ghailbheach għeamhraidh,  
Gu sitheach, sothach, sanntach,  
Sàr-mheamnach,  
Trid għleanntan as ard-mhullach;  
'S cha d' rinneadh stad leis,  
Gns an d' ràinig e  
Mac Seathain, an t-Iarl deas.

Bhuail e anns an dorusd. Thuirt MacSeathain an t-Iarl Deas ris, "Co siod 'san dorusd?"

[TD 313]

"Tha miex, Dùradan O Dùradan," urs' an Ceathairneach.

Thuirt MacSeathain, an t-Iarl Deas, "Ligibh a staigh Dùradan O Dùradan; cha 'n fhaod neach a bhith a'm' dhorusd-sa 'bualadh gun faotainn a staigh."

Lig eud a staigh e. "Dé 'dhèanadh thusa' Dhuradain O Dùradan?" ars' an t-Iarl Deas.

"Bha mi uair 's dhèanainn cleas," ars esan.

"Mata 's ann agam fhéin a tha 'n aona chleasaiche 's fheàrr ann an còig chòigeamh na h-Eireann, na 'n Drochaid cheudan nam Mìth, mar a tha Taog pratach Mac a Cheallaich."

Fhuair eud a nìos an cleasaiche. "Dé," ursa 'n t-Iarl Deas, "an cleas a dhèanadh thusa, Dhuradain O Dùradan.

Mata bha mi uair 's bhogainn a' chluas bhàr mo leithcheinn," ars' esan.

Dh' fholbh an Ceathairneach 's thugar a' chluas bhàr a leithcheinn.

Orsa Taog pratach a' Cheallaich, "Dhèanainn fhéin sin."

Dh' fholbh e 's thug e 'nuas a chluas, 's a suas cha d' thugadh e i!  
ach chuir an Ceathairneach a suas a chluas fhéin mar a bha i  
roimhid!

Ghabh an t-Iarla mòran feirg agus corruiich a' chluas a bhith d'a  
chleasaiche.

"Air chòig mhairg da uair," ars' an Ceathairneach, "chuirinn-sa  
'chluas mar a bha i roimhid."

Fhuair e na còig mhairg da uair, 's chuir e 'chluas air' a  
chleasaiche mar a bha i roimhid.

"Tha mi 'faicinn," ars' an t-Iarla, "gur leat fhéin cleasachd na h-  
oidhche 'nochd."

Dh' fholbh Taog pratach, 's gad a dh' fhanadh eud an sin fad na h-  
oidhche, cha d' thigeadh e a 'n còir.

Dh' fholbh an Ceathairneach an sin, 's chuir e dreumaire mòr suas  
ris a' ghealaich; 's chuir e ann an aon àite dheth cù agus  
gearraidh; 's chuir e ann an àite eile dheth bodach agus caille.  
Treis as a dhéigh seo dh' fhosgail e 'n toiseach far an do chuir e  
'n cù agus an gearradh; 's bha 'n cù 'g itheadh a' ghearraidh.  
Bhuail e buille de dh' oir a bhois' air a' chù, 's thilg e 'n ceann  
deth. Dh' fhosgail e' rithisd far an robh am bodach 's a' chaile; 's  
bha 'm bodach a' pògadh na caile. Bhuaile buille de dh' oir a  
bhois' air 's thilg e 'n ceann deth.

"Cha bu gheama leam," ars' an t-Iarl, "air mòran, cù agus bodach a  
bhith air am marbhadh ann a' m' chòirt."

[TD 314]

"Thoир còig mhairg da uair airson gach aon diu 's cuiridh mise na  
cinn orra 'rìs," urs' an Ceathairneach.

"Gheibh thu sin," ars' an t-Iarl Deas.

Fhuair e na còig mhairg da uair, 's chuir e 'n ceann air a' chù 's  
air a' bhodach mar a bha eud roimhid; 's gad a bhiodh eud beò gus an  
seo, cha d' thugadh a cù làmh air gearraidh, na 'm bodach air caile,  
air eagal gun tug-te na cinn diu.

An la 'r na mhàireach, an déagh am bidh, anns a' mhaidinn, chaidh e  
'shealgaireachd leis an Iarla. Nur a bha eud feadh na coille chual  
eud coireal ann an tom.

"Bhuam seo," ursa Dùradan O Dùradan! feumaidh mi dol a dh' amharc  
cas a' Bhodaich 'Ic Ceochd.

Ghabh e 'mach,  
'S għluais e mar mhuiġ-mhill o mhur-mhill,  
'S mar mhire-bhuill o mhire-bhuill;  
Mar ghaoith għailbheach għeamhraidh,  
Gu sitheach, sothach, sanntach,  
Sàr-mheamnach,  
Trid għleanntan as ard-mhullach;  
Agus stad cha d' rinneadh leis,  
Gus an d' ràinig e,  
Taigh a' Bhodaich 'Ic Ceochd.

Bhuail e anns an dorusd. "Co siod?" urs' am Bodach Mac Ceochd.

"Mis?" urs' esan, "Gill' an Leigh."

"Mata," urs' am bodach, "'s iomadh léigh dugħ, dona 'tighinn, 's cha  
'n 'eil eud a' dèanadh mir feum domhsa."

"Thugaibh fios do 'n bhodach, mar an lig e 'staigh mi, gu'm bi mi 'g  
imeachd," ars' an Ceathairneach.

"Ligibh a staigh Gill' an Léigh, cha lugħaide gur h-ann ann a tha mo  
chobhair," ars' am Bodach Mac Ceochd.

Lig eud a staigh e.

"Eirich suas a Bhodaich 'Ic Ceochd, tha thu saor o chreuchdan," urs'  
an Ceathairneach.

Dh' éiridh am Bodach Mac Ceochd suas, 's cha robh duin' an Eirinn a  
bu luaithe 's a bu làidireacha na e!

"Laidh sìos a Bhodaich 'Ic Ceochd tha thu làn chreuchdan," ars' an  
Ceathairneach. Laidh am Bodach Mac Ceochd sìos, 's bha e na bu  
mhiosa na bha e riabh!

[TD 315]

"'S olc a rinn thu," urs' am Bodach Mac Ceochd, "mo leigheas agus mo  
mhilleadh a rìs."

"A dhuine seo," ursa Gill' an Léigh; "cha robh mi ach a' ligeil  
fhaicinn duit gum b'urrainn mi do leigheas!"

"Cha 'n 'eil agam," urs' am Bodach Mac Ceochd, "ach an aon nighean  
rìs an t-saoghal, 's geobh thu i, 's leith 's an th'agam, 's mo  
chuid air fad nur a shiubħlas mi, agus leighis mo chas."

"Cha'n e sin mar a bhitheas, ach cùir fios air a' h-uile léigh a  
bh'agad, 's gum faighinn-sa 'bhith bruidhinn riutha," arsa Gill' an  
Léigh!

Chuir eud fios le gillean-ruith, feedh chòig chóigeamh na h-Eireann,  
airson nan lighichean a bha 'feitheamh air a' bhodach; 's thàinig

eud air fad, a saoilsinn gu'faigheadh eud pàigheadh. Agus nur a thàinig eud, a' marcachd gu taigh a' Bhodaich, chaidh an Ceathairneach a mach 's thuirt e riu.

"Dé 'thug dhuibhse cas a' Bhodaich 'Ic Ceochd a mhilleadh, 's e fhéin a chur fo ainbheach mur seo?"

"Mata," urs' eudsan, "na'n togamaide luach ar cungan, gun tighinn air luach ar saoithreach, cha 'n fhàgamaid luach a bhròg aige ris an t-saoghal."

Ursa Gill' an Leigh! "Cuiridh mi geall ruibh; agus 's e sin làn mo churraichd do dh' òr a chur aig ceann na dalach ud shuas, 's nach 'eil gin an Eirinn a bhios aige na 's luaithe na'm Bodach Mac Ceochd!"

Chuir e'n currachd làn òir aig ceann na dalach; 's chuir na leighean geall ris nach b'urrainn siod a bhith.

Chaidh e 'staigh far an robh 'm Bodach Mac Ceochd, 's thuirt e ris.

"Eirich a Bhodaich 'Ic Ceochd, tha thu slàn 'o chreuchdan! Chuir mi geall as do leith." Dh' eiridh am Bodach Mac Ceochd gu slàn, fallan, s' chaidh e mach, 's bha e thri ceumannan aig a' churrachd òir, 's dh' fhàg e fad' air deireadh na leighean.

Cha d' iarr na leighean an seo ach na 'm faigheadh eud am beatha leo! Gealladh air a' siod cha d' fhuair eud! Chaidh gill' an leigh air dòigh!

Spàrr a' chuillionn 'na dhorn, as għlas e'n làmh-lochdair liath a bh' air taobh piar a thòine, 's thug e fòcha 's tharta, 's frid as rompa; 's cha d' fhàg e fear innseadh sgeoil na chosnadhs tuarasdail nach do mharbh e!

Nur a bha 'm bodach leighiste chuir e fios air maithibh 's air

[TD 316]

mòr-uaislean na h-Eireann thun banais a nighinn 's a' Cheathairnich, 's bha eud a' cruinneachadh as gach ceàrn.

"De 'chuideachd a tha 'n siod?" arsa Gill' an Leigh! "Tha 'n siod cuideachd na bàinns' agad fhein, 's eud a cruinneachadh as gach leith agus as gach taobh," urs' am Bodach Mac Ceochd. "Bhuam seo," ars' esan, "tha fasdadhb bliadhna aig O Conachar an Sligeach orm;" 's chuir e dàil bliadhna 's a' phòsadh.

Ghabh e 'mach mar mhuiр-mhill o mhuiр-mhill,  
'S mar mhire-bhuill o mhire-bhuill;  
Mar ghaoith ghailbheach gheamhraidh;  
Gu sitheach, sothach, sanntach,  
Sàr-mheamnach,  
Trìd ghleanntan as ard-mhullach;

'S cha d' rinneadh stad leis,  
Gus an do bhuaile ann an dorusd  
O Conachar Sligeach.

"Co siod?" urs' O Conachar Sligeach.

"Mis'," urs' esan, "Buachaillle Math." "Ligibh a staigh Buachaillle Math," ars' O Conachar Sligeach;" chionn tha feum mòr agams' air anns an am seo."

Lig eud a staigh e.

"Dé 'dheanadh thusa 'Bhuachaill?" ors' O Conachar Sligeach.

"Tha mi 'cluinnntinn," ors e ri O Conachar Sligeach, "gu 'bheil an toir ort." "Tha," urs' O Conachar Sligeach. "Ma chumas tusa mach an tòir; cumaidh mise staigh a' chreach?" arsa Buachaillle Math! "Dé 'n tuarasdal a ghabhas tu?" ars' O Conachar Sligeach.

"Se 'n tuarasdal a ghabhas mi, nach dèan thu leath-chomaith orm gu ceann lath' as bliadhna," arsa Buachaillle Math!

Rinn O Conachar Sligeach an cùmhanta seo ris. Chaidh am buachaillle 'bhuachailleachd.

Bhrisd an tòir a staigh air O Conachar Sligeach, 's thug eud orra far an robh 'm buachaill' a thogail na creiche. Nur a chunnaic am buachaillle gun do bhrisd eud a staigh, ghabh e 'chuillionn 'na dhorn, as ghlac e 'n lamh-lochdair liath a bh' air taobh piar a thòine; 's cha d' fhag e fear innseadh sgeoil na 'chosnadh tuarasdail an sin nach do mharbh e! Chaidh e staigh do bhothag àirich, agus e teith, 's chunnaic e O Conachar Sligeach an déigh miodar buirn agus bainne 'chriochanachadh d'a òl.

[TD 317]

"Fhiannis air Dia 's air daoine gu 'n do bhrisd thu do ghealladh!" arsa Buachaillle Math!

"Cha 'n fheàrr an làn 'ud na làn eile," ars' O Conachar Sligeach.

"An làn ud fhéin gheall thu dhomhsa," arsa Buachaillle Math!

Ghabh e corruiich ri O Conachar Sligeach, 's dh' fholbh e 's ràinig e taigh a' Bhodaich 'Ic Ceochd. Rinn nighean a' bhodaich deoch dha de dh' ubhlan réim 's de bhainne blàth, 's thachdadh e.

'S dhealaich mise riu; 's thug eud dhomh im air eibhleig, 's brochan-càil an créileig, 's bròga pàipeir, 's chuir eud air folbh mi le peileir gunna-mhòir 'air rathad-mòr gloine gus an d' fhàg eud a'm' shuidhe 'staigh an seo mi.<eng>

[TD 318-323]

SECOND VERSION.

THE HISTORY OF THE CEABHARNACH.

From John Campbell, Strath Gearloch, Ross-shire.

[Beurla]

[TD 324]

[Beurla]

<gai>EACHDRAIDH A' CHEABHARNAICH.

AN latha 'n d' thàinig O Domhnuill a mach a chumail còir agus ceartais, chunnaic e òglach a' tighinn. Bha 'dha ghuallainn trìd a sheann suanaiche; a dha chluais trìd a sheann aide; a dha bhròig cheigeanach, bhreabanach, riobanach, làn a dh' uisge fuar ròdanach, tri triodhean dhe'n chlaidheamh air an taobh siar dhe 'thoin, an deigh dh'an scabard teireachduinn. Bheannaich e le briathraibh farasda, fior-ghlic, mìne, maighdeana. Bheannaich

[TD 325]

O Domhnuill, dha air chomain a bhriathraibh féin. Dh' fheòràich O Domhnuill deth ciod bu nòs da. "Dhèanainn clàrsaireachd," ars' an Ceabharnach. "Tha da fhear dheug agam fhéin," ars' O Domhnuill. "'s theid sinn a shealtainn orra." "Tha mi toileach sin a dheanamh," ars' an Ceabharnach.

An uair a chaith iad a steach dh' iarr O Domhnuill orra tòiseachadh 's thoisich iad. "An cual thu ceòl riamh, a Ceabharnaich a 's brèagha na sin?" ars' O Domhnuill. "Thàinig mi seachad air Ifrinn; 's cha chuala mi sgread innse 's gràinnde na sin!" ars' an Ceabharnach.

"An seinneadh tu féin cruit, a Cheabharnaich," ars' O Domhnuill.

"So a sheinneadar!—agus cò nach seinneadair!! ars' an Ceabharnach.

"Thugaibh cruit dha," ars' O Domhnuill.

"Is math a sheinneas tusa cuirt!" ars' O Domhnuill.

"Cha'n ann mar thogras tusa, ach mar a thogras mi féin; oir is mi 'tha 'g obair," ars' esan.

Chuir ceòl a Cheabharnaich na-h-uile clàrsair a bh' aig O Domhnuill 'na chadal.

"Bithidh mis' a gabhail slàn leat," ars an Ceabharnach ri O Domhnall.

"Cha dèan thu sin ormsa," ars' O Domhnuill; "feumaidh tu mo dhaoine

'dhùsgadh."

"Tha mi 'dol a thoirt sgrìob feadh Eirinn," ars' an Ceabharnach; "ma thig mi 'n rathad chi iad, agus mur d' thig biodh iad mar sin agad féin."

Dh' fhàg se e agus thachair e air far a buachailleachd.

"Tha clàrsairean do mhaighstir 'nan cadal," ars' an Ceabharnach ris a' bhuauchaille," agus cha dùisg iad gus an dùisgear iad. Falbh thus' agus dùisg iad, 's gheibh thu na ni duine beartach dhòt."

"Cionnus a ni mi sin?" thuirt am buachaill.

"Gabh bad de'n fheur sin, agus tum ann an uisg' e, agus crath orr' e, 's dùisgidh tu iad," ars' an Ceatharnach. Dh' fhàg e'n duine, 's ràinig e Seathan mòr Mac an Iarla, tri mìle deug an taobh siar de Lumraig.

Chunnaic e òglach a' tighinn. Bha 'dha ghualainn trìd a sheann suanaiche, a dha chluais trìd a sheann aide, a dha bhròig làn a dh' uisge fuar, ròdanach, tri troidhean dhe 'n chlaidheamh air an taobh siar dhe thòin, an déigh dh'an scabard teireachdainn.

[TD 326]

Dh' fheoraich e dheth ciod bu nòs dha. Thuirt e gu'n dèanadh e cleasachd.

"Tha cleasaichean agam fein; theid sinn a dh' amharc orra."

"Tha mi glé dheònach," ars' an Ceabharnach.

"Nochd do chleasachd," ars' an Seathan mòr," ach am faic sinn e. Chuir e tri stràbhan air cùl a dhuirn agus shéid e dheth iad.

"Na 'm faighinn-sa," orsa fear de ghillean an rìgh," leith chùig mhairg, dhèanainn cleasachd a b' fhearr na sin.

"Bheir mise sin duit," ars' an Ceabharnach.

Chuir e tri stràibhean air cùl a dhùirn, agus dh' fhalbh an dorn maille ris na stràibhean.

"Tha thu goirt, agus bidh tu goirt," ars' a mhaighstir. "Mo bheannachd air an làimh a thug dhuit e."

"Ni mi cleasachd eile dhuit," ars' an Ceabharnach.

Rug e air a' chluais aige féin, agus thug e tarruinn oirre.

"Na 'm faighinn-sa leith chùig mheirg," arsa fear eil' de ghillean' an rìgh, "dhèannain cleasachd a b' fheàrr na sin."

“Bheir mise sin duit,” ars’ an Ceabharnach.

Thug e tarruinn air a chluais, ’s thàinig an ceann leis a chluais.

“Tha mi ’falbh,” ars’ an Ceabharnach.

“Cha ’n fhàg thu mo chuid daoine-sa agam mar sin.”

“Tha mi ’dol a thoirt sgrìob feedh Eirinn; ma thig mi ’n rathad chi mi iad, agus mar d’ thig biodh iad mar sin agad féin,” ars’ an Ceabharnach.

Dh’ fhalbh e agus thachair e air duine ’bualadh ann an sabhal, agus dh’ fheòraich e dheth am b’ urrainn ’obair a chumail suas.

“Cha mhòr nach b’ uilear dhomh e,” ars’ am fear bualaidh.

“Ni mis’,” ars’ an Ceabharnach, “duine saor dhìot ri d’ bheò. Tha dithis de ghillean do mhaigstir, ’s fear ’s an dorn dheth, agus fear eile ’s an ceann deth; falbh thus’ agus cuir orr’ iad, ’s ni do mhaighstir duine saoibhir dhìot ri d’ bheò.”

“Co leis a bheir mi beò iad?” ars’ am fear a bha ’bualadh.

“Gabh bad fodair; tum ann an uisg ’e, crath orr’ e, agus ni thu ’n leigheas,” ars’ an Ceabharnach.

Dh’ fhalbh e, agus thainig e gu fear chùigeamh Mhumha, duine mosach nach fuilingeadh do dhuine ’dhol rathad a thaighe; gu h-àraid an uair a bhiodh e ’gabhair a bhìdhe. Bha dha dheug a luchd-thuadhan air a’ gheata ’muigh; a dha dheug a luchd-chlàidhean air a’ gheata ’staigh; dorsair air an dorus mhòr.

Chunnaic iad òglach a’ tighinn; a dha ghualainn trìd a sheann

[TD 327]

suanaiche; a dha chluais trid a sheann aide; a dha bhròig cheigeanach, bhreabanach, riobanach, làn a dh’ uisge fuar, rodanach.

Dh’ iarr e ’chead orra ’staigh a dh’ fhaicinn Fear Chuigeamh Mhumha. Thog fear dhiu a thuadh gus an ceann a chur dheth, ach ’s ann a bhuaile air a chompanach i. Dh’ éirich iad air a chéile, gus an do mharbh iad a chéile. Thàinig e gu luchd nan clàidhean. Thog fear a chlaidhe gus an ceann a chur dheth, ach ghearr e ’n ceann d’ a chompanach, agus dh’ eirich iad uile ’mharbhadh a chéile. Ràinig e ’n dorsair. Rug e air chaol chasan air agus bhuaile cheann ris an dorus. Ràinig e ’n duine mòr, agus e ’na shuidhe aig a dhithit. Sheas e aig ceann a’ bhùird.

“O’Dhroch Dhuine!” ars’ an rìgh, “bu mhòr do chall mu ’n d’ thàinig thu ’n so!” agus e ’g éiridh ’s a’ breith air a’ chlaidhe, gus a’ cheann a thoirt deth. Lean a làmh ris a chlaidhe, agus lean a mhàs ris a’ chaithir, agus cha b’ urrainn a bhean a h-àite féin fhàgail.

An uair a rinn e na h-uile ni 'bu mhiann leis dh' fhalbh e, agus thachair e air duine bochd a bha 'falbh an t-saoghal. "Ma ghabhas tu mo chomhairle-sa," ars' an Ceabharnach ris an duine bhochd, "ni mi duine sona dhìot fhad 's is beò thu."

"Cionnus a ni thu sin?" ars' an duine bochd.

"Tha 'n rìgh agus a' bhan-rìgh le 'm màsan ceangailte ri 'n caithrichean; falbh thus' agus fuasgail iad, agus ni 'n rìgh duine mòr dhìot," ars' an Ceabharnach.

"Cionnus a dh' fhuasglas mis' iad?" ars' an duine bochd.

"Crath uisg' orra agus eiridh iad," ars' an Ceabharnach.

"Dh' fhalbh e as a' sin, agus ràinig e Rob Mac Sheoic Mhic a' Lagain, agus e fuidh euail 'na chois fad sheachd bliadhna. Bhuaill e bas ri crann. Dh' fheòraich an dorsair co 'bh' ann. Thuirt esan gu 'robh leighiche.

"'S iomadh leighiche 'thàinig," ars' an dorsair; "cha 'n 'eil ceann stop 's a' bhaile gun cheann leighich' ach an t-aon; agus, dh' fhaododh e 'bhith gur h-ann airson do chinn-sa 'tha 'm fear sinn."

"Cha 'n fhaodadh," ars' an Ceabharnach; "leig a stigh mi."

"Ciod a tha 'cur ort a Rob?" ars' an Ceabharnach.

"Tha, mo chas a' gabhail rium o cheann sheachd bliadhna. Dh' fhairtlich i air leigh agus leighichean," arsa Rob Mac Sheoic 'Ic a' Lagain.

[TD 328]

"Sìn do chas uait," ars' an Ceabharnach, "dh' fheuchainn am beir thu air an da leigh dheug, no 'm beir an da leigh dheug ort."

Dh' eirich e. Cha bheireadh duine sam bith airson, agus bheireadh e fein air nan h-uile fear eile!

"Cha 'n eil agam ach aon-ghin buadhach nighinn," orsa Rob, "agus bheir mi dhuit i, agus leith mo rioghachd."

"Math no olc," i, ars' an Ceabharnach, "bidh agamsa no agad fein."

Chaidh àrd a chur air banais do 'n Cheabharnach; ach 'nuair a bha iad an deigh a' bhanais ullachadh, bu luath' e as a' bhaile na geàrr-bhliadhna. Thàinig e gu Taog mòr O Ceallaigh, agus e 'dol a thogail creach na cailliche Buidhniche.

Chuncas òglach a' tighinn,  
A dha ghualainn trìd a sheann suanaiche;  
A dha chluais trìd a sheann aide;

A dha bhròig cheigeanach, bhreabanach, riobanach,  
Làn a dh' uisge fuar, rodanach;  
Tri troidhean dhe 'n chlaidheamh  
Air an taobh siar d'a dheireadh.  
An déigh do 'n truaill teireachdainn.

"Ciod so 'tha 'cur ort?" ars' an Ceabharnach ri Taog mor O  
Ceallaidh, "Am bheil feum dhaoin' ort?"

"Cha dean thusa duine dhomh," ars' O Ceallaidh.

"Nach faigh mi cuid fir ma ni mi cuid fir?" ars' an Ceabharnach.

"C' ainm a th' ort?" arsa Taog.

"Tha Ceabharnach saothrach, suarach siubhail orm," ars' esan.

"Ciod a tha thu 'g iarraidh airson do sheirbhis?" arsa Taog.

"Cha 'n 'eil ach gun thu dhèanamh dearmad dibh' orm," ars' an Ceabharnach.

"Co as a thàinig thu?" arsa Taog.

"A iomadh àit', ach is Albannach mi," ars' esan.

Dh' fholbh iad a thogail creach na cailliche. Thog iad a' chreach,  
ach chunnaic iad an tòir a' tighinn.

"Bi 'sineadh as," arsa Taog mòr ris a' Cheabharnach. "Cha dean thusa  
do chasan co-dhiu. Co 'is fèarr leat an tòir a philleadh na 'chreach  
iomain le d' chuid daoine."

"Cha phillear an toir ach na 'm pilleadh an toir dh' iomaineamaid a'  
chreach co-dhiu."

[TD 329]

Gheàrr an Ceabharnach fead chaol, chruaidh, 's luidh a chreach air  
an rathad-mhor. Phill e 'n coineamh na toir.

Rug e air na h-uile fear a bu chaoile cas agus a bu mho ceann, 's  
dh' fhàg e iad 'nan sineadh cas air cheann. Phill e 'n déidh na  
creiche.

"Is dona 'dh' iomaineas tu féin agus do chuid daoine chreach," ars'  
an Ceabharnach.

"Cha 'n éirich a' chreach gu bràth," arsa Taog.

Ghearr e fead, 's dh' éirich a' chreach, 's dh' iomain e dhachaидh  
iad.

Thachair gu 'n do dhearmaid an duine mor an dibh a thoirt air tùs do

Cheabharnach.

"Is leamsa leith na creiche," ars' an Ceabharnach.

"Tha 'n sin tuilleadh a's cus duit," ars' an rìgh.

"Is minig a bha mis'," ars' an Ceabharnach, "agus Murchadh MacBrian a gearradh sgiath 's a' sgoltadh lann; bu leis-san leith na creiche, agus bu leam-sa an leith eile," ars' an Ceabharnach.

"Ma 's companach thu do 'n duine sin gheibh thu leith na creiche," arsa Taog.

Ach dh' fhalbh e, 's dh' fhàg e iad féin agus a chreach.

Slàn leat a' Cheabharnaich; na eirich gu bràth.<eng>

[TD 330–348]

XVIIId.

THE TALE OF THE SHIFTY LAD, THE WIDOW'S SON.

From John Dewar, Arrochar, June, 1860.

[Beurla]

[TD 349]

[Beurla]

<gai>SGEULACHD A GHILLE CHARAICH MAC NA BANTRACH.

BHA uair eigeinn ann roimh so Bantrach, agus bha aona mhac aic. Thug i d à sgoil mhath, agùs bha i los gu 'n taghadh e ceaird air a shon fein, ach thubhairt esan, nach rachadh e a dh' ionnsaidh ealdhain air bith, ach gu 'm bitheadh e na mhearlach.

Thubhairt a mhathair ris, "Ma is è sin an ealdhain a tha thu a dol a thaghadh dhuit fein, is e is deireadh dhuit, a bhi air do chrochadh aig drochaid Bhaile-cliaibh an Eirinn." Ach bu choma cò dhuibh, cha rachadh esan gu ealdhain air bith, ach gu a bhith ann na mhearlach. Agus bhitheadh a mhathair daonna an deanamh fàisinneachd dà, gu 'm e bu deireadh dhàsan a bhith air a chrochadh aig drochaid Bhaile-cliaibh an Eirinn. Latha do na laitheanan bha a Bhantrach a dol do 'n eaglais, a dh' eisdeachd searmoin, agus bha i ag iarraidh air a' ghille-charrach a mac e a dhol leatha, 's e a thoirt thairis do a dhroch stiùireanan, ach cha rachadh e leatha, ach thuirt e rithe, "Is e a chiad ealdhain air an cluimn thusa iomradh, an deigh dhuit tighinn a mach o 'n t-searmoin, an ealdhain gu 's an teid mise a rithis."

Dh fhalbh ise do 'n eaglais, 's i làn misnich an dùil gù 'n cluinneadh i rud-eigin math. Dh' fhalbh esan 's chaidh e do bhad

coille a bha dlùth do 'n eaglais, 's chaidh e 'm fallach ann an àite far am faiceadh e a mhathair, a nuair a thigeadh i a mach as an eaglais. Agus cho luath is a thainig i a mach, ghlaodh esan; "Mèirle, mèirle, mèirle." Sheall ise ma'n cuairt, ach cha b' urrainn di aithneachadh cia as a bha 'n guth a tighinn, 's dh'

[TD 350]

fhalbh i dachaидh. Ruith esan rathad ath-ghiorra, 's bha e aig an tigh air thoiseach oirre 's bha e na shuidhe a stigh taobh an teine tra a thainig i dachaيدh. Dh' fharraigd e di, cia-dé an sgeul a fhuair i? Thubhairt ise, nach d-fhuair i sgeul air bith, ach gu 'm b'e méirle, mèirle, mèirle, a' chiad chainnt a chual' i tra thainig i a mach as an eaglais. Thubhairt esan, gu 'm b'e sin an ealdhain a bhithheadh aigesan, s thubhairt ise mar a b' àbhaist di a ghradh, "Is e is deireadh dhuit a bhith air do chrochadh aig drochaid Bhaile-cliabh an Eirinn." An ath latha smuaintich a mhathair, bho nach deanadh nì air bith tuille gnothach le a mac, ach e a bhith ann na mhèirlach, gu 'm feuchadh i ri oide-ionnsaich math fhaotuinn dà. Agus chaidh i a dh' ionnsaидh gadaiche dubh Achalòine, meirleach anbharra seolta, a bha ann 'san àite sin. Agus ged a bha fios aca gu 'n robh e ri goid, cha robh iad a faotuinn doigh air bith air beireachd air. Dh' fharraigd a' bhantrach do 'n ghadaiche dhubbh an gabhadh e an gille-carrach a mac gus a ghadachd ionnsachadh dha. Thubhairt an gadaiche dubh, ma bha e 'na ghille tapaидh gu 'n gabhadh, agus ma bha doigh air mèirleach a dheanamh dheth, gu 'n deanadh esan e, agus chaidh cumhnant a dheanamh eadar an gadaiche dubh, a's an gille-carrach. Tra bha an gille-carrach mac na bantraich a deanamh deis gu dol chun a' ghaduiche dhuibh, bha a mhathair a toirt chomhairlean air, agus thuirt i ris. "Is ann an aghaidh mo thoil-sa a tha thu a' dol thun na mèirle, agus tha mi ag innse dhuit, gur è is deireadh dhuit a bhith air do chrochadh aig drochaid Bhaile-cliabh an Eirinn." Ach chaidh an gille carrach dachaيدh thun a' ghadaiche dhuibh.

Bha an gadaiche dubh a tabhairt na h-uile foghlum a dh' fhaodadh e do 'n ghille-charrach air mèirle a dheanamh. Bhithheadh e ag innse dhà ma 'n t-seoltachd a dh' fheumadh e a dheanamh, gus an coram fhaotuinn air rud a ghoid. Agus tra bha leis a' ghadaiche dhubbh, gu 'n robh an gille-carrach glé mhath air fhoghlum, gu e a bhith air a thoirt a mach leis, bhithheadh e ga thoirt a mach leis gu goid a dheanamh. Agus latha do na laithean sin thubhairt an gaduiche dubh, ri a ghille-

"Tha sinn gle fhada mar so, is fheudar duinn dol a dheanamh rudaiginn; tha tuathanach beartach dlùth dhuinn, agus tha mòran airgid aige 'na chiste, is e a cheannaich na bha do chrodh ri reic ann 'san duthaich, agus thug e chum na faidhir iad, 's chreic e iad, tha an t-airgiод aige 'na chiste, agus 'se so an t-am gu bhith aige, ma'n teid na daoine a phaidh air son an cuid

[TD 351]

cruidh, 's mur teid sinn a dh iarraidh an airgiод an ceart uair, tra

a tha e cruinn ri cheile, cha'n fhaigh sinn an coram ciadna a rithis."

Bha an gille-carrach cho toileach ris fein. Dh' fhalbh iad chum an taigh 'us fhuair iad a stigh aig tighinn na h-oidhche, agus chaidh iad an aird air an fharadh, 's chaidh iad am fallach gu h-àrd ann an sin. Agus is è oidhche Shamhnadh a bha 'nn, agus chruinnich mòran do fheadhainn a stigh a ghleidheadh na Samhuinn gu cridheil mar a b' abhaist doibh. Shuidh iad comhla, agus bha iad a seinn oran, a 's ri aighear, agus a' losgadh nan cnò,\* agus ri abhachd.

Bha an gille-carrach a gabhail fadail nach robh a chuideachd a sgaoileadh; dh'eirich e 's chaidh e sios do'n bhàthaich, 's dh fhuasgail e na naisg far amhaichean a chruidh, 's thill e 's chaidh e air an fharadh a rithis. Thòisich an crodh air purradh a cheile ann 'sa bhàthaich, 's air raoiceadh, ruadh na bha anns a chearnadh, a chumail a' chruidh o 'cheile gus an rachadh an ceangal a rithis. An tiom a bha iadsan a deanamh sin, chaidh an gille-carrach sios do 'n chearnadh, 's ghoid e leis na cno'n, 's chaidh e an àird air an fharadh a rithisd, agus luidh eair cùlamh a ghadaiche dhuibh.

Bha seiche mhòr leathraich aig cùlamh a ghadaiche dhuibh, 's bha snathad agus snathainn aig a ghille-charrach agus dh' fhuaigh e iomall còta a ghadaiche dhuibh, ris an t-seiche leathraich a bha aig a cùlamh, agus tra thainig muinntir an taighe air an ais do 'n chearnadh a rithisd, bha na cno'n aca air falbh, agus bha iad ag iarraidh nan cno'n, agus shaoil iad gu 'm b'e cuid-eiginn a thainig

\* <eng>One of the amusements which Highland people used to entertain themselves with, is what they call burning nuts on Hallow-eve, the last night of October. A party of young people would collect together in one house for to make merry; one of their amusements was, they would propose a marriage between some lad and lass, and they would name a nut for each of them. The two nuts would be placed beside each other in the fire. If the two nuts burned together, and blazed over each other, that was called a good omen; it was a sign that the party for whom the nuts was named were to be married yet, and live happy together; but if either of the nuts puffed, or flew away, that was a sign that the person for whom that nut was named was proud, and would not accept of the other party.<gai>

[TD 352]

a stigh a dheanamh chleas orra, a thug air falbh na cno'n, agus shuidh iad aig taobh an teine gu sàmhach tosdach.

Thubhairt an gille-carrach ris a ghadaiche dhubb, "Cnacaidh mi cno."

"Cha chnac," thuirt an gadaiche-dubh, "cluinnidh iad thu 's theid beireachd oirnn."

Thubhairt an gille-carrach, "cha robh mi-fein riamh roimh oidhche Shamhnadh gu 'n chnò a chnacadh." Agus chnachd e te.

Chuala an fheadhainn a bha 'nan suidhe 's a chearnadh e, 's thubhairt iad, "Tha cuid-eiginn gu h-ard air an fharadh, a cnacadh nan cnò'n again, theid sinn agus beiridh sinn orra."

Tra chuala an gadaiche-dubh sin, leum e far an pharaidh, 's ruith e a mach, 's an t-seiche an slaodadh ris. Theich an gadaiche-dubh 's muinntir an taighe as a dheigh, 's bha e astar mor o'n tigh ma'n d' fhuair e an t-seiche a reubadh deth agus a fàgail. Ach an tiom a bha muinntir an taighe a ruith a ghadaiche-dhuibh, thainig an gille-carrach a nuas fàr an pharaidh, chaidh e air feadh an taighe, dh' amais e air a chiste far an robh an t-òr 's an t-airgiot aig an tuathanach ga ghleidheadh dh' fhosgail e a chiste, 's thug e a mach aiste na builg ann 'san robh an t-airgiot a bha innte, agus thug e innte, agus thug e leis eallach do 'n aran 's do'n chàise, a's do na h-uile nì a b' fhearr na cheile a fhuair e a stigh. Agus bha esan air falbh, ma 'n d' thainig muinntir an taighe air an ais o bhith a ruith a ghadaiche-dhuibh.

Nuair a rainig an gadaiche-dubh dachaidh, 's nach robh nì air bith aige, thubhairt a bhean ris:-"Cia-mar a chaidh fairsleachadh ort air an turus so?"

An sin dh' innis an gadaiche-dubh a sgeul fein, agus bha fearg mor air ris a ghille-charrach, 's e a boideachadh, gu 'n deanadh e dioltas tra gheibheadh e coram air. Aig ceann uine ghoirid na dheigh sin thainig an gille-carrach a stigh, agus eallach air. Thubhairt bean a ghadaiche dhuibh, "Ach tha duil agam gur tua meirleach is fheàrr."

Cha dubhaint an gadaiche-dubh diog, gus gu'n do leig an gille-carach fhaicinn na builg a bha aige lan do òr s do airgiot, an sin thubhairt an gadaiche-dubh "Ach bu tù an gille tapaidh!"

Rinn iad dà leth air an òr, 's air an airgiot, 's fhuair an gadaiche dubh an darna leth, agus an gille carrach an leth eile. Tra a chunnaic bean a ghadaiche dhuibh an roinn a thainig oirre thubhairt i, "Is tu fein am meirleach fiachail," s bha tuille meas aic air na dheigh sin na bha aic air a ghadaiche-dhubh e fein."

[TD 353]

Aig ceann beagan sheachdainean na dheigh sin, bha banais gu bhith ann sa coimhearsnachd agus b' è fasan na duthcha, tra rachadh feedhainn a bhitheadh saoibhir a chuireadh, gu 'n cuireadh iad tabhartas a thaobhaiginn a dh ionnsaidh muinntir na bainse. Bha tuathanach beartach ann a chaidh a chuireadh, agus dh' iarr e air a bhuachaille aige e a dhol ris a mhonadh, 's e a thoirt dachaidh molt air son muinntir na bainse. Chaidh am buachaille ris a mhonadh, 's fhuair e am molt 's bha e a dol dachaidh leis, 's e aige air a dhruim, a nuair a bha e a dol seachad air tigh a ghadaiche dhuibh. Thubhairt an gilie carrach ri a mhaighstir "Cia-dé an geall a chuireas tu nach goid mi am molt far druim an fhir sin, ma 'n ruig e an tigh fhathasd?" Thubhairt an gadaiche dubh, "Cuiridh mi geall

ciad marg nach urrainn duit, ciamar a ghoideadh tu an rud a tha air a dhruim?"

"Cia air bhith mar a nì mi e feuchaidh mi ris," orsa an gille-carrach.

"Ma ta ma nì thu a, thuirt an gadaiche dubh, bheir mise dhuit ciad marg." "Is bargain e," orsa an gille carrach, a's le sin dh' fhalbh e an deigh a bhuachaille. Bha aig a bhuachaille ri dol troimh choille, agus ghabh an gille carrach falacha-talmhainte air, gus gu'n d' fhuair e air thoiseach air, agus shalaich e 'na bhròig, 's chuir e a bhròg air an rathad air thoiseach air a buachaille, 's chaidh e fein am fallach. An uair a thainig am buachaille air aghaidh, a's a chunnaic e a bhròg thubhairt e, "Ach tha thu salach 's ged do thà, na 'm bitheadh do leth-bhreac ann, glanainn thu," 's chaidh e seachad.

Thog an gille carrach a' bhròg, 's ruidh e ma 'n cuairt, 's bha e air thoiseach air a' bhuachaille, 's chuir e bhròg eile air an rathad air thoiseach air. Thubhairt e ris fhein, "ach tha ann an sin leth-bhreac na bròige salaiche."

Chuir e am molt air làr, agus thubhairt e ris-fein, "Tillidh mi an nis 's ghoibh mi a bhrog shalach, 's glanaidh mi i, 's bithidh dà bhroig mhath agam air son mo shaoireach," 's ruith e gu luath air ais. Ruith an gille-carrach gu luath 's ghoid e leis am molt, 's thug e leis an da bhroig, 's chaidh e dachaidh chum a mhaighistir, 's fhuair e a chiad marg o a mhaighistir.

Chaidh am buachaille dachaidh, 's dh' innis e do a mhaighistir fein mar a thachair dà. Throid a mhaighistir ris a bhuachaille. Am ath latha chuir an tuathanach a rithis ris a mhonadh e a dh-iarraidh eirionnach an àite a mhuilt a chaill e. Dh' fhalbh am buachaille ris a mhonadh, 's fhuair e greim air eirionnach, chean-

[TD 354]

gail se e, chuir e air a dhruim e, 's dh-fhalbh e gu dol dachaidh leis. Chunnaic an gille carrach e, 's chaidh e do'n choille, 's bha e an sin air thoiseach air a bhuachaille, 's chaidh e am falach, 's thòisich e air mèilich coltach ris a' mholt. Shaoil am buachaille gu 'm b'e am molt a bha ann, 's chuir e deth an t-eirionnach, 's dh' fhàg se aig taobh an rathaid e, 's chaidh e a dh iarraidh a mhuilt. An tiom a bha am buachaille ag iarraidh a' mhoilt' chaidh an gille carrach 's ghoid e leis an t-eirionnach, 's dh' fhàg se aig taobh an rathaid e, 's chaidh e dachaidh leis chum a ghadaiche-dhuibh. Tra chaidh am buachaille air ais far an d' fhàg e an t-eirionnaeh, bha an t-eirionnach air falbh, cha robh an t-eirionnach ann, dh' iarr e air son an eirionnach ann. Dh' iarr e air son an eirionnach, 's a nuair nach b'urrainn d'a an t-eirionnach fhaotuinn, chaidh e dachaidh 's dh' innis e do a mhaighistir mar a dh' eirich da, agus throid a mhaighistir ris, ach cha robh comas air. An ath latha dh' iarr an tuathanach air a bhuachaille aige, e a dhol ris a mhonadh, agus e a thoirt dachaidh damh, e a bhith cinnteach nach cailleadh se

e. Chaidh am buachaille ris a mphonadh, 's fhuair e damh math reamhar, 's bha e ga iomain dachaiddh. Chunnaic an gille carrach e, s' thubhairt e ris a' ghadaiche-dhubh, "Tiugainn, 's theid sinn a dh fheuchainn ris an damh a ghoid o'n bhuachaille, tra a bhitheas e a dol troimh an choille leis."

Dh' fhalbh an gadaiche-dubh as an gille-carrach do 'n choille air thoiseach air a bhuachaille. Agus tra bha am buachaille a dol troimh an choille leis an damh, bha an gadaiche dubh an aon àite, s è a mèailich, 's an gille-carrach an àite eile, s è a migeartaich coltach ri gabhar. Chula am buachaille iad, 's shaoil e gu 'm faigheadh e am molt, agus an t-eirionnach a rithisd. Cheangail e an damh ri craoibh, 's chaidh e air feadh na coille, ag iarraidh a' mhuit agus an eirionnaich. 'S dh' iarr e iad gus gu 'n robh e sgith. An tiomsa bha esan ag iarraidh a mhuit 's an eirionnaich, chaidh an gille-carach 's ghoid e leis an damh 's thug e leis dachaiddh e chum tigh a ghadaiche dhuibh. Chaidh an gadaiche dubh dachaiddh as a dheigh, 's mharbh iad an damh, 's chuir iad am fallach e, 's bha maragan math aig bean a ghadaiche dhuibh an oidhche sin. Tra thainig am buachaille air ais thun na craoibh, far an d' fhàg e an damh ceangailte, cha robh an damh ann. Dh' aithnich e gu 'n deach an damh a ghoid, chaidh e dachaiddh 's dh' innis e do a mhaighistir mar a thachair, agus throid a mhaighistir ris, ach cha robh comas air.

[TD 355]

An ath latha dh' iarr a mhaighistir air a bhuachaille aige e a dhol ris a mphonadh, 's e a thoirt dachaiddh molt, 's gu 'n e ga leigidh far a dhruim idir, gus gu 'n tigeadh e dachaiddh, cia air bith a chiteadh na a chluinneadh e. Dh' fhalbh am buachaille, 's chaidh e ris a mphonadh, 's fhuair e am molt, 's chaidh aige air a mholt sin a thoirt dachaiddh.

Ghabh an gadaiche-dubh 's an gille-carrach air an aghaidh ri goid gus gu 'n robh moran airgid aca, agus smuaintich iad gu 'm b' fhearr doibh dròbh a cheannach, 's dol chum faidhir leo gu'n creic, agus gu 'n saoileadh feedhainn gu'm b'ann air an dròbhaireachd a rinn iad an t-airgiod. Chaidh an dithis agus cheannaich iad drobh mor cruidh. Agus chaidh iad a dh' ionnsaidh faidhir a bha fad air astar leo. Chreic iad an dròbh, 's fhuair iad an t-airgiod air an son, 's dh' fhalbh iad gu dol dachaiddh. Tra a bha iad air an rathad, chunnaic iad croich air mullach cnoic agus thubhairt an gille-carach ris a' ghadaiche dhubh, "Tiugainn an àird is gu 'm faic sin a' chroich, tha feedhainn ag ràdh, gur h-i a' chroich is deireadh do na mèirlach co-dhiubh."

Chaidh iad an àird far an robh a' chroich, 's bha iad a' sealltuinn ma 'n-cuairt oirre. Thubhairt an gille-carach, "Nach fhaodamaid fheuchainn cia-dé an seòrsa bàis a tha ann sa' chròchadh, gu 'm bì fios againn cia-dé a a tha romhainn ma bheirear oirnn ri gadachd; feuchaidh mi-fein an toiseach e."

Chuir an gille-carach an còrd ma amhaich fein, 's thubhairt e ris a'

ghadaiche-dhubh, "So tarruing an àird mi, 's tra bhitheas mi sgìth gu h-àrd crathaidh mi mo chas'n, 's an sin leig thusa a nuas mi."

Tharruing an gadaiche-dubh an còrd, 's thog e an gille-carach an àird far an talmhainte, agus aig ceann seal beag chrath an gille carach a chas'n, 's leig an gadaiche-dubh a nuas e.

Chuir an gille carach an còrd far amhaich, 's thubhairt e ris a' ghadaiche-dhubh, "Cha d' fheuch thu-fhein nì riamh, a tha cho eibhinn ris a' chrochadh, na 'm feuchadh tu aon uair e cha bhitheadh eagal ort romh 'n chrochadh tuille, bha mise a crathaidh mo chasan leis an a' oibhinneas 's chrathadh tusa do chasan leis an aoibhneas cuideachd na 'm bitheadh tu gu h-ard."

Thuirt an gadaiche dubh, "Feuchaidh mise e cuideachd, 's gu 'm bith fios agam co ris a's coltach e."

"Dean," orsa gille-carach, "'s tra a bhitheas tu sgìth gu h-ard, dean fead 's leigidh mise an nuas thu."

Chuir an gadaiche-dubh an còrd ma amhaich, 's tharruing an

[TD 356]

gille-carach an àird e, 's tra fhuair an gille-carach gu 'n robh an gadaiche-dubh gu h-ard ris a' chroich, thuirt e ris, "An nis tra bhitheas tu ag iarraidh a nuas dean fead, 's, ma tha thu toilichte far am bheil thu, crath do chas'n."

Tra a bha an gadaiche dubh seal beag gu h-àrd, thòisich e air crathadh a chasan, 's air breabadh, 's theireadh an gille-carach, "O! nach aighearach thu, nach aighearach thu. O, nach aighearach thu, tra bhithis leat gu 'm bheil thu glé fhada gu h-àrd dean fead."

Ach cha do rinn an gadaiche-dubh fead fhathast; cheangail an gille-carach an còrd ri iochdar crann na croiche, gus gu 'n robh an gadaiche-dubh marbh. An sin, chaighdhan gille-carach far an robh e, 's thug e as a phòc an t-airgiot, 's thubhairt se ris, "An nis bho nach eil feum agadsa air an airgiot so na is faide, gabhaidh mise cùram deth air do shon." 'S dh' fhalbh e 's dh' fhag e an gadaiche-dubh, a crochadh ann an sin. An sin chaighdhan e dachaighd far an robh tigh a ghadaiche dhuibh, 's dh' fharraid bean a ghadaiche-duibh deth, c'aite an robh a mhaighistir? Thuirt an gille-carach, "Dh' fhàg mise e far an robh e air ardachadh os-ceann an talaimh." Dh' fharraid, agus dh' fharraid bean a' ghadaiche deth ma dhéidhinn a fir, gus ma dheireadh gu 'n d' innis e d' i, ach thuirt e rithe gu 'm pòsadh e-fhein i. Tra chuala ise sin ghlaodh i gu 'n do mharbh an gille-carach a mhaighistir is nach robh ann ach meàrlach. Tra chuala an gille-carach sin theich e. Chaighdhan toir a chuir air a dheigh, ach fhuair esan dol am falach ann an uaimh, 's chaighdhan toir seachad air. Bha e 'san uaimh fad na h-oidhche, agus an ath latha chaighdhan se rathad eile, 's fhuair e teicheadh do dh' Eirinn.

Rainig e tigh saoir, 's ghlaodh se aig an dorus, "Leigibh a stigh

mi."

"Co thusa?" orsa an saor.

"Thà saor math, ma tha a leithid a dhìth ort," orsa an gille carach.

Dh' fhosgail an saor an dorus 's leig e a stigh an gille-carach, 's thòisich an gille-carach air obair air an t-saorsaineachd comhla ris an t-saor.

Tra a bha an gille-carach latha na dhà anns an tigh aca, thug e sealladh a null, 's sealladh an nall air feadh an taighe 's thubhairt e, "O chòin is bochd an tigh agaibh a's tigh-taisg an righ cho dluth oirbh."

"Cia-dé dheth sin?" orsa an saor.

[TD 357]

"Thà," arsa an gille carach, "gu 'm faodadh sibh am pailteas fhaotuinn as tigh stòir an righ na 'm bitheadh sibh fein glé thapaidh."

Theireadh an saor 's a bhean, "Chuireadh iad ann priosan sinn na 'n tòisicheadh sinn air a leithid sinn."

Bha an gille-carach daonnan ag radh gu 'm bu chòir dòibh dol a bhristeadh a stigh do thigh-taisg an righ, 's gu 'm faigheadh iad am pailteas ann, ach cha rachadh an saor leis. Ach thug an gille-carach leis pairt do dh' acfhuinn an t-saoir, a's chaidh e fhein is bhrisd e a stigh do thigh-taisg an righ, 's thug e leis ealach do 'n im 's do 'n chàise aig an righ, 's thug e do thigh an t-saoir e. Thaitinn na gnothaichen gu math ri bean an t-saoir, 's bha i toileach gu 'n rachadh am fear aic' e fhein ann an ath oidhche. Chaidh an saor e-fhein le a ghille an ath oidhche, 's fhuair iad a stigh do thigh-taisg an righ, 's thug iad leo eallachan mòra dò gach nì a b'fhearr a thaitinn riu do na bha stigh ann an tigh taisg an righ. Ach dh' ionndrainn muinntir an righ an t-im 's an càise, 's na rudan eile a chaidh a thoirt as an tigh-thaisg, 's dh' innis iad do 'n righ mar a thachair.

Ghabh an righ comhairle an t-seanaghail ma 'n doigh a b' fhearr gu beireachd air na mèirleich. Agus is è a chomhairle a thug an seanghall orra, iad a chuir togsaid làn do phic bhog fo'n toll far an robh iad a' tighinn a stigh. Chaidh sin a dheanamh. Agus an ath oidhche chaidh an gille-carach 's a mhaighistir a bhrisdeadh a stigh do thigh-taisg an righ. Chuir an gille-carrach a mhaighistir a stigh air thoiseach air, agus chaidh am maighistir sios anns a' phic bhog gu a theis-meadhoin, 's cha n fhaigheadh e as a rithisd. Chaidh an gille carach sios, 's chuir e cas air gach gualann aig a mhaighistir, 's chuir e a mach dà eallach do 'n chàise aig an righ air an toll, 's an uair ma dheireadh tra a bha e a tighinn a mach sgiud e an ceann far a mhaighistir, 's thug e leis an ceann, 's dh fhàg e a cholunn anns an togsaid phic, a's chaidh e dachaich leis an

im 's leis a' chàise, agus thug e dachaидh an ceann, agus dh' adhlaic e anns a ghàrradh e.

Tra a chaidh muinntir an righ a stigh do 'n tigh-thaisg fhuair iad column gu 'n cheann anns an togsaid phic. Ach cha b' urrainn doibh aithneachadh cò é. Dh' fheuch iad am faigheadh iad h-aon air bith a dh' aithneachadh air aodach e, ach bha aodach comhdaichte le pic, air doigh is nach b' urrainn doibh aithneachadh. Dh fharaid an righ comhairle an t-sheanghal ma dheidhinn. Agus is e a chomhairle a thug an seanaghall

[TD 358]

orra iad a chuir na coluinn an aird air bharr shleaghan, 's na saighdearan gu a giullan o bhaile gu baile, a sheall am faiceadh iad h-aon air bith a ghabhadh truadhas deth, na a dh' fheuchainn an cluinneadh iad a h-aon air bith a dheanamh glaodh gointe tra chitheadh iad é, na ged nach faiceadh, gu m' bitheadh iad ealamh gu glaodh gointe a dheanamh, tra bhitheadh na saighdearan a dol seachad leis. Chaidh a choluinn a thoirt as an togsaid phic, 's a cuir air bharr nan sleaghan, 's bha na saighdearan g'a ghiùlan an aird air bharr nan sleaghan fada crannach aca, 's iad a dol o bhaile gu baile leis. Agus tra bha iad a dol seach tigh an t-saoir, rinn bean an t-saoir sgreuch ghointe, agus ghrad ghearr an gille-carach e-fein leis an tàl, 's theireadh e ri bean an t-saoir, "Cha 'n 'eil an gearradh cho dona is a tha thu a smuainteachadh."

Thainig an ceannard 's cuid do na saighdearan a stigh agus dh' fharaid iad, "Cia dé a dh' aithrich bean an taighe." Thubhaint an gille-carach, "Tha gu 'm bheil mise air gearradh mo choise leis an tàl, agus tha eagal aice romh fhuil." Agus theiridh e ri bean an t-saoir, "Na bitheadh na h-uibhir eagail ort, leigheisidh e na is lùaith na tha thu a smaointeachadh."

Shaoil na saighdearan gu 'm b'e an gille-carach an saor, agus gu 'm e a bhean a bha aig an t-saoir bean a ghille-charaich, agus dh' fhabh iad a mach, 's chaidh iad o bhaile gu baile, ach cha d' fhuair iad a h-aon tuille, ach bantrach an t-saoir i fhein a rinn glaodh na sgreuch tra a bha iad a tighinn seachad orra.

Thug iad a cholunn dachaидh chum tigh an righ. Agus ghabh an righ comhairle eile on t-seanaghail aige, 's b'e in a cholunn a chrochadh ri crann ann an àite follaiseach, agus saighdearan a chuir a thabhairt aire air nach tugadh gin air falbh e, as na saighdearean gu a bhith a sealinn an tigeadh feedhainn air bith an rathad a ghabhadh truaigheas na doilghios deth.

Thainig an gille-carach seachad orra, agus chunnaic se iad, chaidh e agus fhuair e each, agus chuir e buideal uisge-bheatha air gach taobh do 'n each, ann an sachd, 's chaidh e seach na saighdearan leis, 's e mar gu 'm bitheadh e a' fuireachd am falach orra. Shaoil na saighdearan gu 'm b' ann a thug se rudaiginn air falbh orra, na gu 'n robh rudaiginn aige nach bu chòir d'a a bhith aige, agus ruith cuid diubh air a dheigh, 's bheir iad air an t-seann each s air an

uisge-bheatha, ach theich an gille-carach, 's dh' fhàg e an seann each 's an t uisge-beatha aca.

Thug na saighearan an t each 's na buideil uisge-bheath' air

[TD 359]

ais far an robh a' cholunn an crochadh ris a' chrann. Sheall iad cia-dé a bha anns na buideil, 's tra thug iad gur e uisge-beatha a bha ann fhuair iad còrn, 's thòisich iad air òl, gus ma dheireadh, gu 'n robh na h-uile h-aon diubh air mhisg, 's luidh 's chaidil iad. Tra chunnaic an gille-carach gu 'n robh na saighdearean, 'nan luidh 's nan cadal air a mhisg, thill e 's thug e a nuas a' cholunn fàr a' chroinn, chuir e crosgach air druim an eich e 's thug e dachaidh e, chaidh e an sin agus dh' adhlaic e a' cholunn anns a ghàradh far an robh an ceann.

Tra a dhùisg na saighdearan as an cadal, bha a cholunn air a goid air falbh. Cha robh aca air ach dol 's innse do 'n righ. An sin ghabh an righ comhairle an t-seanaghail. Agus thubhairt an seanaghail riutha, na bha anns an lathair, gu 'm b'-e a chomhairle doibh, iad a thoirt a mach muc mhòr dhubb a bha an siod, a iad a dh' fhàlbh leatha o bhaile gu baile, agus tra thigeadh iad thun an àite far am bitheadh a' cholunn adhlaichte, gu 'm buraireadh i an àird é. Chaidh iad 's fhuair iad a mhuc dhubbh, 's bha iad a dol o bhaile gu baile leatha, a dh' feuchainn am faigheadh i am mach caite an robh a' cholunn air a h-adhlac. Chaidh iad o' thigh gu tigh leatha, gus ma dheireadh gu'n d' thainig iad gus an tigh far an robh an gille-carach agus banntrach an t-saoir a chomhnuich. A nuair a rainig iad, leig iad a mhuc mar sgaoil air feadh an talmhuinn. Thubhairt an gille-carach riutha, gu 'n robh e-fein cinnteach gu 'm bitheadh paghadh 's acras orra, gu 'm b' fhearr doibh dol a stigh do 'n tigh, 's gu 'm faigheadh iad biadh 's deoch, 's iad a leigeil an sgìtheas dhiubh, an tiom a bhithheadh a mhuc ag iarraidh ma thimchioll an àite aige-san. Chaidh iadsan a stighth, 's dh' iarr an gille-carach air bantrach an t-saoir i a chur biadh 's deoch air beulamh nan daoine. Chuir bantrach an t-saoir biadh 's deoch air bòrd, 's chuir i air am beulamh e, 's an tiom a bha iadsan ag itheadh am biadh, chaidh an gille-carach a mach a shealltuinn an deigh na muice, 's bha a mhuc air amas air a choluinn anns a ghàradh, 's chaidh an gille-carach agus fhuair e sgian mhòr, agus ghearr e an ceann di, agus dh' adhlaic e i-fein a 's a ceann, lamh-ris a choluinn aig an t-saor anns a ghàrradh. Tra a thainig an fheadhainn air an robh càram na muic a mach, cha robh a mhuc ri fhaicinn. Dh' fharraid iad do 'n ghille-charach am faca e i. Thubhairt esan gu 'm faca, gu 'n robh a ceann an àird agus i ag amharc suas, agus a dol da na tri a cheumannan an dràsda is a rithisd. Agus dh' fhàlbh iadsan le cabhaig mhòir, an taobh a thubhairt an gille-

[TD 360]

carach a chaidh a' mhuc. Tra fhuair an gille-carach gu 'n deach iadsan as an t-sealladh, chuir e gach nì air doigh nach amaiseadh iadsan air a mhuic. Chaidh an fheadhainn air an robh curam na muic e

agus dh iarr iad i na h-uile rathad anns am bu coltach i a bhith. An sin tra nach b' urrainn doibh a faotuinn, cha robh aca air ach dol gu tigh an righ, agus innse mar a thachair.

An sin chaidh comhairle an t-seanaghail a ghabhail a rithisid. Agus is e a' chomhairle a thug an seanaghail orra, iad a chuir nan saighdeirean a mach air feadh na duthcha air cheithearnan, agus cia aite air bith am faigheadh iad muic-fheoil, na cia aite air bith am faiceadh iad muic-fheoil; mar b'-urrainn da n fheadhainn sin, a leigeadh fhaicinn cia mar a fhuair iad a mhuic-fheoil a bhithheadh aca, gu 'm b' iad sin an fheadhainn a mharbh a mhuc 's a rinn na h-uile cron a chaidh a dheanamh. Chaidh comhairle an t-seanaghail a ghabhail 's na saighdearan a chur a mach air cheithearnan air feadh na duthcha, 's bha bhuidheann diubh ann an tigh banntrach an t-saoir far an robh an gille-carach. Thug banntrach an t-saoir an t-suipeair do na saighdearan, 's bha cuid do 'n mhuic-fheoil air a deanamh deas doibh, agus bha na saighdearan ag itheadh na mhuic-fheoil, agus ga sàr mholadh. Thuig an gille-carach cia-dé a bha air an aire, ach cha do leig e air. Chaidh na saighdearan a chuir a luidh a mach anns an t-sabhal, agus tra bha iad 'nan cadal, chaidh an gille-carach a mach agus mharbh se iad. An sin chaidh e cho luath as a b' urrainn da o thigh gu tigh far an robh na saighdeirean air cheithearnan, agus chuir e an céill do mhuinntir nan taighean, gu 'm b' ann a chaidh na saighdearan a chuir a mach air feagh na duthcha, gu iad a dh'eiridh air feadh na h-oidhche, agus an sluagh a mharbhadh anns na leapaichean aca, agus fhuair e a thoirt air muinntir na duthcha chreidsinn gun do mharbh muinntir gach tighe na bha do shaighdeirean 'nan cadal anns na sabhailean aca. Agus an uair nach d' thainig na saighdeirean dachaith aig an tiom bu chóir doibh, chaidh feadhainn a shealltuinn cia-dé a thainig riutha. Agus tra rainig iadsan is ann a fhuair iad na saighdeirean marbh anns na saibhlean, far an robh iad 'nan cadal. Agus dh aicheidh muinntir gach tighe gu 'n robh fios aca cia mar a chaidh na saighdeirean a chur gu bàs, na cò a rinn e.

Chaidh na daoine a bha ris an rannsachadh air son nan saighdeirean gu tigh an righ, agus dh' innis iad mar a thachair. An sin chuir an righ fios air an t-seanaghail, a dh' fhaotuinn comhairle uaidh.

Thainig an seanaghail, agus dhinnis an righ dhà mar a

[TD 361]

thachair, agus dh' iarr an righ comhairle air. Agus is e a chomhairle a thug an seanaghail air an righ, e a dheanamh cuirm agus iob-dannsa <eng>(a ball)<gai> 's e chuireadh sluagh na duthcha, agus nam bitheadh am fear a rinn an cron an sin, gu 'm b'e am e fear bu dana a bithidh an sin, agus gun iarradh e nighean an righ fein a dhannsa leis. Chaidh an sluagh iarraigd a chum na cuirm, 's an dannsaidh. Agus a measg chaich chaidh an gille carach iarraigd. Thainig an sluagh a chum na cuirm, agus a measg chaich thainig an gille-carach. Tra a bha a' chuirme seachad thòisich an dannsa, agus chaidh an ghille-carach is dh' iarr e nighean an righ gu dannsa leis, agus bha searrag làn do rudh dubh aig an t-seanaghail, agus chuir an seanaghail ball dubh de'n rud a bha anns an t-searrag air a ghille-charach, ach bha le nighean an righ nach robh a falt glé

mhath ann an òrdugh, 's chaith i do sheòmar taobhaidh gus a chuir ceart, agus chaith an gille-carach a stigh leatha, 's tra sheall ise anns a ghloine sheall easan cuideachd ann, 's chunnaic e am ball dubh a chuir an seanagh air. Tra dhanns iad gus an robh am port ciuil seachad chaith an gille carach agus fhuair e cothrom air an t-searag aig an t-seanagh a ghoid uaidh gun fhios d'a, agus chuir esan da bhail dubh air an t sheanagh, agus aon a bhail dubh air fichead fear eile g'a thuile, 's chuir e an t-shearag air ais a rithis far an d' fhuair se i. Eadar sin 's ceann a ghreis, thainig an gille-carach a rithis 's dh' iarr e nighean an righ gu dannsa. Bha searag aig nighean an righ cuideachd, 's chuir i ball dubh air aodann a ghille-charaich ach fhuair an gille-carach an t-searag a thiulpa as a poca gu 'n fhios di, agus bho 'n a bha dà bhail aire-san, chuir e da bhail air fichead fear eile anns a chuideachd, agus ceithir buill dhubb air an t-seanagh. An sin tra a bha an dannsa seachad, chaith feadhainn a chuir a dh' fhaicin cò e am fear air an robh an dà bhail dhubb. Tra sheall iadsan air feadh an t-sluaigh fhuair iad fichead fear, air an robh da bhail dhubb, agus bha ceithir buill dhubb, air an t-seanagh, 's fhuair an gille-carach ealadh far an robh nighean an righ, agus an t-searag a thiulpa na poca a rithis. Sheall an seanagh agus bha searanan diubh aige, sheall nighean an righ 's bha a searaig fein aicse, an sin ghabh an seanagh a's an righ comhairle, agus is e a chomhairle sinn a rinn iad, an righ a thighinn do 'n chuideachd, agus e a ghradh gu 'm b' anabharra tapaidh a dh fheumadh am fear a rinn na n-uile cleas a chaith a dheanamh a bhith, na n tigeadh e air aghaidh s e fein a thoirt suas, gu 'm faighidh e nighean an righ ri phòsadh

[TD 362]

agus dàrna leth na rioghachd an fheadh is a bhithidh an an righ beò, agus an t iomalan do n rioghchd an deigh bàs an righ. Agus thainig na h-uile gin do n fheadhainn aig an robh an da bhail dhubb air an aodann, agus thubhairt iad gu 'm b' iadsan a rinn na h-uile tapadh a chaith a dheanamh. An sin chaith an righ 's an àrd comhairle, a dh' fheuchainn cia-mar a ghabhadh a chuis socrachadh, agus is è a chuis a shocruich iad, na h-uile fear aig an robh an da bhail dubh air an aodann a chuir comhla ann an seomar, agus bha iad gu pàisde fhaotuinn, agus bha nighean an righ gus ubhall a thoirt do 'n phàisde agus bha am pàisde gus a chuir a stigh far an robh na fir aig an robh na buill dhubb air an aodann, nan suidh, agus ge b'è h-aon air bithe do 'n tugadh am pàisde an t-ubhall, b'e sin an t-aon a bha gus nighean an righ fhaotuinn.

Chaidh sin a dheanamh, agus tra chaith am pàisde a chuir a stigh do 'n t seomar anns an robh na fir, bha sliseag 's dranndan aig a ghille-charrach 's chaith am paisde 's thug se an t-ubhall d'a. Chaidh an sin an t-sliseag 's an dranndan, a thoirt o 'n gille-charach agus a chuir na shuidh ann an àite eile, agus chaith an t-ubhall a thoirt do 'n phàisde a rithis, agus a thoirt a mach as am t-seomar, 's a chuir a stigh a rithis a sheall cò dh' à a bheiridh e an t-ubhall, agus fun a bha an t sliseag 's an dranndan aig a ghille-charach roimh, chaith am pàisde far an robh e a rithis, s thug se dh à an t-ubhall. An sin fhuair an gille-carach nighean an

righ ri phòsadh.

Agus goirid na dheigh sin bha nighean an righ 's an gille-carach a ghabhail sràide do Bhaile-cliabh, agus a nuair a bha iad a dol thairis air drochaid Bhaile-chiabh, dh' fharraid an gille carach de nighean an righ, cia ainm a bha air an aite sin, agus dh innis, nighean an righ gun robh drochaidh Baile-cliabh ann an Eirinn, agus thubhairt an gille-carach-

"Ma ta is tric a thubhairt mo mhathair riumsa gu am bu e bu deireadh dhomh a bhith rir mo chrochadh aig drochaid Bhaile-cliabh an Eirinn, 's rinn i an fhàisineachd sin domh iomadh uair, tra bhithinn a deanamh phrat oirre."

Agus thubhairt nighean an righ, "Mata mo shanntaich thu fein crochadh thairis air taobhann an drochaid, cumaidh mise an àird thu tacan beag le mo napaigean poca."

Agus bha iad ri cainnt 's ri aighear ma deidhinn, ach ma-dheireadh bha leis a ghille-charach gu 'n deanadh se e, air s on abhachd, agus thug nighean an righ a mach a neapaigean poca,

[TD 363]

agus chaithd an gille-carach thair an drochaid, agus chroch e ri neapaigneann poca nighean an righ, 's i ga leigeadh fhein thairis air taobhan na drochaid, 's iad a gairichdeich ri cheile.

Ach chuala nighean an righ eubh, "Tha caisteal an righ a dol ri-theine," agus chlisg i, agus chaill i a greim air an neapaigean agus thuit an gille-carach sios, agus bhuail a cheann ri cloich, 's chaithd an eanchainn as, 's cha robh anns an eubh ach fàlrasg claoine 's b' eiginn do nighean an righ dol dachaidh na banntraich.<eng>

[Beurla]

[TD 364]

[Notes and References]

[Beurla]

END OF VOL. I.